

torcuil crichton

Fo Bhruid

Ràinig mi a' chèidse gun trioblaid sam bith ach bha na gaisein air cùl m' amhaich ag èirigh, is fios a'm nach biodh m' uncail air mo leigeil a-mach à sealladh gun rudeigin air choreigin a bhith fa-near dha. Dh'fhosgail mi an doras-slaodaich air a' chèidse, chithinn am putan dearg crochte anns an dorchadas. Bha mi air ceum a thoirt a-steach dhan lioft nuair a reub gath gorm dealanaich tron togalach gu lèir 's mhothaich mi nach robh làr anns an lioft idir.

Às deidh bàs a phàrantan tha Khaleel na aonar san t-saoghal gun cheangal sam bith. Sin gus am faigh e a-mach gu bheil uncail aige. Carson nach robh seo air innse dha roimhe agus dè an còrr de eachdraidh a theaghlach a chaidh a chumail bhuaithe? Tha Torcuil Crichton air an sgeulachd ainmeil aig Robert Louis Stevenson, Kidnapped, a thoirt beò a-rithist agus air a tarraing dhan latha an-diugh. Lean Khaleel air a thuras a lorg a chàirdrean agus a dhualchas.



Fo Bhruid

Sgeulachd ainmeil Robert Louis Stevenson 'Kidnapped'
air a h-ath-innse san latha an-diugh.

torcuil crichton

Fo Bhruid

Sgeulachd ainmeil Robert Louis Stevenson 'Kidnapped'
air a h-ath-innse san latha an-diugh.

torcuil crichton

Clàr-innse

Mapa	4-5
Fo Bhruid le Torcuil Crichton	7-84
Kidnapped Stevenson: geàrr-chunntas air an sgeulachd	86-89
Robert Louis Stvenson	90-91
Agallamh còmhla ris an sgrìobhadair	92-94



Air fhoillseachadh ann an 2010 le:
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Acarsaid
Cidhe Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
Leòdhas
HS1 2DF


www.storlann.co.uk
oifis@storlann.co.uk

ISBN 978-1-907054-39-6

An riochd seo den sgeulachd © Torcuil Crichton
Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-rioch-
dachadh ann an cruth sam bith no ann an dòigh sam bith gun chead ro-làimh ann an
sgrìobhadh bhon ùghdar agus bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Mapa



Caibideil 1

Air mo thuras

Air madainn bhreàgha san Ògmhios 2006, dhragh mi sìos na cùirtearan iarainn air bùth mo phàrantan airson an turais mu dheireadh. Chan ann tric a bhiodh a' ghrian a' deàrrsadh air Carfin – baile beag air taobh an iar Alba, eadar Tobar na Màthar agus Glaschu – ach bha an-diugh. Seann bhaile mèinnearachd a bh' ann, ach cha robh càil a-nis air fhàgail ach gainnead obrach agus dìomhanas.

'S e sin a bha a' fàgail *Pakkis go home* sgrìobhte air a' chùirtear iarainn, tha mi a' creidsinn, ged nach robh dachaigh eile aig m' athair airson faisg air fichead bliadhna mus do bhàsaich e, seachdain na bu thràithe. Leis an fhìrinn, bha a chridhe briste bho chaochail mo mhàthair le aillse trì bliadhna air ais.

Mar sin, aig aois sia bliadhna deug, bha mi air m' fhàgail leam fhèin san t-saoghal mhòr.

'Nach eil sin caran *ironic*, Khaleel?' dh'fhaighnich mo charaid, Dòmhnall, 's e a' toirt sùil air a' ghraffiti. 'Bha dùil agamsa gur e seo do dhachaigh.' Chrath e a cheann. 'Dè nì thu mu dheidhinn?'

'Chan e mo ghnothaich-s' e,' fhreagair mise. 'S ann a bha a' bhùth 's am flat air mhàl. Cha robh m' athair gu mòran feum a thaobh airgead. Cha do dh'fhàg e ach fiachan agam. Agus a dhà no trì bhogsaichean de chrìosps.'

'Bheil thu air d' inntinn a dhèanamh suas fhathast cà 'n tèid thu?' dh'fhaighnich Dòmhnall.

‘Chan eil fhios agam. Tha an *t-imam* a thiodhlaic m’ athair air mo ghairm chun a’ mhosg.’

Thòisich sinn a’ coiseachd, mise a’ dèanamh air a’ mhosg agus Dòmhnall air an taigh. Thuir e gun robh a phàrantan ag iarraidh orm tighinn airson biadh.

‘Chì mi,’ thuir mi. ‘Cuiridh mi teacs a thugad.’

Smèid esan, thionndaidh e is rinn e air an stèisean.

Ged is e sgìre Chaitligeach a bh’ ann an Carfin, le naomh-chobhan neònach làn de dh’ìomhaighean Crìosdail ann am meadhan a’ bhaile, bha mosg ann an seann Eaglais na h-Alba faisg air làimh. Leis an fhìrinn innse, cha robh mòran gnothaich aig m’ athair ris an àite, no ris a’ choimhearsnachd Àisianach a bhiodh a’ tighinn bho na bailtean timcheall air Carfin a dh’adhradh ann. Bha astar air choreigin eadar e fhèin agus a chuid, airson adhbhar nach do thuig mi riamh. ‘S mathaid gum biodh beagan soilleireachd aig an *imam* dhomh.

‘Uill, tha e mar uallach ormsa innse dhut dè tha an dàn dhut, Khaleel, a bhalaich, ma dh’fhaodas mi. Le do mhàthair air falbh, ’s ann thugamsa a thàinig d’ athair nuair a thòisich e air fàs tinn. Thug e dhomh an litir seo, ’s thuir e gur e do dhìleab a bh’ ann. ‘Cho luath ’s a tha mi air falbh,’ thuir esan, ‘s a bhùth air a dùnadh,’ (s tha thu air sin a dhèanamh, Khaleel), ‘thoir an litir seo dha mo mhac agus cuir e air a rathad gu baile mòr Liverpool, an t-àite às an tàinig mis’. ‘Sin a thuir e.’

‘Liverpool?’ arsa mise. ‘Dè an ceangal a bh’ aig m’ athair bochd ri Liverpool?’

‘Chan eil fhios agam le cinnt,’ thuir fear na feusaig. ‘Ach sin far an lorg thu do theaghlach, Khaleel, a bhalaich, agus an cinneadh agad, Shakur. Tha ceangal agadsa ri taigh uasal; teaghlach aig an robh cliù airson gnothachas san t-seann dùthaich agus a thàinig a-nall an seo bho chionn fhada. Marsantaich bheairteach a bh’ annta, ach bha iad air taobh ceàrr na loidhne nuair a rinn iad an sgaradh eadar Na h-Innseachan is Pagastan. Sin do dhaoine, Khaleel.’

Cha robh mi air eachdraidh mo theaghlach a chluinntinn ron a sin; mar a thuir mi, bha sinn a’ cumail ar cuideachd fhèin. Nuair a thug an *t-imam* dhomh an litir, leis an t-seòladh oirre, ghabh mi iongnadh:

“Ri cur an làimh Akram Shakur, den chinneadh sin, le mo mhac, Khaleel”.

Sgrìobhte fon sin, bha seòladh sràid ann am Baile Liverpool. Bha m’ anail nam uchd. Bha mi sia bliadhna deug, leam fhèin, an sgoil agus mo dhachaigh air mo chùlaibh, agus seo air mo bheulaibh.

‘Dè bu chòir dhomh dhèanamh?’ dh’fhaighnich mi dhan *imam*, is leth-eagal orm.

‘Nam bithinn nad àite,’ thuir esan, ‘bhithinn a-mach à seo ann an diog.’

Bha bus an Eilein Sgitheanaich dìreach air falbh on stansa nuair a ràinig mi stèisean Killermont Street ann an Glaschu. Stad e ann am meadhan an stèisein agus thaom leth-dusan balach Àisianach a-mach an doras. Bha lèintean-t agus brataich aca a bha iad fhèin air a dhèanamh, a’ togail fianais an aghaidh cogadh Iraq agus Tònaidh Blair, a bha na Phrìomhaire aig an àm.

‘Thuir sinn Bradford, chan e Broadford, amadain,’ dh’èigh fear de na balaich ri fear eile, ’s e ga bhualadh le бага-droma.

Roilig mise mo shùilean ri fear de luchd-obrach nam busaichean mar gun robh mi uabhasach eòlach air dòighean an t-saoghail. A’ coimhead rium, le mo phoca air mo ghualainn, chan aithnicheadh tu nach robh mi air a bhith càil na b’ fhaide na Glaschu riamh na mo bheatha.

Caibideil 2

Sìos dha na docks

Cleas Ghlaschu, bha baile mòr Liverpool air a thogail air abhainn, le aghaidh ris a' chuan mhòr.

'S ann air malairt agus seòladh a bha eachdraidh is beairteas a' bhaile stèidhte, ach ged a chithinn sin anns na togalaichean mòra àlainn mar an *Liver Building* air bruach na h-aibhne, 's ann gu sgìre tòrr nas buirbe agus nas bochda a bha dràibhear an tagsaidh gam thoirt.

'Dè tha a' fàgail balach òg mar thu fhèin shìos aig na docaichean?' dh'fhaighnich an dràibhear anns a' bhlas-cainnt neònach a th' aca, letheach eadar Èirinn agus Sasainn. 'Chan eil duine a' dol sìos an sin ach siùrsaichean is mèirlich.'

Tha mi a' creidsinn gun robh e air obrachadh a-mach cho neoichiontach 's a bha mi, leis mar a leum mi steach don tagsaidh 's a shuidh mi ri thaobh, an àite bhith a' dol dhan chùl.

Bha mi air fad an latha a chur seachad air a' bhus 's bha beul na h-oidhche ann ach dh'fhairich mi an sgìths a' togail dhiom cho luath 's a chuala mi cho cunnartach 's a bha an t-àite.

'Tha mi a' coinneachadh ri cuideigin,' arsa mise. 'Fear air a bheil Akram Shakur.'

'Ud, tud, tud,' thuirt an dràibhear, 's e a' leigeil a-mach anail agus a' slaodadh air a' chuibhle airson an càr a thoirt timcheall oisean eadar na taighean-bathair.

'Dè seòrsa fear a th' ann?' dh'fhaighnich mise, 's mi a' gabhail iongnadh dè seòrsa cliù a bh' aig an duine seo a bha càirdeach dha m' athair.

'Cha b' urrainn dhomh ràdh,' thuirt fear an tagsaidh, le drèin a bha ag ràdh tòrr.

Thòisich e an uair sin gam cheasnachadh mun ghnothach a bh' agam ri Shakur, ach bha mi cho seòlta 's nach tug mi dha freagairt. Chùm mi a-mach nach robh mòran fios agam idir. A' smaointinn air ais a-nis, chan e breug a bha sin.

'An e drogaichean a th' ann?' dh'fhaighnich esan dhomh, às dèidh dhomh a phàigheadh air an oisean far an robh e gam fhàgail.

Leis a' chabhaig a bh' orm faighinn air falbh bhuaithe, cha mhòr nach do leag mi seann chailleach a bha a' tighinn a-nuas an t-sràid san leth-dhorchadas.

'A ghill-onaidh luidich thu ann,' dh'èigh a' chailleach tro fhiacalan briste. 'Cha mhòr nach do mharbh thu mi!' Bha fàileadh a h-anail cho làidir 's gun tug mi ceum air ais.

'Tha mi duilich, tha mi duilich,' arsa mise. 'Chan eil na solais ag obair 's bha mi trang a' coimhead airson ainm na sràide.'

'Huh,' ars' a' chailleach. Sheall i rium an uair sin agus chrath i a ceann. 'Chan eil càil fosgailte shìos an seo aig an àm seo a dh'oidhche. No mas e boireannaich a tha thu a' lorg...'

Thuirt mise sa bhad nach b' e agus dh'fhairich mi mo ghruaidhean a' fàs teth. 'S ann a tha mi a' coimhead airson an àite aig na Shakurs. Akram Shakur.'

Gun rabhadh sam bith, thilg a' chailleach smugaid air an t-sràid. 'An t-àite sin!'

Bha mi a' smaointinn nach innseadh i dhomh, ach an uair sin chrath i a ceann agus chomharraich i taigh-bathair mòr aig ceann eile an rathaid le corrag lùbte.

'S e fuil a thog an t-àite sin, 's e fuil a chuir stad air, is 's e fuil a leagas e. Ma chì thu am fear a th' ann, can ris gu bheil Mahinda Sidque a' cur mallachd air. Mallachd air a thaigh, mallachd air fhèin, is mallachd air a chuid. Dubh, dubh na tha romhpa!'

Bha i a' sgreuchail, ach le sin, sguir i, thionndaidh i, is dh'fhalbh i sìos clobhsa eadar na togalaichean àrda. Tha fios agam nach eil duine a' creidsinn ann am buidseachd san latha an-diugh, ach chuir a' mhallachd aice goirseachadh orm, 's thug i an lùths às mo chasan.

Mar a b' fhaisge a thàinig mi air an togalach, 's ann a bu ghruamaiche a bha e a' coimhead. Bha tòrr de na h-uinneagan briste agus air gach spàrr, bha na calmaid air neadachadh agus air cha mhòr na ballachan gu lèir a chòmhdach leis an

t-salchar aca, mar chrèadh chnapach ghlas. Dh'fhosgail mi geata mòr a bha a' leth-chrochadh air seann bhannan san fheansa uèir. Nuair a choisich mi troimhe, chunnaic mi gun robh, aig aon cheann, sgafallachd mheirgeach a' cumail suas a' bhalla. Chithinn, gu h-àrd, solas beag fann bho bholgan gun chòmhdach ann an uinneag bheag shalach.

Cho luath 's a bhrùth mi am putan air an robh *Shakur Associates: Import and Export* sgrìobhte, dè thachair ach gun deach an solas dheth. Sheas mi anns an dorchadas airson mionaid fhada, agus an uair sin bhrùth mi am putan a-rithist. Bha an taigh sàmhach, marbh. Cha robh ri chluinntinn ach na calmair a' durrghail. Ach mu dheireadh, dh'fhàs mo chluasan cleachdte riutha sin agus dhèanainn a-mach fuaimneag beaga eile a-staigh. Bha cuideigin beò san taigh.

Cha robh foighidinn agam air fhàgail, 's mi air a thighinn cho fada nam aonar, air facal m' athar a bh' air bàsachadh bho chionn seachdain. Chuir mi mo chas ris an doras, 's an uair sin mo dhòrn, a-rithist 's a-rithist. Dh'èigh mi aig àird mo chinn airson maighstir Shakur.

Os mo chionn, dh'fhosgail uinneag, no co-dhiù chuala mi uinneag a' fosgladh, agus thàinig guth às an dorchadas.

'Tha peilearan ann!'

A' togail mo chinn, chunnaic mi gleans bho fheadan gunna a' stobadh tron uinneag. Cho luath 's a b' urrainn dhomh, thog mi a' chèis a thug an *t-imam* dhomh.

'Tha litir agam an seo!' thuirt mi. 'Airson Maighstir Shakur, den chinneadh sin.'

'Cò bhuaithe a tha i?' dh'fhaighnich an guth.

'Chan e do ghnothaich e.' Bha an fhearg orm fhathast 's mi ag èigheachd.

'Uill, fàg an sin i is thoir do chasan leat.'

'Chan fhàg mi. 'S ann an làimh Akram Shakur a dh'fheumas mi a cur.'

Às dèidh greis, thàinig ceist eile. "S cò thu?"

'Khaleel. Khaleel Shakur.'

Tha mi cinnteach às gun do chuir sin feagal air, oir chluinninn stàilinn a' ghunna a' glagadaich ri frèam na h-uinneag. Mionaid shàmhach eile.

'Càil d' athair?'

'S e mi fhìn a-nis a bha sàmhach.

'Bheil e marbh?' Chuala mi e a' leigeil osna. 'Aidh, aidh. 'S ann marbh a bhitheas

e. 'S e sin a tha gad fhàgail air mo starsnaich. Uill, leigidh mi steach thu.'

Caibideil 3

A' cur eòlas air m' uncail

Le drann eileagtronaigeach, dh'fhosgail na glasan air an doras throm agus bhrùth mi romham e, a' tighinn a-staigh do thrannsa far an robh striopan de sholais a' priobadh air is dheth. Thairis air *intercom*, chuala mi guth ag innse dhomh ciamar a gheibhinn a-steach agus suas.

'Fosgail an doras-slaodaich sin air do bheulaibh agus thoir sìos an t-sèine thairis air an lioft. Chì thu putan air càball air do làimh chli. Seas anns an lioft, brùth am putan agus an uair sin seas air ais, mura h-eil thu ag iarraidh do ghàirdean a ghearradh dhìot.'

Cha robh càil anns an lioft ach làr fiodha am broinn cèidse iarainn a bha a' dol suas tro ùrlaran an togalaich. Bha e follaiseach nach stadadh e ach ann an aon àite: aig a' mhullach, far an do mhothaich mi don t-solas an toiseach.

Ceart gu leòr, stad e le brag. Chaidh an doras fhosgladh on taobh a-muigh agus fhuair mi mi fhìn nam sheasamh ann an gath solais bho bhùgan ann an làimh cuideigin nach fhaicinn.

'Theirig a-steach dhan a' chidsin, ach na buin do chàil,' thuirt an guth, 's bha mo shlighe gu doras aig ceann an t-seòmair air a chomharrachadh le gath an t-solais. Bha solas fann air cùl an dorais.

‘Bheil solais cheart agaibh idir?’ dh’fhaighnich mise.

‘Carson a dh’fheumainn e? Cosg airgid gun chiall.’ Dhùin e doras na lioft agus chuala mi an lioft a’ dol air ais sìos air mo chùlaibh.

Cha robh mòran anns a’ chidsin ach bòrd lom le bobhla beag air, làn brot no *dhal* air choreigin. Thàinig am fear a bh’ ann a-steach air mo chùlaibh. Bha e goirid, tana, le leth-fheusaig, agus bha ad bheag air a bha ga chomharrachadh mar dhuine cràbhach (na bheachd fhèin). Cha shealladh e rium gu dìreach ach, aig an aon àm, cha tug e a shùilean bhuam fhad ’s a bha mi air a bheulaibh.

‘Bheil litir Ikram agad?’ thuirt esan.

‘Ciamar a tha fhios agad air ainm m’ athar?’ dh’fhaighnich mise.

‘Nach bu chòir fios a bhith agam air ainm mo bhràthar fhìn?’

Airson an dàrna turais an oidhche sin, theab mo chridhe stad. Cha robh m’ athair riamh air ainmeachadh gun robh bràthair, no teaghlach, aige. Nam bithinn air a bhith na b’ òige, tha mi a’ creidsinn gum bithinn air tòiseachadh a’ rànaich. Ach cha chreid mi gum biodh e air mòran feum a dhèanamh dhomh; chan fhaicinn gun robh truas sam bith aig m’ uncail ùr dhomh.

‘Ma tha an t-acras ort...’ thuirt esan, ’s e a’ comharrachadh bobhla *dhal* air a’ bhòrd shalach. Shuidh mi sìos agus thog mi spàin. Cha robh blas sam bith air a’ bhiadh.

Chaidh m’ uncail a-null agus chuir e air teasadair le solais dhearg na bhroinn. Shoilleirich na solais an t-àite rud beag. Thug e sùil air an litir, ga tionndadh na làmhan.

‘Chì thu nach do dh’fhosgail mi i,’ thuirt mise, ’s mi ag aithneachadh nach robh earbsa sam bith aig an duine seo annam.

‘S dè thug an seo thu?’ dh’fhaighnich esan.

‘Thàinig mi a thoirt na litir dhut,’ fhreagair mise.

‘Chan ann,’ thuirt esan, ’s e a’ sliobadh a smiogaaid. ‘Bidh rudeigin eile air a chùlaibh. Dòchas air choreigin.’

Chuir mi an spàin sìos air a’ bhòrd le brag. ‘Cha robh fios agam fiù ’s gun robh teaghlach agam, chun a-nochd fhèin,’ thuirt mi. ‘Chan e ceàrd a th’ annam ’s chan eil mi a’ coimhead airson fàbhar sam bith.’

‘Gabh air do shocair, gabh air do shocair,’ thuirt m’ uncail. ‘Fàsaidh sinn cleachdte ri chèile fhathast. Siuthad, gabh do bhiadh, is nì sinn suas leabaidh dhut.’

Le sin, thionndaidh e is leugh e an litir ri solas dearg an teasadair, a chùl riumsa

Truagh ’s gun robh am biadh, is salach ’s gun robh am bòrd, bha an t-acras gam tholladh agus dh’ith mi mo leòr fhad ’s a bha esan a’ leughadh. An ceann mionaoid no dhà, thionndaidh e air ais agus chuir e air an coire. Nuair a ghoil an coire, rinn e teatha mhilis don dithis againn, gun faighneachd an robh mi a’ gabhail siùcar (cha robh).

Anns an leth-dhorchadas, thug e mach pacaid thoitean agus las e tè mus do shuidh e aig ceann eile a’ bhùird, a’ smocadh.

‘Bheil fada bho bhàsaich d’ athair?’ Bha a ghuth geur.

‘Chan eil ach seachdain,’ arsa mise, agus thòisich mi a’ sgrùdadh an *dhal* air mo bheulaibh gus nach fhaicheadh e m’ aodann.

‘Duine làn dìomhaireachd a bh’ ann,’ thuirt esan. ‘Bha a-riamh. Cha chanadh e mòran nuair a bha e òg. An tuirt e càil mum dheidhinn-s?’

‘Cha tuirt.’

‘O mo chreach. ’S cha tuirt e càil mu dheidhinn a’ chinnidh againn?’

Thuirt mi a-rithist nach tuirt.

Tharraing e air an smoc, ’s chanainn gun robh e gu math toilichte leis fhèin. A-rithist, thug e sùil timcheall an rùim, ach cha do stad a shùilean ormsa uair sam bith, cho fad ’s a chithinn.

‘Agus do mhàthair?’

Nuair a dh’inns mi dha gun robh ise air caochladh cuideachd, thuit a ghuailnean beagan. ‘Nighean àlainn,’ thuirt e, cha mhòr fo anail.

Dh’èirich m’ uncail an uair sin ’s choisich e timcheall an rùim. ‘Thàinig thu dhan àite cheart,’ thuirt e. ‘Tha mi fhìn a’ cur sùim mhòr ann an teaghlach, is ceanglaichean cinnidh. Bruidhnidh sinn a-rithist sa mhadainn, ach trobhad an-dràsta ’s cuiridh sinn leabaidh air dòigh dhut.’

Fhad ’s a bha e a’ lorg phlaideachan airson seann bheing a chòmhdach dhomh, thòisich e gam cheasnachadh a-rithist, mar gum biodh e a-nis airson còmhradh nàdarra a dhèanamh às dèidh an droch thòiseachaidh. Dh’fhaighnich e mu mo charaidean is chuimhnich mi nach robh mi air fios no teacs a chur gu Dòmhnall, ’s am fòn-làimh agam gun airgead. Ach gus nach biodh m’ uncail a’ smaoinreachadh gun robh mi nam thruaghan buileach, dh’inns mi dha gun robh caraidean gu leòr is coimhearsnachd làidir air mo chùlaibh ann an Alba.

Ach fhad ’s a bha mi nam shìneadh san dorchadas an oidhche sin, ’s mi air na bh’ agam de theaghlach san t-saoghal a lorg, cha b’ urrainn dhomh bhith air a bhith na

b' aonaranaiche.

Caibideil 4

Cunnart mòr san stòr

Nuair a dh'fhosgail mi mo shùilean sa mhadainn, bha solas an latha a' tighinn a-steach tro chùirtair tana air an uinneig. Chithinn gur e seòrsa de dh'oifis agus àite-fuirich a bh' anns an rùm, le pàipear is cèisean air am measgachadh le seann aodach agus panaichean air na bùird is air na deasgan.

Bha nota air a' bhòrd ri taobh bobhla glan agus an spàin a bh' agam an oidhche roimhe.

"B' fheudar dhomh dhol a-mach," leugh mi. "Tha biadh air an stòbha is uisge anns a' choire." Chomhead mi a-null gu far an robh an aon phana *dhal* às an do dh'ith mi an oidhche roimhe. "Na buin do chàil," bha m' uncail air sgrìobhadh ri taobh ainm.

Às dèidh dhomh bobhla *dhal* a ghabhail, thug mi greis a' coimhead a-mach air an uinneig. Dh'fheuch mi an uair sin ri coimhead timcheall an àite, ach bha an doras glaiste romham. Bha m' uncail air prìosanach a dhèanamh dhìom.

A' càineadh m' uncail fo m' anail, thionndaidh mi air ais chun na h-uinneig a' beachdachadh air an droch shuidheachadh san robh mi. Às dèidh ùine, thòisich mi a' rùrach tron stuth san rùm, agus mi faiceallach nach sealladh an dust tiugh càit an robh lorgan mo spògan air tuiteam.

Thuit mo shùil air lethbhreac den nobhail *Treasure Island*, a bha a' seasamh a-mach air sgàth 's gur e an aon leabhar ficsein a bh' air an sgeilp. Bha mi dìreach air suidhe sìos a-rithist air a' bheing agus air fhosgladh nuair a thuit seann dealbh dubh is geal a-mach às àite eadar na duilleagan. Thog mi e. Dithis bhalach òg ann am briogaisean goirid. Air an cùlaibh dhèanainn a-mach togalach a bha mi air fhaicinn an latha roimhe ri bruaich na h-aibhne sa bhaile. Sgrìobhte fo na balaich bha an ainmean: Ikram agus Akram. Òg 's gun robh e, dh'aithnichinn am fear a b' àirde mar m' athair sa bhad.

Fhad 's a bha mi fhathast a' coimhead an deilbh, chuala mi dìosgail na lioft a' tighinn 's an uair sin an iuchair sa ghlais. Dh'fhosgail an doras is thàinig m' uncail a-steach.

Mus tuirte mise càil, thòisich e a' dèanamh leisgeul airson mo ghlasadh a-staigh. 'Chan urrainn dhut càil fhàgail gun a ghlasadh san àite seo. Cus mhèirlich timcheall. 'S bhiodh a h-uile càil a thàinig thugam bhom phàrantan 's a thog mi fhèin suas air falbh ann an diog.'

Thog mise an dealbh. 'Dè an aois a bha sibh nuair a chaidh seo a thogail?'

Sa bhad dh'fhalbh an gàire bho aodann m' uncail is leum e orm, a' breith air mo gheansaidh. 'Carson a tha thu a' faighneachd sin? Cà 'n d' fhuair thu an dealbh?'

'Gabh air do shocair,' arsa mise, 's mi a' cumail mo ghuth rèidh agus a' seasamh suas beagan airson cur na chuimhne gun robh mi na b' òige agus na bu threasa na esan. 'Dè seòrsa dol a-mach a tha seo?'

'Ach, ach,' thuirte esan. 'Na bi bruidhinn rium mu dheidhinn d' athar. Tha e gam chur troimh-a-chèile. 'S e sin a tha ceàrr. 'S e.' Leig e às mi agus shuidh e ann an sèithear, a' coimhead sìos air a' bhòrd. "S esan an aon bhràthair a bh' agam.'

Cha tuirte e an còrr airson ùine. Leis mar a bha e a' leum eadar càirdeas agus nàimhdeas, bha mi a' smaointinn gun robh e glan às a chiall. Ach aig an aon àm, carson a bu chòir dha a thaigh 's a bheatha fhosgladh do chuideigin a bha a' cumail a-mach gur e mac a bhràthar a bh' ann? 'S dòcha gun robh m' uncail, mar a bha mi fhìn, a' sabaid eadar amharas agus càirdeas teaghlaich.

Mar a lean am feasgar, ge-tà, 's an dìle bhàite a-muigh, chuartaich sinn a chèile san rùm bheag shalach sin mar dhà leòmhan. Bha mi a' gabhail iongnadh gun robh feagal sam bith aig m' uncail romham. Mura robh e a' faireachdainn gun robh mi a' feuchainn ri rud a thoirt bhuaithe?

Dhal a-rithist aig àm suipearach 's bha e soilleir gur e an dearbh smuain sin a bh' air inntinn Akram. Às dèidh dha ithe, 's e a' smocadh a-rithist (bha e tighinn beò air leantailean, tombaca agus teatha mhilis), thionndaidh e agus thuirte e gun

robh e airson dèiligeadh ris an litir. Bha i a-nis dorcha agus chluinninn tàirneanaich a-muigh.

‘Tha mi air a bhith a’ smaoinichadh,’ thuirt esan, ‘gu bheil mi air dearmad a dhèanamh air rud a dh’aontaich mi fhèin ’s d’ athair o chionn fhada. Chan e càil sgrìobhte a bh’ ann, tha thu a’ tuigsinn, dìreach aonta eadar dà bhràthair gun coimheadainn às do dhèidh nan tachradh càil dha. Mar sin, chuir mi airgead gu aon taobh dhut (chosg e dhomh, ach ’s e gealladh a bh’ ann). Sin far an robh mi an-diugh. A’ togail sùim airgid às a’ bhanca, a tha a-nis air fàs gu faisg air ceithir mìle not.’

Mach às gach taobh dhe pheitean, thug e dà chèis agus sgaoil e ceithir pìlean de notaichean Banca Shasainn air a’ bhòrd.

Chithinn anns a’ mhionaid gur e breug a bh’ ann, agus chitheadh esan, leis mar nach do thuit mo bheul fosgailte a’ coimhead na bha de dh’airgead air a’ bhòrd, nach robh mi ga chreidsinn.

‘Tha tòrr a bharrachd ann,’ thuirt esan gu cabhagach. ‘Rudan a bh’ aig d’ athair nuair a bha e fhèin òg. Dealbhan is litrichean is rudan glaiste nach do dh’fhosgail mise riamh. Tha iad ann an ciste air an tritheamh làr.’ Thug e an iuchair a-nuas à oisean air choreigin agus thabhainn e dhomh i.

‘Thalla thusa sìos anns an lioft,’ thuirt e an uair sin, ‘is gheibh thu lorg air creat dearg le ainm d’ athar air. Thoir air ais suas an seo e ’s fosglaidh sinn còmhla e.’

Bha mi fhathast droch-amharasach mu na bha e a’ cantainn agus mun t-suidheachadh gu lèir, ach cha robh mi airson sealltainn gun robh càil mar sin air m’ inntinn.

‘An tritheamh làr, an tuirt thu?’

Thog mi an iuchair agus dh’fhaighnich mi am faighinn biùgan.

‘Theirig a’ bhataraidh a-raoir,’ thuirt m’ uncaill. ‘Nì thu do shlighe furasta gu leòr. Chì thu an solas dearg air putan an lioft cho luath ’s a dh’fhosglas tu doras na cèidse.

Chaidh mi a-mach mar sin dhan leth-dhorchadas ’s gun ach solas na sràide agus sradagan de dhealanach samhraidh bhon stoirm a-muigh airson mo shlighe a chomharrachadh.

Ràinig mi a’ chèidse gun trioblaid sam bith ach bha na gaisein air cùl m’ amhaich ag èirigh, is fios a’m nach biodh m’ uncaill air mo leigeil a-mach à sealladh gun rud air choreigin a bhith fa-near dha. Dh’fhosgail mi an doras-slaodaidh air a’ chèidse agus, mar a thuirt e, chithinn am putan dearg crochte anns an dorchadas, beagan

ro fhada air falbh airson greimeachadh air. Bha mi air ceum a thoirt a-steach dhan lioft nuair a reub gath gorm dealanaich tron togalach gu lèir ’s mhothaich mi nach robh làr anns an lioft idir.

Chan eil fhios agam ciamar, ach chuir mi mo làmh chli a-mach agus rug mi air oir na cèidse. Bha mi crochte an sin ’s a’ uèir a’ gearradh a-steach nam làimh airson ùine nach do mhair ach dhà no thrì dhiogan, tha mi cinnteach, ged a bha mi a’ faireachdainn gur e fad mo bheatha a bh’ ann. Fhuair mi grèim an uair sin air oir na cèidse leis an làimh eile, lorg mi fosgladh sa bhalla airson mo chasan agus, beag air bheag, rinn mi mo shlighe air ais gu oir na ceidse.

Shuidh mi an sin, le fallas fuar orm, airson mionaid, gus an do dh’obraich mi mach dè bha fa-near dha m’ uncaill, agus dè a-nis a dh’fheumainn-sa a dhèanamh.

Lorg mi poca mòr naidhle in a bha làn de rudeigin bog – gainmheach no leantailean, ’s mathaid – shlaod mi e gu oir an lioft ’s thilg mi sìos e. Thuit e le brag còig làran shìos, far an robh m’ uncaill air an lioft fhàgail. Thionndaidh sin mo stamag buileach ach ’s e dìoghaltas agus ceartas a fhuair làmh-an-uachdair nam chridhe.

Rinn mi mo shlighe air ais dhan a’ chidsin far an robh m’ uncaill na sheasamh le chùl ris an doras a’ gabhail drama mhòr à glainne na làimh chli, is botal mòr uaine san làimh eile. Rinn mi casad beag. Thionndaidh esan ’s thuit am botal às a làimh. Thug e sùil eagalach orm agus thòisich e a’ sgiamhail.

‘A bhalgair thu ann,’ thuirt mise, is leum mi air.

‘Khaleel, Khaleel, mo chridhe,’ thuirt esan. ‘Chuir thu feagal mo bheatha orm.’

‘Feagal do bheatha-sa?’ dh’fhaighnich mise, le gàire searbh. ‘Feagal do bheatha-sa?’

‘Mo chridhe!’ thuirt esan a-rithist.

An toiseach, cha robh mi airson èisteachd ris a’ chòrr bhreugan, ach an uair sin, chunnaic mi gun robh a bhilean air fàs gorm. Dh’fhaighnich e airson *angina spray* a bh’ air an deasg aige, agus fhuair mi dha e. Ged a bha cabhag sa ghnothach, fhad ’s a bha mi ga thogail, bha mi geur gu leòr airson litir m’ athar a thogail agus a stobadh nam phòcaid.

Thug mi dha an *spray* agus ghabh e e. Bha e air anail fhaighinn air ais ach cha robh mise air cothrom fhaighinn a cheasnachadh mus cualar srannan aig an doras iarainn gu h-ìosal.

Caibideil 5

Cargu luachmhor

Sheas mise a' cumail sùil air m' uncail ciontach fhad 's a bha an lioft a' dìreadh nan còig làran suas chun na h-oifis. Nuair a dh'fhosgail an doras, air an stairsnich bha gille òg nach robh, chanainn, na bu shine na trì bliadhn' deug. Bha coltas Sionach no 's dòcha *Vietnamese* air, agus bha aodach gu math neònach air – còta mòr dorcha airson a dhìon on stoirm, ach *flip-flops* air a chasan liormach. Cha mhòr nach do dhannas e a-steach dhan rùm, a' dèanamh leth-ghàire fhad 's a rinn e shlighe timcheall ormsa agus a-null gu far an robh m' uncail na shuidhe.

'A Mhaighstir Akram, A Mhaighstir Akram,' sheinn an gille. 'Feumaidh sibh tighinn a-nuas chun a' Valdez. Tha e fhèin gar n-iarraidh. Rudeigin ceàrr air a' chargu.'

'Cò thusa?' dh'fhaighnich mise. 'Agus dè do ghnòthach an seo?'

'Mo ghnòthach-sa? Chan e do ghnòthach-sa sin!' thuirt an gille le gàire car faoin, 's e a' gabhail dhen bhobhla *dhal* gun fhaighneachd. An uair sin, thionndaidh e ri m' uncail ann an seòrsa de chuillbheart agus, le sùil ormsa, dh'fhaighnich e fo anail, 'Bheil e *sound*?'

Bha m' uncail air tighinn beò a-rithist air dha ainm a' bhàta a chluinntinn. 'Feumaidh sinn a dhol sìos,' thuirt esan, 'cho luath 's a ghabhas.'

'Dè nach fhuirich gu madainn?' dh'fhaighnich mise. 'Tha gnothach againn ri sgioblachadh an seo.'

'Chan eil thu a' tuigs', thuirt m' uncail. 'S e cargu luachmhor a tha seo. Agus bidh e air a mhilleadh ma shuidheas e ro fhada.'

'Uabhasach luachmhor. Àlainn,' sheinn am fear beag.

'Innsidh mi dhut,' thuirt m' uncail, 'dè nì sinn. Cho luath 's a chì sinn Caipitean DeVries air a' Valdez, thèid sinn gu Maighstir Shine, fear-lagha Èireannach aig a bheil oifisean air a' chidhe agus gheibh an dithis againn comhairle air gnothaichean d' athar.'

Cha robh mi ga chreidsinn airson mionaid, ach bha fhios agam, nan deidheamaid a-mach às an togalach a mheasg dhaoine eile, nach biodh cothrom aige làmh-an-uachdair fhaighinn orm a-rithist.

Mar sin, ghabh mi an t-seacaid throm a thabhainn e dhomh 's chaidh an triùir againn a-mach dhan stoirm, am balach beag a' dannsa 's a' spleasadh anns na lòin fhad 's a rinn sinn ar slighe gu oir na mara.

Chaidh sinn gu cafaidh beag a bh' air a bhlàthachadh le fàileadh ola ròsta 's thòisich mi fhìn is am balach air bracaistean mòra, ged is e meadhan na h-oidhche a bh' ann fhathast agus nach do ghabh m' uncail ach na sginneadh e de shiùcar ann am muga teatha a bha làn sgàinidhean.

Thàinig fear àrd bàn-liath a-steach, a pheirceall àrd agus a shùilean geur gorm a' rannsachadh an àite. Bhreab Phan (an gille) mi le chois. 'Sin Maighstir DeVries,' thuirt esan. 'Deep Freeze'. Leig e fead fada.

Chaidh an caipitean gu bòrd eile 's gun ghuth a ràdh rinne, chaidh m' uncail a-null a shuidhe còmhla ris.

'Dè seòrsa fear a th' ann am Maighstir Deep Freeze,' dh'fhaighnich mise, 'agus dè an gnothach a th' aige ri m' uncail?'

'O, chan eil e dona idir,' thuirt Phan. 'Duine uasal.' Bha a shùilean mòr, cruinn. 'Sgiobair cho onarach 's a chuir a-riamh gu muir. Air ceann a' bhàta as fheàrr air druim a' chuain. Chan eil mise ach mar *common 5/8* air bòrd. Ma tha e brùideil idir, 's ann dìreach airson rian a chumail air sgioba cho fiadhaich 's a tha a' seòladh a' chuain.' Chrath e a cheann. 'Nam faigheadh feadhainn dhiubh air falbh, cha b' e ruith ach leum leotha.'

Bha an còmhradh seo a' cur uabhas orm. Fear cho òg 's gum bu chòir dha bhith anns an sgoil a' cur seachad a bheatha am measg dhaoine olc agus feadhainn eile a bha... an robh iad nan tràilleanan?

'Is dè mud dheidhinn fhèin?' dh'fhaighnich mi mu dheireadh thall. 'Bheil thu fhèin airson a bhith ann?'

Gun ghuth a ràdh, dh'fhosgail e lèine gus am faicinn tatù beag de dh'isean air a bhroilleach agus, air a ghualainn, lotan dearga mar gum biodh cuideigin air a sgiùrsadh.

'Chan fhaighinn fada,' thuirt Phan. 'Nan ruithinn. Bhiodh Maighstir Shaun às mo dhèidh. 'S esan am bòsun.'S e rinn seo orm, nuair a bha e leis an deoch. 'S e bùidsear a th' ann le drama na bhroinn.'

Mach à crios na briogais aige, thug e sgian bheag dhubh. Bha gleansa bhon lann gheur aice fiù 's ann an solas lag a' chafaidh.

'Ach chan eil mi a' gearan,' lean e air le gàire, agus chuir e an sgian air falbh. 'Tha e math a bhith aig muir; cha bhithinn an àite eile. Chan eil Maighstir Shaun gam phronnadh a leth cho cruaidh 's a bha m' athair ann an Singapore.'

Dh'fhairich mi truas agus tinneas aig an aon àm airson a' chreutair bhig bhochd air mo bheulaibh a bha air barrachd fhulang na bheatha ghoirid na dh'fhuilingeas a' mhòr-chuid de dhaoine rim beatha.

Dìreach aig a sin, thàinig fear a' chafaidh a-nall a thogail nan truinnsearan falamh agus thàinig e a-steach orm gur dòcha gum biodh e eòlach air eachdraidh m' uncail.

'Gabh mo leisgeul,' arsa mise, 'ach a bheil thu eòlach air Akram Shakur? Tha e thall aig a' bhòrd sin.'

'Chan eil thu nad charaid dha?' dh'fhaighnich esan. Thuig mi gun robh e a' ciallachadh, le bhith faighneachd sin, an robh ceangal teaghlaich againn.

'Tha sinn càirdeach.'

'Bha dùil a'm gun robh. Bha mi gad shamhlachadh ri a bhràthair, Ikram,' thuirt esan, 's e gu math toilichte leis fhèin. Thug e sùil sgiobalta timcheall mus do chrom e beagan na b' fhaige. 'Watch thu fhèin timcheall air do chàirdean, 'ille. 'S e plàigh duine a th' ann an Akram. Tha e an sàs ann an iomadh rud nach bu chòir dha. Chan ann mar sin a bha e nuair a thòisich iad còmhla, e fhèin 's a bhràthair, ach bha sin mus do chuir e às dha.'

'Cò?' dh'fhaighnich mise.

'Ikram,' thuirt an duine, mar gum bithinn tiugh sa cheann. 'Nach eil fhios aig a h-uile duine gun d' fhuair Akram clioras e gus am faigheadh e fhèin an t-airgead 's an gnìomhachas gu lèir.'

Thog e air an uair sin leis na truinnsearan agus dh'fhàg e mise gun fhios dè chanainn. Bho chionn dà latha, bha mi ann am fiachan, gun sgillinn agam, agus a-nis bha fear a' chafaidh air innse dhomh gur ann le m' athair a bha an dàrna leth de ghniomhachas nan Shakurs. Agus leamsa a-nis.

'Seo agad,' arsa m' uncail, a bh' air èirigh is air tighinn a-nall, 'Maighstir DeVries, an Caiptean air a' Valdez. Feumaidh sinn a dhol air bòrd a choimhead rim chargu.'

Bha mi ag aithneachadh a' chunnairt agus bha fhios a'm nach bu chòir dhomh cas a chur bho thìr ach, aig an aon àm, cha robh mi airson m' uncail a leigeil às mo shealladh a-rithist, agus fios agam a-nis gu cinnteach gun robh e air foill uabhasach a dhèanamh orm fhèin is m' athair. Agus sin mar a lorg mi mi fhìn a' dèanamh mo shlighe suas *gangway* meirgeach air cùlaibh m' uncail agus Caiptean DeVries, le Phan bochd a' tighinn suas air ar cùlaibh.

'Tha Maighstir Akram air tòrr innse dhomh mud dheidhinn,' thuirt Caiptean DeVries, is sinn air an drochaid a ruighinn. 'Agus air mo shon fhìn, 's caomh leam do choltas. 'S bochd nach robh mi seo na b' fhaide gus am b' urrainn dhuinn a bhith nar caraidean. Tha sinn a' seòladh ann an leth-uair a thìde, cho luath 's a gheibh sinn cargu d' uncail air tìr.'

'Ann an leth-uair a thìde?' dh'fhaighnich mise, 's mi a' gabhail iongnadh gum faigheadh iad air soitheach bathair fhalmhachadh cho luath.

'A, a,' arsa an Caiptean, 's e cargu *self-loading* a tha sinn a' giùlan dod uncail.' Choimhead e sìos air dusan boireannach òg ann an aodach aotrom a bhiodh na bu fhreagarraiche ann an dùthchannan blàtha na uisge na h-oidhche sin, 's iad a' dèanamh an slighe sìos an *gangway* gu ruige bhan gheal a bha gam feitheamh aig oir a' chidhe.

'Tiugainn,' arsa an Caiptean. 'Gabh drama còmhla rium, mus fhalbh sinn.' Shìn e dhomh glainne a thug Phan a-steach air treidhe.

'Sìos leis,' arsa an Caiptean, 's e a' cur crìoch air a ghlainne fhèin agus a' clapadh a làimh air mo ghualainn. Fad an t-siubhail, bha Phan a' cumail sùil gheur orm.

Air sgàth 's gur e Phan a bh' ann agus nach robh mi airson 's gum biodh an Caiptean a' smaointinn gun robh mi mì-mhodhail, thòisich mi ag òl na deoch ach bha blas gu math neònach oirre. 'Càit a bheil m' unca -' thòisich mi.

'A ha,' thuirt DeVries. 'Sin agad a' cheist.'

Chan e an daorach a thàinig orm, ach dìth lùiths air choreigin agus thòisich an dorchadas a' tighinn air mo shùilean mar chùirtair, agus 's e an rud mu dheireadh air a bheil cuimhn' agam a bhith tuiteam air an làr agus am facal 'murtair' air mo bhilean.

Caibideil 6

Aig muir air a' Valdez

Chan fhaca mi riamh am fear-lagha a dh'ainmich m' uncail. Chuir mi seachad dà latha gun mhothachadh, taing don droga a chuir iad nam bhodhaig, agus bha mi grunn làithean eile mus d' fhuair mi a-mach dè bh' air tachairt dhomh. Dhùisg mi le mo cheann gus sgàineadh ann an rùm beag dorcha far an robh fàileadh na h-ola is tulgadh a' bhàta gam dhèanamh buileach tinn. Cha do leig iad a-mach mi agus chan fhaca mi duine fad na h-ùine sin ach Phan, ged nach robh mòran agam ri ràdh ris-san, bhon a bha e air an deoch a thoirt dhomh. Thug e ùine mus tug e orm tuigsinn nach robh roghainn aigesan ann agus thug mi mathanas dha.

Chan fhaighinn lorg air airgead, fòn-làimhe, no càil eile dhe na bha nam phòcaidean a' tighinn air bòrd, ach cha robh iad air litir m' athar a lorg, no 's mathaid nach robh ùidh aca ann an rud nach b' urrainn dhaibh a leughadh.

B' urrainn dhòmhsa, agus bha na facail trom agus suarach dhomh a-nis, agus gam fhàgail a' faireachdainn gu math duilich air mo shon fhèin, agus air ghoil uair sam bith a smaoinichinn air m' uncail. Mhìnich an litir mar a bha mi airidh air darna leth a' ghnìomhachais nuair a thiginn gu aois sia bliadhna deug, a rèir aonta eadar an dà bhràthair, a bha air cùmhnant a shoidhnigeadh nuair a bha mise na mo leanabh. Ach dè am feum a bha sin a' dol a dhèanamh dhomh a-nis, 's mi air mo ghlasadh aig muir le sgioba de dh'eucoraich a bhiodh a' ceannach is a' reic dhaoine bho àite gu àite? Bha Phan air innse dhomh dè seòrsa beatha a' bha a' feitheamh nam boireannach sin ann am Breatainn.

Bha sinn air a dhol tron Mhuir Mheadhan-thìreach agus an Suez Canal mus do ghabh an Caiptean ris gun robh e sàbhailte gu leòr mo leigeil suas chun na deic. Bha an sgioba, a' mhòr-chuid aca co-dhiù, à ear-dheas Àisia, dùthchannan mar Thailand agus na Philippines. Olc, brùideil agus gun tròcair, bha iad a cheart cho uabhasach 's a bha Phan a' dèanamh a-mach. Bha na daoine geala, na h-Eòrpaich, air an ceann; Caiptean DeVries (no Deep Freeze, mar a bh' aca uile air) agus a' Chiad Mheit, Maighstir Shaun, Èireannach le falt fada ruadh agus glè bheag foighidinn.

Bha cridhe dubh aig Maighstir Shaun 's dh'aithnichinn gun robh rudeigin dona na bheatha fhèin a' tighinn a-mach san dòigh san robh e a' dèiligeadh ri Phan, a bha air a chleachdadh leis na h-oifigearan mar shearbhanta. Bha an fheadhainn eile modhail gu leòr ris, ach bha Shaun ga làimhseachadh mar chlobhda-sgùraidh. Nuair a bhiodh e air mhìsg (mar a bha gu tric), bhiodh e a' guidheachan agus a' gabhail dha nam faigheadh e grèim air. Bha e fortanach do Phan gun robh e luath air a chasan agus bheireadh e gàire air gamhainn leis an dannsa is a' chleasachd aige fhad 's a bhiodh an t-Èireannach mòr an tòir air.

Tha mi a' creidsinn gun do rinn mi gàire aig an àm, ach an-diugh tha na h-òrain ghòrach aig Phan a' tighinn thugam an-dràsta 's a-rithist ann an droch bhrudaran.

Slaodach air do chasan

is slaodach le do bhasan

Le feusag bheag robach

tha thu mar an radan!

Mar a bha am bàta air a ruith, cha toireadh e ach dithis no trìuir air an drochaid agus a' mhòr-chuid den sgioba gu h-ìosal a' frithealadh einnseanan no biadh airson a' Valdez a chumail aig muir. Bha deic mhòr fhada oirre, air a lìonadh gu h-àrd 's gu h-ìosal le bogsaichean-stòraidh a bha a' coimhead, bhon drochaid aig deireadh a' bhàta, mar bhlocaichean a chleachdadh clann airson cleasachd. Cha robh cead sam bith aig an sgioba a dhol faisg air na bucais dhùinte sin, ach bhiodh iad a' briseadh a-steach dha aon no dhà an-dràsta 's a-rithist an dòchas gun lorgadh iad deoch-làidir a dh'fhaodadh iad an uair sin a reic ri càch-a-chèile agus air tìr. Cha bhiodh e doirbh idir, thuig mi, clann-nighean a chur am falach anns na bogsaichean-stòraidh airson an toirt bho phuirt sa cheann an ear gu puirt sa cheann an iar, 's chan eil rian nach e sin an gnothach salach san robh m' uncail an sàs gu cunbhalach còmhla ris a' Chaipitean Deep Freeze. Ach 's ann an rathad eile a

bha e air mise a chur, a-null thairis gu àite far nach cuirinn an còrr dragh air, bha e an dòchas.

Mu dheireadh thall, ghabh an sgioba rium agus, am measg rudan eile, thug iad dhomh air ais am beagan airgid a bh' agam agus m' fhòn-làimhe, ged nach robh mòran feum an sin ann am meadhan a' chuain. Bha am bàta air an t-slighe a Shìona, tron a' Mhuir Arabach, timcheall nan Innseachan agus ceann Java agus suas gu Muir a Deas Shìona.

Aon oidhche, mu mheadhan-oidhche, nuair a bha fear de na h-oifigearan a bu chiallaiche air an deic, chaidh fathann timcheall gun robh Maighstir Shaun air grèim fhaighinn air balach agus air a phronnadh gu dona. Fhad 's a bha na seòladairean a' cagnadh na naidheachd seo, nochd dithis aca san doras le Phan eatarra. Bha aodann cho geal ri coinneal agus a shùilean dùinte. Reoth m' fhuil. Bha fhios agam gun robh e marbh.

'Mach à seo,' thuirtear fear de na seòladairean rium, 's iad a' dèanamh air an deic. 'Suas chun na drochaid leat; feumaidh tusa an t-àite aige a ghabhail.'

Thog mi orm, agus chan fhaca mi sgeul air Phan bochd tuilleadh.

Caibideil 7

Na spùinneadairean

Chaidh an droch fhaireachdainn mu dheidhinn bàs Phan bho cheann gu ceann dhen bhàta gus am biodh tu fiù 's ga bhlaicheadh air sàl na mara. Thàinig ceò trom a-nuas ceithir-thimcheall oirnn fhad 's a bha sinn a' dol mun cuairt air a' chost ris an can iad 'Adharc Afraga'. Bha mise a-nis a' ruith eadar na h-oifigearan air an drochaid agus an sgioba gu h-ìosal, 's mi air àite Phan a ghabhail mar shearbhanta agus mar fhear-frithealaidh Mhaighstir DeVries agus nam Meitichean.

Ged nach tuirt duine guth mu dheidhinn na thachair, bha Maighstir Shaun a' dol timcheall mar fhear ann an droch bhruadar, a' coimhead orms' a' falbh 's a' tighinn mar gum biodh le eagal agus uabhas. Bha an Caiptean DeVries cho fad às 's a bha e riamh, ach san aon dòigh san do dh'obraich mi a-mach dè bha fa-near do m' uncail lem dhileab, thuig mi gum biodh an Caiptean gam fhaicinn mar chunnart, leis mar a b' urrainn dhomh fianais a thoirt air mar a thachair. Bha fhios a'm, mar sin, nach biodh e fada mus biodh 'tubaist' agamsa cuideachd. Cha do leig mi guth orm, ge-tà, 's mi a' falbh 's a' tighinn le cofaidh, òrduighean no nigheadaireachd, mar a dheidheadh iarraidh orm.

A latha 's a dh'oidhche, 's sinn anns a' cheò, bha an sgioba an-fhoiseil airson adhbharan eile. Bha am pàirt seo dhen chost ainmeil airson na bh' ann de spùinneadairean, a bhiodh a' tighinn air bòrd thancairean agus bhàtaichean-cargu

's a' cur an criuthaichean fo bhruid (mar a bha mi fhìn). Bha e mì-laghail armachd a bhith air bòrd bàta-malairt ach, mar a bha fhios agam ro mhath, chan e bàta àbhaisteach a bh' anns a' Valdez, 's an sgioba aice, iad fhèin, air taobh ceàrr an lagh. Mar sin, bha gunna-làimhe aig gach oifigear agus gunnaichean fada air an tasgadh ann an cèaban a' Chaiptein agus air an drochaid. Bhiodh na seòladairean fhèin, leis mar nach robh cead aca a dhol faisg air na gunnaichean, a' geurachadh sgeinean fada agus dubhain-cargu.

Mar gum biodh e na bhreitheanas, dìreach nuair a thòisich iad ag ullachadh mu choinneamh ionnsaigh, thàinig tè orra.

Nuair a thachair e, thachair e ann an cabhaig. Thàinig iad air bòrd san dorchadas, a' sreap suas air ròpaichean a bha iad air a thilgeil suas air dubhain air rèile-deiridh a' Valdez. Bha mise nam leth chadal air an drochaid còmhla ris an dàrna Meit, fear air an robh Halonen. 'S e brag gunna-làimhe a chuala mi an toiseach. Bha mi air sin a chluinntinn roimhe 's na h-oifigearan a' losgadh air targaidean agus eòin-mhara ach 's e am freagairt a chuir m' fhiacalan gu snagadaich. Rat-a-tat trom bho ghunna agus sgread nam peilearan air iarann na deic. Chan ann leinne a bha na gunnaichean ud, no na guthan a bha ag èigheachd san dorchadas.

Bhon drochaid, chitheamaid boillsigidhean nan gunnaichean air ais 's air adhart thairis air an deic. Nochd an Caiptean suas bho chèaban, a bha dìreach fon drochaid, is thòisich e fhèin a' leum a-mach 's a-steach air gach doras, a' frasadh na deic le gunna-froise gun dragh aige dè – no cò – a bhuaileadh e.

Tha mi a' creidsinn nach robh còig mionaidean air a dhol seachad nuair a stad am blàr is dh'èigh an sgioba suas rinn gun robh na spùinneadairean air teicheadh agus gun robh prìosanach aca.

'Thoir suas an seo e,' thuir an Caiptean, 's e a' cur air ad airson barrachd ùghdarrais a thoirt dha fhèin.

Bha *adrenaline* na sgioba a-nis air tighinn am follais mar èigheachd agus guidheachan 's iad a' losgadh pheilearan suas dha na speuran. Fhuair sinn aithris gun robh aon no dhà air an leòn, no 's mathaid air chall san dorchadas, ach bha a' mhòr-chuid beò sa mhionaid nuair a thaom iad a-steach chun na drochaid leis a' phrìosanach aca.

Thilg iad e gu meadhan an làir ach chùm e chasan is sheas e gu dìreach. Cha robh e àrd 's cha robh e tapaidh, ach chitheadh tu bhon aodach fhada 's an còta fada a bh' air, làn obair-ghrèis, gur e fear a bh' ann a bha cleachdte ri airgead agus a dhòigh fhèin. Bha craiceann dorcha is feusag bhiorach dhubh air, ach chan e Afraganach no Innseanach a bh' ann. Chanainn, a' coimhead air an t-sròn bhioraich is na sùilean donna a bha a' dannsa na cheann, 's iad làn dhen olc, gur e

Arabach a bh' ann, agus fear cunnartach cuideachd.

Thug an Caiptean dha sgleog air a cheann ach 's e fear easgaidh a bh' ann agus ghluais e a chuideam bho chois gu chois, a' sùghadh a-steach na h-ionnsaigh gun cus strì.

'Bha sibh a' smaoinichadh gum faigheadh sibh làmh-an-uachdair air Caiptean a' Valdez?' thuir Deep Freeze. Chithinn gun robh e airson e fhèin a dhearbhadh mar dhuine mòr air beulaibh an sgioba, leis mar nach robh e fhèin an sàs anns an t-sabaid fhuiltich gu ìre mhòr sam bith.

'Nach eil mi air sin a dhèanamh?' thuir an t-Arabach, le gàire. Tha mi deimhinn às gun do phriob e shùil riumsa fhad 's a bhruidhinn e.

'Cha do sheas na h-ablaichean agad ach còig mionaidean an aghaidh nan seòladairean seo agus tha thu a-nis nad aonar agus nad phrìosanach againn,' thuir an Caiptean. 'Ciamar a tha thu a' dèanamh dheth gu bheil làmh-an-uachdair agad?' Phriob e shùil ris an sgioba. 'Nad aonar an aghaidh dà dhusan de sheòid?'

'Airson ur sàbhailteachd fhèin,' thuir an t-Arabach, 'chanainn gum bu chòir dhuibh ur n-armachd agus ur cuid sgeinean a chur sìos air an làr agus an drochaid fhàgail taobh a-staigh... Ò, dè chanas sinn? Ficead diog?'

Bha m' inean a' gearradh a-steach ann am feòil mo làmhan le cho teann 's a bha cùisean air an drochaid sin. Ge bith cò an spùinneadair seo, bha nearbhan aige mar iarann 's bha dòigh aige air a ghiùlan fhèin ann an suidheachadh anns nach robh, a rèir coltais, dòchas sam bith dha.

'Cuir fo rùm e,' thuir an Caiptean. Bha sùilean an dithis aca a-nis glaiste ri chèile. 'Thoir dheth an còta sin agus croch air a' chrann e mar bhratach. Bheir sin rabhadh do spùinneadairean eile.'

'Leig leamsa sin a dhèanamh,' thuir am fear meanbh, 's e a' fosgladh putanan òir aig amhaich a chòta fhada. Sgaoil e a-mach a ghàirdeanan mar bhuidseach a' fosgladh cleòca, is chitheadh gach neach air an drochaid gun robh crios a' dol ann an crois air a bhroilleach, làn de stuth-spreadhaidh.

Sheas a h-uile duine aca air ais agus e a' tionndadh gus am faicheadh iad uile an crios fèin-mharbhadh 's uèir an iarainn-leigidh a bha a-nis na làimh chli.

'Amadain,' thuir an Caiptean. 'Chuireadh tu às dhiot fhèin, agus a h-uile duine eile air bòrd.'

Rinn am fear beag gàire. 'Tha mi nar measg, ach tha mi ann an glòir mar-thà.'

Chuala mi fuaim agus sluigeil a' Chaiptein.

‘Uill,’ ars’ an t-Arabach, ‘tha ur fichead diog gu bhith seachad. Tha thide agaibh falbh.’

Bha a chùl ris a’ Chaiptean ’s e a’ cantainn seo, agus, gu h-obann, dh’fheuch DeVries ri leum air. Chan eil fios agam, chun an latha an-diugh, ciamar a ghluais mi fhìn cho cabhagach ach bha mo chridhe – agus am priob sin a rinn e rium – air innse dhomh anns a’ bhad gum bithinn na bu shàbhailte còmhla ris a’ chleasaiche bheag chraicte sin na criutha cunnartach a’ Valdez. Stob mi mach mo chas agus chaidh an Caiptean suas dhan adhar, a’ tuiteam aig casan a’ bhomair.

Chòimhead am bomair rium a-rithist ’s an uair sin sìos ris a’ Chaiptean. ‘Cha leig sibh a leas cus cabhaig a bhith oirbh. Ach mach à seo leibh uile. Agus fàgaibh ur cuid armachd aig an doras.’

Caibideil 8

Am fear leis a’ phutan òir

Thug an t-Arabach an gunna-làimhe bhon Chaiptean fhad ’s a thog e e fhèin bhon an làr. Chòimhead an dithis aca rium; Maighstir DeVries le sùilean a mharbhadh mi agus am fear eile mar gum biodh e a’ gabhail beachd orm.

‘Bheil thu còmhla rium?’ dh’fhaighnich e dhomh ann an guth ìosal. Mus d’ fhuair mi air freagairt, bha e fhèin air inntinn a dhèanamh suas agus thilg e gunna thugam a ghlac mi nam làimh.

Cho luath ’s a bha am fear mu dheireadh dhen sgioba a-mach an doras, shlaod e ciste làn mhapaichean air beulaibh an dorais agus chuir e na solais bhuidhe dheth gus nach fhaiceadh duine a-staigh. San deàrrsadh bho na h-ionnstramaidean, chithinn e a’ tionndadh thugam. ‘Bheil thu nad shaighdear airson Allah?’ dh’fhaighnich e dhomh.

‘S ann à Carfin a tha mise,’ fhreagair mi, le blas Alba air mo chainnt, ‘faisg air Glaschu.’ Chithinn gun do chuir sin iongnadh air.

‘S mise Mamoon Abu Ridyeh,’ arsa an duine, ’s e a’ sineadh a-mach a làimh. ‘S ann do theaghlach rìoghail fàsach Qatam a bhuineas mi. ‘S tha mi daonnan a’ coimhead airson gaisgich gheura coltach riut fhèin.’

‘An ann airson glòir a chaidh thu an sàs ann a bhith a’ cur às dhìot fhèin?’

dh'fhaighnich mise. 'No airgead?'

'Dè?' dh'fhaighnich esan, 's e a' toirt dheth a chòta agus a' crochadh nan criosan timcheall air ceas na combaist. Chithinn a-nis gun robh factaraidh armachd am falach ann an ciorban a chuid aodaich. Dh'ragh e mach pìosan meatailt agus chuir e ri chèile iad ann an diog mar ghunna fada.

'Tri fichead 's a dhà dheug maighdeann gam fheitheamh ann am Pàrras? Fàgaidh mi sin aig cuid eile,' thuirt e, a' cur a chòta brèagha air ais air agus a' toirt sgian fhada mach à rud air a chalpa (mar sgian dubh) is ga cur sa chrios timcheall a mheadhain.

'Chan e nach eil mi an aghaidh ìmpireachd Ameireaga agus mar a tha na h-Israelis a' cumail mo bhràithrean fo bhonn am bròige ann am Palestine, ach tha diofar dhòighean ann air a dhol timcheall air cogadh.'

Dìreach anns a' mhionaid sin, thòisich brag nan gunnaichean a-rithist bhon deic. Gu math socharach, choimhead Mamoon ris an uaireadair aige agus dhith e putan no dhà. Chuala mi na h-einnseanan a' dùnadh agus a' Valdeza' a' tòiseachadh air stad.

'Cha robh mi a' dùileachadh gum biodh uimhir de ghunnaichean aca,' thuirt Mamoon. 'Ach dè an diofar. A rèir a' chlàir-ama, bu chòir dha mo bhalaich a bhith air na teàirdsean a chur timcheall a' bhàta mar-thà.'

'Bheil thu a' ciallachadh gu bheil sibh airson a cur fodha?' dh'fhaighnich mise.

'Tha. Agus dà thancair eile a-nochd. Ann an sreath de theintean is ceò a chì iad timcheall an t-saoghail. Cuiridh e stad air malairt eadar an ear agus an iar airson mhiosan.' Choimhead e rium mar gum biodh e airson 's gun dèanainn moladh air. 'Cha do chosg e dhòmhsa ach trì sgiobaidhean spùinneadairean agus an stuth spreadhaidh fhèin, ach cosgaidh e na billeanan de dholairean anns na chailleas iad de mhalairt. 'S bidh fios aig a h-uile duine gur e Mamoon Abu Ridyeh a bh' air cùl a' phlana is gur e a chuir air bhog e le làmhnan fhèin.'

Chuir brag peileir air an uinneig stad air mus b' urrainn dha an còrr bòstadh a dhèanamh.

'Seall riut fhèin, 'ille,' thuirt e rium. 'Bheil thu air gunna a chleachdadh ron a seo?' Bha an dithis againn a-nis a' crùbadh sìos faisg air an làr. 'Seall dhomh e,' thuirt e, agus ann an dà ghluasad, bha e air an gunna a lodadh agus air a chur air lagh.

Chan e a-mhàin gun robh m' fhiaclan a' snagadaich a-nis, ach bha mo làmhnan air chrith cuideachd, le cuideam a' ghunna, agus bha mi nam shuidhe mar stob reòthte

nuair a thòisich sgioba a' bhàta a' losgadh gu trom air an doras ghlaiste 's iad a' feuchainn ris a' Valdez a thoirt air ais fo smachd.

Bha Mamoon a' cleachdadh àirneis na drochaid airson a dhìon fhad 's a loig e air ais orra anns an onghail agus san dorchadas, cha do mhothaich e dha Maighstir Shaun is dithis eile ag èaladh suas staidhre-mheadhain a' bhàta bho chèaban a' Chaiptein. Le cho sàmhach 's a bha mi fhìn, ged a bha mo chridhe a' plogartaich nam chom, chan fhaca Maighstir Shaun mise nas motha, gus an do chuir e làrach a' ghunna air druim Mamoon.

Le brag, loig mi an gunna agam fhìn 's thuit Maighstir Shaun air ais sìos an staidhre. Cha robh mi a' cluinntinn no a' faicinn càil ach lean mi orm a' losgadh gach peilear anns a' ghunna, gus an do stad an sgiamhail agus a dh'fhàs cùisean sàmhach a-rithist.

'S tu an saighdear,' thuirt Mamoon, 's e ri mo ghualainn. 'Dà thuras ann an aon oidhche tha thu air mo bheatha a shàbhaladh agus tha mi fada nad chomain air a shon. Ach, a dhuine, nach mise a tha math air sabaid?'

Bha fuaim rànaich a' tighinn suas an staidhre agus chaidh Mamoon a-null a losgadh dà pheilear eile air an fhear a bha fhathast beò shìos an sin.

Bha na seòladairean a-nis air ionnsachadh nach biodh e cho furasta sin cur às dha Mamoon agus anns an fhois a bh' ann fhad 's a dh'obraich iad a-mach plana ùr, dh'fheuch mi fhìn ri greimeachadh air na bha air tachairt. 'S e sin, gun robh mise air losgadh air duine, 's mathaid air a mharbhadh. Aig an àm, cha robh mi a' faireachdainn càil ach fuachd reòthte agus fallas a' ruith sìos mo dhruim. A' coimhead air ais air an-diugh, chan eil e mòran nas fhasa gabhail ris, ged a tha fhios agam gur e an duine olc a chuir às dha Phan a mharbh mi.

'S ann mar sin, is sinn air ar baisteadh ann am fuil agus ceangailte ri chèile leis a' bhàr, a chuir mi eòlas air Mamoon Abu Ridyeh.

Cha do chaith esan mionaid, oir cha robh mionaid air fhàgail, ach thionndaidh e rium.

'Chan e bàs a tha seo a chòrdas rium,' thuirt esan, 'ach chan eil tìde againn a-nis dèanamh air na bàtaichean-teasairginn.' Lorg e dà sheacaid-teasairginn ann am preasa agus, nuair a chunnaic e gun robh an gnothach gu lèir air a bhith cus dhomh agus nach b' urrainn dhomh carachadh, cheangail e tè aca timcheall ormsa mus do chuir e air an tè aige fhèin.

'Cha dèan seo an gnothach,' thuirt e, is chrath e mi gus mo dhùsgadh às a' bhruadar agam. 'Ma thig sinn às beò,' lean e air, 'bidh mi nad chomain. Ma thig thusa às is mura tig mis'... thug e sgian às a' phòcaid is gheàrr e putan òir far

amhaich a' chòta, 'gabh am putan seo mar shuaichteantas air dè an taobh air a bheil thu. Lorgaidh tu caraidean gu leòr le ainm Mamoon Abu Ridyeh.'

Thug mi sùil air a' phutan òir. Bha dealbh de sheabhadh air agus sgrìobhadh nach b' urrainn dhomh leughadh.

Aig ceann eile a' bhàta, spreadh bàlla teine suas dhan adhar.

'Tha e air tòiseachadh,' thuirt Mamoon. 'Chan eil càil air a shon ach leum.'

Rug e air làimh orm agus shlaod e null mi, a-mach an doras chun an spàrr air a' chliathaich. Shreap sinn suas air an rèile agus thionndaidh e rium. Bha na teintean a' soilleireachadh aodainn.

'Dè an t-ainm a th' ort, co-dhiù?'

'Is mise Khaleel Shakur,' arsa mise, le pròis, mar gur e na facail mu dheireadh agam a bhiodh annta, is mi nam phrionnsa am measg dhaoine.

Is leum sinn dhan dorchadas.

Caibideil 9

Aig muir

Chùm mi sìos, sìos, sìos dhan doimhneachd, 's mura bitheadh an t-seacaid bhuidhe a chuir Mamoon orm, tha mi cinnteach às nach bithinn air a thighinn air ais suas gu bràth. Bha mo sgamhain gus sgàineadh le dìth analach nuair a bhris mi tro uachdar an t-sàil. Cha robh sgeul air Mamoon; cha robh fios agam an robh e beò no marbh, ach aig astar chithinn na cumaidhean dorcha aig na trì bàtaichean mòra nan teine, 's iad a' dol fodha, ann an loidhne.

'S e sealladh eagalach a bh' ann agus, beò no marbh, bha e cinnteach gum biodh ainm Mamoon air bilean an t-saoghail gu lèir ro mhadainn. Cha robh ach blas an t-sàil air mo bhilean fhèin. 'S beag a tha fios agam ciamar a fhuair mi às gun cnàimh a bhriseadh no ciamar a fhuair mi tro na h-uairean a thìde ro mhadainn nam aonar anns an lòn dhubh.

Bha mi air fanntaigeadh le sgèths is fuachd nuair a rug cuideigin no rudeigin air coilear mo sheacaid gus mo shlaodadh a-steach a bhàta-siùil fiodha. Laigh mi an sin air an deic agus sàl na mara a' spùtadh asam airson leth-uair a thìde mus do dh'fhairich mi gun robh mi beò idir, is taingeil airson a' bhalgam uisge agus an teatha mhilis le meannt a thug an sgiobair dhomh.

'S e bàta-bharaille a bh' air mo thogail. Seòrsa de *dhow*, mar a chanas iad riutha sna dùthchannan Arabach, le aon chrann mòr agus deic fhosgailte le iomadh

seòrsa pacaid agus bogsa-teatha air a stòradh fo sgàile *tarpaulin*. Bha cèaban beag aig an deireadh. 'S gann a chreidinn e, ach bha teine beag fosgailte aca a' dol an sin, far an robh teaghlach an sgiobair cruinn còmhla a' bruich aran agus a' dèanamh teatha.

'S ann a-steach a sin, air falbh bho dheàrsadh na grèine, a thog na seòladairean mi is, beag air bheag, thàinig mi thugam fhìn. Os ar cionn, bha an t-adhar tiugh le heileacoptairean agus plèanaichean-cogaidh a' falbh 's a' tighinn. Chitheamaid, tron phrosbaig aig an sgiobair, gun robh bàtaichean-cogaidh an taoibh an iar – Ameireaga, an Fhraing agus Breatainn – a' siubhal air faire. Bha am plana aig Mamoon air obrachadh, gu ìre. Bha sùilean an t-saoghail, agus armachd mhòr an taoibh an iar, a-nis air costa Shomàlia. Timcheall air na bàtaichean-cogaidh mòra, bha eathraichean beaga de dhiofar sheòrsachan a' falbh 's a' tighinn ann an cabhaig. Gun faighneachd, dh'atharraich sgiobair an *dhow* a chùrsa, a' tionndadh chun a' bhàta-cogaidh a b' fhaisge, dh'fhaodte mìle air falbh. Gu nàdarrach, bha e ag iarraidh fear a thàinig às a' ghnòthach beò a thilleadh thuca.

Cha thuiginn cainnt an sgiobair, agus cha dèanadh esan càil dhìomsa nas motha, ach bha fhiosa'm gur e mearachd a bhiodh ann leigeil leis mo chur an làmhan nam feachdan ud, 's mi air coiseachd air taobh eile na loidhne le bhith a' cuideachadh ceannairceach.

Dh'fheuch mi toirt air an sgiobair tuigsinn nach robh mi ag iarraidh càil a ghnòthach a ghabhail ris na bàtaichean-cogaidh no na h-eathraichean luath. Shlaod mi air an stiùir ach thug e orm a bhith modhail agus suidhe nam àite, 's e a' smaoineachdainn, tha mi a' creidsinn, gun robh mi tuainealach, agus 's mathaid gun robh. Cha robh mi a' ruith ach air na faireachdainnean a bha air mo thoirt gu seo. 'S ann nuair a thionndaidh aon dhe na bàtaichean beaga dubha timcheall agus a rinn i oirnn aig astar a thàinig e steach orm bruidhinn ris ann an cànan eile.

Cha robh stiall de m' aodach fhèin air fhàgail orm is bha iad air lèine shriopach fhada mar ghùn-oidhche, ris an canadh iad *dish-dash*, a thoirt dhomh. Lorg mi na dinichean agam far an robh iad a' tiormachadh air ròpa ceangailte ris a' chrann 's thug mi a-mach am putan òir.

Dh'fhosgail mi mo làmh ris an sgiobair is sheall e sìos air ìomhaigh na seabhaig agus an sgrìobhadh Arabach. Ghnog e a cheann mar gum biodh e a' tuigsinn agus smèid e airson sealltainn gum bu chòir dhomh suidhe a-rithist.

Bha am bàta dubh a-nis rir taobh. Mus deach e a-null, shìn e mach a làmh agus chuir e ad bheag Mhuslamach air mo cheann. 'S ann ann am measgachadh de Fhraingis agus Arabais a bhruidhinn saighdearan a' bhàta ris. Cha tàinig iad air bòrd, ach chùim iad na gunnaichean aca teann oirnn fad an t-siubhail fhad 's a

choimhead iad bho cheann gu ceann dhen *dhow*. Chaidh ceist no dhà air ais 's air adhart eadar eadar-theangadair agus an sgiobair 's às dèidh mionaid no dhà, thionndaidh iad air falbh le fuaim àrd agus frasas mòra cathaidh bho na *h-outboards* aca. Cha tuirt an sgiobair an còrr, ach smèid e rium a-rithist a dhol a-steach gu biadh.

'S ann mar sin a lean cùisean, airson làithean is seachdainean, fhad 's a chaidh mo chur bho bhàta-siùil gu bàta-siùil, suas costa Yemen agus Oman ann an ceann a-tuath a' Chuain Arabaich. Gach turas, cha robh ach aig sgiobair a' bhàta ri mo shinnsearachd a thoirt dhan fhear a bha a' dol gam ghabhail agus gheibhinn fàilte air bòrd. 'S e dòigh nan Arabach fàilte chridheil a chur air srainnsear sam bith a thig a-staigh air an stairsnich aca, air muir no tìr, is mura biodh facail gu leòr agam, cha robh agam ach rim phutan òir a shealltainn airson mionaid agus bha mo thuras air a phàigheadh.

Tha mi cinnteach gun do chuir mi seachad fad mìos mar sin, a' dol ceudan mhiltean fo sheòl, a' fàs cleachdte ris an dòigh-beatha is a' togail beagan de chànan agus de chultar nan daoine a bha a' coimhead às mo dhèidh. Dh'fhàs mo chraiceann na bu dhuirche sa ghrèin, is thàinig feusag bheag dhubh orm, 's bha mi a' faireachdainn gun robh mi air am balach beag neoichiontach a dh'fhàg baile Ghlaschu bho chionn sia seachdainean fhàgail fada air mo chùlaibh. Bha mi air brùidealachd agus olc agus taobh olc an duine fhaicinn, bha mi nam fhianais air murt agus bha fuil air mo làmhan fhìn.

A' cothromachadh sin, bha am blàths agus an cathrannas a bha seòladairean nam bàtaichean-siùil, agus na teaghlachaichean aca, a' sealltainn dhomh gam shlànachadh a-rithist. Bha mi air nàdar dorcha an t-saoghail fhaicinn, nam uncail agus ann an sgioba a' Valdez. Ged a bha mi fhathast ga shamhlachadh mar cheannairceach craicte, chunnaic mi ann am Mamoon, air an làimh eile, seòrsa de shiostam creideimh no dòigh-beatha stèidhichte air onair, agus bha sin a' fuireach leam.

Bhithinn a' dùsgadh nam fhallas agus blàr drochaid a' Valdez a' cluich uair is uair nam inntinn. Ach os cionn an h-onghail agus bragan is ceò nan gunnaichean, bhithinn a' cluinntinn guth Mamoon, ag èigheachd aig àird a chlaiginn, 'Nach tu an saighdear brèagha, a bhalaich.'

Chan e mise a cho-dhùin gum bu chòir dhomh bhith air mo chur air tìr ann am port Karachi ann am Pagastan, ach bha faireachdainn am measg nan seòladairean gum bu chòir dhomh astar cho mòr 's a ghabhadh a chur eadar mise agus tachartas nan trì tancairean, mar a bh' aca uile air an sgrìos far cost Shomàlia.

Le sin, is gun ach rud beag airgead pàipeir 's putan òir mo chompanaich ri m' ainm, chaidh mo chur air tìr ann an saoghal eile.

Caibideil 10

Sabaid nan Sgeinean

Bha fuaim, onghail agus fàileadh cala Karachi aocoltach ri càil sam bith a bha mi air fhaicinn thuige sin. Chan ann aig cala nam bàtaichean mòra a thàinig sinn a-steach, ach ann am port beag ri oir a' bhàigh, far am biodh iasgairan agus bàtaichean-siùil a' tighinn gu cala.

Bha sgioba gach *dhow*, mar a thachair iad rium, air mo ghabhail a-steach mar phàirt dhen teaghlach aca, agus bha mi duilich dha-rìribh mo chùl a chur riutha. Ach bha fhios agam, 's mi air a' mhòr-chuid dhen tìde a chur seachad le mo smuaintean fhìn (air sgàth dìth cànan), gum feumainn cùisean a chur ceart. Bha thìde agam mo shlighe a dhèanamh dhachaigh.

Ghabh mi am biadh mu dheireadh còmhla ris an sgiobair 's a chriutha agus thog mi orm gu tìr, a' coimhead, nam bheachd fhìn co-dhiù, cho coltach ri muinntir an àite 's gun canadh tu gur ann às an dùthaich sin fhèin a bha mi, 's chan ann à àite air taobh eile an t-saoghail.

'S mi bha ceàrr anns a' bheachd sin. A' mhionaid a bha mi aig bonn bealach a' bhàta, bha mi air mo chuartaich le clann agus deircich, 's iad a' slaodadh air casan mo bhriogais agus mo lèine fhada. Bha iad ag aithneachadh sa bhad gur e coigreach a bh' annam 's tha mi a' creidsinn gur e an t-iongnadh air m' aodann a bh' air mo bhrathadh.

Timcheall orm agus cho fad 's a chithinn, anns an *shanty-town* ri oir a' chala, bha na mìltean de dhaoine a' falbh 's a' tighinn mar sgaoth sheilleanan. Tha am fàileadh – fàileadh todhar nan daoine – nam chuinnlean fhathast. 'S bha na seallaidhean – daoine ciorramach gum chasan, no le sùilean a dhith, is clann a' rànaid an uchd am màthraichean – gam fhàgail troimh-a-chèile.

Dhòmhsa, bha e mar Ifrinn ach dhaibhsan, tha mi creidsinn, 's e beatha àbhaisteach a bh' ann.

Bha mi air mo bhith air bòrd agus, mar sin, cha leiginn a leas mo shlàinte a chur an làmhnan luchd-reic a' bhìdh is na deoch air a' chidhe. Bha na seòladairean air rabhadh a thoirt dhomh gun robh deagh chuid dhe na bh' aca puinnseanta.

Bha mi gus mo thachdadh leis na bha de dhaoine timcheall orm, 's nuair a chunnaic mi fear a' smèideadh on *rickshaw* aige – sgutair le trì cuibhlichean agus cab air a' chùl – leum mi ann agus dh'iarr mi air mo thoirt air falbh, a' cleachdadh an aon fhacail eadar-nàiseanta a bh' againn eadarainn, *hotel*.

Am balgair, cha ghluaiseadh e. Chleachd e soidhne eadar-nàiseanta eile – airson airgead an turas seo, a' suathadh a chorrigan ri òrdaig. Stiall mi bileag Pagastani bhon rola airgid a bha mi air a chosnadh mar sheòladair air na *dhow*s agus shìn mi thuige i, tarsainn a' chab, airson a phàigheadh.

Sin a' chiad mhearachd a rinn mi air sràidean Karachi.

Thog fear an *rickshaw* air is le fàileadh ola *two-stroke* nam chuinnlean, rinn sinn ar slighe sìos an t-sràid tron t-sluagh mhòr a bha a' fosgladh agus a' dùnadh timcheall oirnn mar a' mhuir mhòr fhèin.

Cha robh sinn air a dhol fad' sam bith bhon a' chidhe nuair a thionndaidh an dràibhear sìos cùl-sràid bheag. Bha mi a' coimhead airson soidhne taigh-òsta nuair a stad e, ach chan fhaicinn càil ach sgudal agus coin thana agus radain a' sabaid airson criomagan bìdh.

Thionndaidh an dràibhear is rinn e soidhne le chorrigan airson sealltainn gun robh e ag iarraidh còig bileagan eile airson leantainn air adhart.

Cha robh tuigs' agamsa air luach an airgid 's mi gun a bhith air tìr airson còig mionaidean, ach bha coltas an radain fhèin air aodann an duine 's cha robh mi a' dol a leigeil leis brath a ghabhail orm. Stob mi an àirde dà chorraig, a' ciallachadh dà bhileig, is thòisich mi ag èigheachd '*hotel, hotel,*' a-rithist.

Chùm esan a-mach nach robh e gam thuigsinn ach nuair a chunnaic e trì bileagan eile às an rola, thuig e gun teagamh agus lean sinn air adhart.

Cha robh sinn air a dhol mòran na b' fhaide nuair a thòisich einnsean an sgutair

a' casadaich 's stad an *charabang* gu lèir. Thog mi ceist le mo shùilean ach cha robh an dràibhear gam choimhead. Leum e bhon t-seata agus chaidh e gu cùl a' chab a choimhead, bha mi a' smaoineachadh, ris an einnsean.

Airson baile mòr de chan eil fhios agam cia mheud millean, cha robh mòran dhaoine air an t-sràid bhig seo. Dh'èirich mi mach às an t-seata is choimhead mi timcheall cùl an sgutair far an robh an dràibhear air crùbadh sìos 's e a' coimhead suas rium. Chaidh mi air ais timcheall chun an aghaidh. Nam bithinn air a bhith na bu ghèire, bhithinn air obrachadh a-mach an uair sin, leis mar a bha e a' coimhead suas ormsa an àite bhith a' coimhead sìos air an einnsean, gun robh rudeigin fànear dha.

Cha robh ciall-sràide agam an uair sin ach, gu fortanach, bha sgàthan briste air an sgutair agus mhothaich mi dha, a' tighinn orm bhon chùl le sgian na làimh. Cha chanainn gur e balach èasgaidh a bh' annam, ach bha na seachdainean a chuir mi seachad ris a' chrann air feum a dhèanamh dha mo chorp agus mo lùths. Gun smaoineachadh, sheas mi mach às a rathad agus chaidh an lann gheur seachad air mo chliathaich, eadar mi fhìn is an sgutair.

Chuir mi ceum eadar mi fhìn agus am mèirleach a bha a-nis an dùil mo mharbhadh airson nas lugha na leth-cheud not ann an airgead Breatannach. Choimhead sinn air a chèile agus, ged a tha seo neònach, thàinig e steach orm gun robh mi air leughadh an àiteigin gum bi thu a' cumail do shùil air aodann an fhir eile ann an sabaid sgeinean, 's chan ann air an lann a tha na làimh. Mar sin, leugh mi na shùilean gun robh e a' dol a dh'fheuchainn a-rithist air mo thaobh clì. Air sgàth 's gun robh mi aotrom air mo chasan, ghluais mi às an rathad a-rithist dìog mus do ghluais esan, is nuair a chaidh an sgian seachad orm, ghreimich mi air a ghàirdean le aon làimh agus stob mi a' chiad chorrage den tèile na shùil.

Cha do chòrd sin ris ach cha dhèanadh e suas inntinn dè bha a' dol a chosg barrachd, an sgian a chall, no a fhradharc a chall, is chum e air a' sabaid.

Dh'fheuch e làmh na sgeine a thogail an aghaidh mo neirt is ged nach robh mi uabhasach làidir, 's e an dòigh sa bheil thu a' cleachdadh cuideam do chuirp a tha a' cunntadh. Stob mi mo chas a-mach agus, le mo làimh dheis, leag mi chun an làir e, a' slaodadh a' ghàirdein san robh an sgian suas air cùl a dhroma.

A' cumail grèim air a' ghàirdean sin gus an do thòisich e a' sgiamhail sa pholl, thuit mi air a chorp cho trom 's a ghabhadh. Cha robh mi air leasan sam bith a ghabhail ann a bhith gam dhion fhìn ach, nuair a tha do bheatha ann an cunnart, tha e iongantach dè thig thugad.

Leig esan às an sgian ach cha robh mise deiseil leis-san. Bha *adrenaline* is fuil theth a' ruith tro mo chorp, is thòisich mi a' bualadh a chinn a-rithist is a-rithist ris

an talamh. 'S ann nuair a thàinig sabaid na drochaid air ais nam inntinn a thug mi orm fhìn sgur ga phronnadh. Ghlac mi an sgian 's thug mi dha put sa mhionach lem bhròig. Laigh e an sin fhad 's a chaidh mise timcheall a' reubadh na h-eadhair a-mach às na trì cuibhlichean leis an dearbh ionnstramaid a bha e fhèin a' dol a chleachdadh ormsa.

Chum mi gob na sgeine ris fhad 's a choisich mi air falbh, an comhair mo chùil, a' faireachdainn an eagail a-nis airson a' chiad turais bhon a thòisich e.

Mus do ràinig mi an t-sràid mhòr, is na solais, bha mi air chrith agus thug e beagan mhionaidean mus do dh'obraich mi mach gun robh an sgian fhathast na mo làimh. Fhad 's a shocraich mi mi fhìn, thuig mi dìreach cho fortanach 's a bha mi air a bhith. Ach ge bith dè cho cunnartach 's a bhiodh am baile, bha fhios agam nach b' urrainn dhomh sgian a chleachdadh an aghaidh duine. Shad mi air falbh i.

A h-uile taobh a choimheadainn a-nis, bha mi a' faicinn cunnart agus bha mo cheann tuathal leis an àite agus na daoine, agus leis an aonranachd. Bha sgìths a' tuiteam orm agus 's ann gu math suarach a bha mi a' faireachdainn nuair a lorg mi soidhne dearg neon air an robh na litrichean 'OTEL'. Chaidh mi steach dhan a' *flophouse* sin agus chuir mi mo cheann sìos air leabaidh chumhang san *dorm*, gun lìon-bhiastagan no plaide no càil. Bha mo phoca beag le m' airgead 's an stuth eile agam teann nam làimh nuair a thionndaidh mi air aon taobh 's a thòisich mi rànaid san dorchedas.

Caibideil 11

Ann an Karachi

Ge-tà, chaidil mi. Dhùisg mi aig glasadh an latha le òran nam *minarets* air na mosgan air feadh a' bhaile, 's e a' gairm an luchd-adhraidh gu ùrnaighean. Bha a h-uile duine eile san t-sreath de leapannan mar-thà air èirigh agus ag ullachadh airson ùrnaigh a dhèanamh far an robh iad, le bhith a' nighe an làmhan is an casan agus a' sgaoileadh nam bratan-ùrnaigh aca air an làr.

'S e an creideamh dhan do rugadh mi a bh' ann, ach cha robh mi a' faireachdainn gur e an dùthaich seo m' àite. Cho luath 's a sgioblaich mi mi fhìn, rinn mi mo shlighe sìos dhan t-sràid, a bha mar-thà trang agus teth, agus chaidh mi a lorg bracaist agus fuasgladh air choreigin air mo thrioblaidean.

Cha robh mi cho fada ri sin bho na docaichean 's bha gu leòr bhùitheatan ann a' tabhann sheirbheisean eadar-nàiseanta leithid iomlaid-airgid agus, nas cudromaiche dhòmhsa, fònaichean a leigeadh leat fònadh a-null thairis.

Stad mi aig aon dhe na bùitheatan sin, ann an seòrsa de dh'ionad-bhùitheatan beag agus, le bhith a' coimhead nan daoine a' falbh 's a' tighinn tron uinneig, bha e furasta gu leòr faicinn ciamar a bha an siostam ag obrachadh. Cha robh thu ach a' faighinn tiogaid airson aon dhe na bùitheatan a bh' ann an loidhne air aon bhalla dhen bhùth, 's an uair sin a' dol a-steach, a' suidhe agus a' cleachdadh a' fòn. 'S nuair a thigeadh tu mach, bha thu a' pàigheadh a rèir a' mheatair.

Ged nach robh an cànan agam, thuiginn is bhruidhneadh an dithis againn – mi fhìn is fear na bùtha – gu leòr airson tiogaid a chur air dòigh. 'S ann nuair a shuidh mi sìos 's a dhùin mi an doras mu choinneamh an fhuaim air mo chùlaibh, a dh'obraich mi mach nach robh àireamh-fòn agam airson duine sam bith a dh'aithnichinn. Bha iad uile anns a' fòn-làimh a chaill mi bho chionn sheachdainean air ais. Co-dhiù, cò thuige a chuirinn fòn, is càit an tòisichinn ag innse dha duine a bha eòlach orm mar bhalach beag à Carfin dè bh' air tachairt dhomh? Dh'fhàg mi a' bhùth-fòn a' faireachdainn na bu throimh-a-chèile na bha mi nuair a chaidh mi a-steach.

Anns an aon ionad (leis an fhirinn, cha robh ann ach bùitheatan ann an caol-shràid le mullach air a chur tarsainn na sràide agus solais crochte ris), bha bùth eile le sanas anns an uinneig airson an eadar-lìn. Taobh a-staigh còig mionaidean, bha mi nam shuidhe air beulaibh deasg coimpiutair 's a' fosgladh MSN gus an lorgainn ainm mo charaid, Dòmhnall Caimbeul.

Bha e furasta gu leòr 'BigDonnie96' a lorg, ach cha robh e air-loidhne. Air taobh eile an t-saoghail b' e meadhan na h-oidhche a bh' ann fhathast. Tha fhios gun robh e na shuain. Co-dhiù, bha còrr is leth-uair a thìde agam air fhàgail air an inneal 's thàinig e steach orm barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn mo chompanaich a thug far a' bhàta mi. Mamoon.

Cha tug mi fada ga lorg-san nas motha. Air gach làrach-lìn naidheachd, bhon a' BhBC a-mach, bha sgeulachdan is deilbh thar dheilbh dhe na trì tancairean nan smàl far costa Shomàlia. Bha gu leòr cuideachd air a sgrìobhadh mu dheidhinn Mamoon, is dealbhan dheth, le fheusaig beagan nas fhaide, a' coimhead a-mach bhon sgrìon 's e air ainmeachadh mar phrìomh cheannairceach san t-saoghal.

A rèir nan aithrisean, chan e na breugan a bh' aige. Bha e mar phàirt de theaghlach rìoghail aon dhe na stàitean Arabach ach bha e air a chùl a chur ri chinneadh 's a theaghlach airson a dhol a shabaid, sa chiad àite airson còraichean dhaoine bochda nan treubhan Arabach san dùthaich aige fhèin.

Bha sin bho chionn grunn bhliadhnaichean air ais. Bha Mamoon, (a bh' air ceum a dhèanamh ann an Eaconamas agus Margaidheachd ann an oilthigh ann an Sasainn, mhothaich mi), air leudachadh a dhèanamh air na h-adhbharan agus na cuspairean san robh e an sàs. Cha robh ceannairc a-nis bho Iraq gu Islamabaad san dùthaich seo fhèin, no fiù 's shìos taobh nam Filipìonan gu Indonisia, ris nach robh ainm ceangailte. Bha cuid dhe na sgrìobhadairean ga shamhlachadh ri Osama Bin Laden airson na cumhachd agus nan comasan a bh' aige am measg *Islamists* an t-saoghail. Bha cuid eile a' cumail a-mach gur e *second-wave fundamentalist* a bh' ann, a bha a' crochadh a bheachdan, chan ann air creideamh, ach air argamaidean farsaing poilitigeach a bhiodh a' tarraing a-steach tòrr a bharrachd Mhuslamaich àbhaisteach.

Cha robh mòran ann mu dheidhinn an duine fhèin ach loidhne no dhà a' tarraing às air cho beag 's a bha e ('s dh'aidichinn gun robh sin fìor), ach laigh mo shùil air aon phìos bho sgrìobhadair a bh' air coinneachadh ris gu pearsanta agus a fhuair fàilte fhoirmeil thraidiseanta mus do chuir e seachad a dhà no trì uairean a thìde còmhla ri duine beag èibhinn le sùilean a bha a' dannsa agus teanga a bha cho geur is cho cunnartach ri gunna mòr sam bith. Dh'àithnich mi Mamoon anns an dealbh sin, agus thuig mi gun robh mi ga ionndrainn, ged nach robh sinn ann an cuideachd a chèile ach airson beagan a bharrachd air uair a thìde. Thàinig e steach orm an uair sin gum bu chòir dhomh faighinn a-mach mum dheidhinn fhèin cuideachd.

Chuir mi m' ainm a-steach a *Ghoogle News* agus nochd pìos bhon a' *Hamilton Advertiser* fo cheann-naidheachd ag innse gun robh balach às a' choimhearsnachd air a dhol air chall. Bha agallamh le *imam* a' mhosg agus àrd-oifigear a' phoilis, a' co-dhùnadh gun robh mi 's mathaid air mo shlighe a dhèanamh a Lunnainn às dèidh dhomh teicheadh bho thaigh m' uncail. Bha na poilis a' cumail an sùilean 's an inntinnean fosgailte, agus chrìochnaich an sgeulachd ann an ceithir paragrafan goirid. Sin uiread 's a bh' ann mum dheidhinn-sa, an taca ri na duilleagan thar dhuilleagan mu dheidhinn Mamoon. Ach mus b' urrainn dhomh an còrr a leughadh, ruith an tìde orm.

Chuir mi seachad an còrr dhen mhadainn air an t-sràid a' gabhail ghlainneachan beaga teatha agus sùgh fhad 's a bha daoine a' falbh 's a' tighinn timcheall orm. Cha robh sgeul air boireannaich a-muigh; 's gann a chitheadh tu fiù 's clann-nighean fhèin. Thuig mi gun robh riaghailtean is dòigh-beatha nam Pagastani a' ciallachadh nach robh mòran de phàirt aig boireannaich ann am beatha phoblach. Thòisich mi an uair sin air beachdachadh air ciamar dìreach a mhìnichinn dha na poilis dè bh' air m' fhàgail air taobh eile an t-saoghail 's iad a' smaoinichadh gun robh mi air ruith air falbh a Lunnainn. An ceann ùine, thill mi gu làrach an eadar-lìn.

Bha e duilich fios a bhith agam càit an tòisichinn, 's mar sin cha do thaidhp mi ach 'Hi' a-steach dhan inneal nuair a sheall ìomhaigh dhomh gun robh Dòmhnall air dùsgadh 's a dhol air-loidhne.

Thàinig an fhreagairt air ais ann an diog. 'Wow. Fàilte air ais, *cowboy*. Càit a bheil thu?'

"Sa bhaile mhòr, fhreagair mi, a' feuchainn ri bhith onarach.

'Lunnainn? Sin a chuala mi.'

'Chan e, buileach. Feuch Karachi.'

'?'

'Coimhead suas e.'

'Tha mi.'

Diog no dhà.

'Carson a tha sin?' Sin Dòmhnall a-rithist.

'Sgeulachd fhada.'

'Dùil agad tilleadh chun an *dump* seo?'

'Dith cead-siubhail.'

'?'

'Sgeulachd fhada eile.'

'Bheil u OK?'

'An ìre mhath.'

'Robh e air a ghoid. Mèirlich?'

'Chaill mi e.'

'Bheil u *insured*?'

Thòisich mi a' lachanaich nuair a leugh mi sin.

'Chan eil.'

'Aon mhionaid.'

Dhà no trì dhiogan.

'Tha *British Consulate* ann an Karachi. Gheibh u *passport* an sin.'

Bha Dòmhnall tòrr na bu chiallaiche na bha daoine a' smaoinichadh. Sgrìobh mi:

'Deagh idea. Càite?'

Thilg e nall seòladh an àite agus, mus do shoidhnig mi dheth, dh'fhaighnich mi dha, 's gun mi buileach cinnteach carson, gun guth a chantainn ri duine mu dheidhinn ar còmhradh.

Caibideil 12

An Dàrna Sgrìos

'S e tagsaidh a ghabh mi chun an t-seòlaidh a bha Dòmhnall air a thoirt dhomh, 's bha mi na b' fhaicellaiche an turas seo, a' suidhe sa chùl agus a' cumail sùil air an dràibhear bho chd anns an sgàthan fad an t-siubhail. Bha mi fhathast làn amharais gum faicinn sgian no gunna a' tighinn a-mach às a h-uile oisean.

Bha an dràibhear dòigheil gu leòr 's e a' dèanamh a shlighe cho cabhagach 's a ghabhadh tron trafaig. Bha mi ann am barrachd cunnairt air rathaidean Karachi na bha mi air a' bhàta mhòr, le càraichean, làraidhean is sgutairean a' leum a-mach bho gach taobh. Cha robh coltas gun robh agad ri cumail gu deas no clì, fhad 's a dhèanadh tu do shlighe air adhart.

Bha an dràibhear duilich gum feumadh e stad a dhà no thrì shràidean bho rathad a' *Chonsulate* air sgàth 's gun robh na poilis air an t-slighe a dhùnadh, ach 's e faochadh a bh' ann dhòmhsa, ged a bha e a' ciallachadh gun robh mi air ais a-muigh ann an teas an latha.

Às dèidh dhomh a phàigheadh, choisich mi suas an t-sràid, seachad air bacadh-rathaid far an robh poilis Phagastani a' cur stad air corra chàr agus bhan. Beagan na b' fhaide shuas, bha an rathad air fad dùinte le loidhne de theip bhuidhe. Bha oifigearan le fideagan is maidean fada a' buachailleachd nan càraichean sìos sràidean eile. Cha robh iad a' leigeil duine suas an t-sràid, ach bha meud an

t-sluaigh cus dhaibh is bha e furasta gu leòr a dhol seachad air an loidhne agus suas an rathad fhad 's a bha thu a' coiseachd.

Cha robh e duilich an *Consulate* aithneachadh, leis a' bhratach mhòr Bhreatannach os a chionn. Bha an togalach fhèin pìos air ais bhon rathad, ann an gàrradh sgiobalta le feansa àrd iarainn timcheall air. Bha bogsa geàird aig a' gheata agus bacadh tarsainn an rathaid 's nuair a choisich mi suas thuige, thàinig dithis gheàrd a-mach às a' *phillbox*.

Thòisich iad ga mo sgiùrsadh air falbh ann an Urdu ach thòisich mise a' bruidhinn air ais riutha, ag innse dhaibh gur e Breatannach a bh' annam. Chan e nach do thuig iad, air sgàth 's gun do thòisich iad a' bruidhinn air ais rium, ach cha robh iad airson èisteachd.

'Ciamar a fhuair thu suas an seo?' arsa a' chiad fhear. 'Tha an t-àite dùinte.'

'Carson?' arsa mise. 'Tha cead-siubhail a dh'èidh orm.' Bha mi a' faireachdainn beagan na bu bheachdaile às dèidh a' chòmhradh a bh' agam ri Dòmhnall.

'Tionndaidh timcheall. *Maximum security* an seo,' thuirt am fear eile, 's e a' cur a làimh air a' mhaide fhada a bh' aig na poilis gu lèir anns a' bhaile air an criosan. Dh'aithnich mi gun robh e frionasach agus amharasach 's thionndaidh mi chun a' chiad oifigeir a-rithist, le mo dhà làimh air mo bheulaibh.

'S e Breatannach a th' annam. Khaleel Shakur, à Alba.' Bha mi ag èigheachd, ach bha e gun fheum. Phut a' chiad oifigeir mi air a' bhroilleach le òrdaig.

'Ceadan-siubhail anns an oifis shìos am baile, 's chan eil dragh agam dè cho Breatannach 's a tha thu, chan eil thu nas cudromaiche na an t-Ameireaganach a th' againn an seo an-diugh. Mach à seo leat.' Sgiùrs e mi air ais sìos an rathad.

Bha mi dol a thòiseachadh air argamaid ach bha an dàrna poileas gam sgrùdadh le sùilean dorcha 's cho-dhùin mi gum biodh e glic an gnothach fhàgail gu latha eile.

Cha robh mi ach air tionndadh 's a dhol a dhà no thrì cheumannan gu oir an rathaid nuair a chunnaic mi làraidh mhòr gheal a' tighinn an taobh eile.

Bha m' inntinn ag obair gu slaodach, mar gum biodh i gus stad. An toiseach, cha do shaoil mi mòran dheth – bha uimhir de thrafaig air na rathaidean ann an Karachi. Ach an uair sin thuig mi gun robh e air faighinn seachad air na bacadhean air an rathad agus thòisich mi a' faighneachd dhomh fhìn carson a bha e a' dol aig uiread de dh'astar?

Cha mhòr nach robh an làraidh ri mo thaobh mun àm a ràinig mi an ìre sin san smaoineachadh agam, agus chunnaic mi aodann an dràibheir. Fear òg, mun aois agam fhìn, is beagan de dh'fheusaig air, a' coimhead dìreach air adhart is fallas

a' tuiteam bho bhathais. Bha rudeigin fada ceàrr ach cha robh tìde agam obrachadh a-mach dè bh' ann.

Thionndaidh mi is choimhead mi air an làraidh 's chunnaic mi an dithis oifigearan a' feuchainn airson nan gunnaichean-làimhe aca. Ach mus togadh iad iad, bha an èadhar air a shùghadh a-mach às an t-sràid. Bha e mar gum biodh a h-uile càil air a shlaodadh a-steach gu meadhan mo fhradhairc. Thàinig cuideam uabhasach air mo chluasan agus bha rudeigin ceàrr air mo fhradharc. Chaidh a h-uile càil geal 's an uair sin dubh, chuala mi brag uabhasach a thog far mo chasan mi, agus chaidh na solais dheth.

Chan eil fhios agam dè cho fada 's a bha mi nam laighe air mo dhruim gun mhothachadh, ach nuair a dhùisg mi, a' casadaich, bha ceò is dust a' glacadh m' amhaich 's a' lìonadh mo shùilean is mo chuinnleanan. Bha an saoghal ceòthach, geal, sàmhach, 's cha robh mi buileach cinnteach, ged a bha mi a' smaoinichadh gun robh mi nam shuidhe air mo mhàs am meadhan an rathaid, an robh mi beò no marbh. Thug e diog no dhà mus do thill mo chlaisneachd is lìon mo chluasan le fuaim nan teintean san togalach, daoine a' sgreuchail agus clagan-rabhaidh air faire.

Tron dust, chithinn nach robh càil air fhàgail de bhogsa nan geàrd, na na geàrdan no an làraidh gheal, ach sloc mhòr uabhasach far am b' àbhaist dhaibh a bhith. Bha cliathaich a' *Chonsulate* air fad air a stialladh dheth 's chitheadh tu a-steach gu oifisean, deasgaichean agus àirneis nan rumannan air gach làr. Mach às a' cheò bha daoine, Eòrpaich agus Àisianaich, a' coiseachd 's a' tuiteam, le fuil a' sruthadh sìos na lèintean is na seacaidean aca.

Dh'fheuch mi fhìn seasamh ach bha mi cugallach air mo chasan 's thuit mi a-rithist. Ged nach robh lùths annam, bha m' inntinn ag innse dhomh nach bu chòir dhomh a bhith far an robh mi agus thug mi orm fhìn gluasad air falbh bhon a' chunnart. Bha cuid de dhaoine a' ruith an taobh eile ach cha b' urrainn dhòmhsa stad a chur air an fhàireachdainn làidir gum bu chòir dhomh faighinn air falbh.

Ràinig mi oir a' cheò, far an robh a' chiad bhacadh air an rathad, 's bha na togalaichean, fiù 's aig an astar sin, nan teine cuideachd. Shin cuideigin botal uisge thugam 's chleachd mi e, chan ann airson m' amhaich thioram, ach airson an stùr a thoirt às mo shùilean. Bha mi a' crathadh mo chinn bho thaobh gu taobh a' feuchainn rim chlaisneachd fhaighinn air ais mar bu chòir, nuair a ghlac rudeigin mo shùil, tro na teintean, air taobh eile an rathaid.

Ann an gleans an teas, coltach ri *mirage*, bha e na sheasamh – Mamoon Abu Ridyeh.

Caibideil 13

Còmhradh ri Mamoon

Airson an dàrna turais taobh a-staigh mhionaidean, cha robh mi cinnteach an robh mi fhathast beò agus nam dhùisg, no an e aising no taibhse, a bha mi a' faicinn tro na teintean. 'S ann nuair a phrìob e shùil rium fhad 's a thionndaidh e na chabhaig, a bha fhios agam gur e Mamoon a bha mi air fhaicinn, is nach robh mo shùilean a' toirt rud a chreidsinn orm.

Bha sùilean geur air fear eile a bha an làthair cuideachd. Ghlac fear dhe na poilis a bh' air fhàgail na sheasamh mo ghàirdean 's thòisich e gam chrathadh 's ag èigheachd aig àird a chinn rium. Cha leiginn a leas eadar-theangadair airson obrachadh a-mach gun robh e a' smaoinichadh gun robh mise an sàs san ùpraid, 's mi air a dhol seachad agus sìos an rathad bho chionn mionaid.

Fhad 's a bha e a' feuchainn ri trì rudan a dhèanamh – grèim a chumail ormsa, na glasan-làimhe aige a lorg agus èigheachd ri chompanach – chuir mise caran turas no dhà agus fhuair mi air falbh bhuaithe. Bha mi taingeil gur e brogan-spòrs a thagh mi bhon tiùrr bhrògan a bh' air a' bhàta-siùil mu dheireadh an àite nan slapagan a bhiodh oirnn air an deic. Ruith mi mar a' ghaoth, mo sgamhain a' losgadh, sìos an t-sràid. An ceann diog, thòisich feadalaich pheilearan a' gearradh tron èadhar agus seachad air mo chluasan. Thionndaidh mi a-steach dhan ath shràid aig an dearbh mhionaid a bhuail dà pheilear eile an conchrair air oir an togalaich rim thaobh.

Tha e duilich gu leòr a bhith a' ruith airson do bheatha, ach a bhith a' ruith

airson do bheatha 's do chliù cuideachd, tha sin fìor dhuilich. Cha robh mi air càil a dh'fhaid a chòmhach nuair a ghrèimich làmh eile orm agus chaidh mo shlaodadh a-steach gu cliathaich na sràide.

'An taobh seo,' thuirt Mamoon, 's e ri mo thaobh a-rithist. Bha cèidse le isean dathach aige na làimh. Thabhainn e an t-isean do bhalach beag san dol-seachad 's an uair sin bha an dithis againn a' ruith sìos an t-sràid le fuaim nan clagan-rabhaidh air ar cùlaibh, 's iad a' teannadh oirn.

Anns an ath shràid mhòir, bha làraidhean poilis agus carbadan an airm a-nis a' dèanamh an slighe gu ruige na sgrios. Stad Mamoon de ruith agus thòisich e a' coiseachd am measg an t-sluaigh, a' cumail grèim fhathast air mo ghàirdean. Ach ged a bha esan beag, bha mise àrd agus nam choigreach ann am Pagastan 's bha e furasta dha aon de dh'oifigearan a' phoilis m' aithneachadh am measg an t-sluaigh. Leig e fead is bha sinn air falbh a-rithist aig peilear ar beatha, sìos sràidean nach aithnicheadh duine seach duine againn. Chan eil fhios agam dè cho fad 's a bha sinn nar ruith, ach cha robh anail agam air fhàgail nuair a thug Mamoon orm a leantainn a-steach a bhùth-cofaidh a bha air cùl cùirteir air an t-sràid bhig.

'Bha teas an siud, a bhalaich,' thuirt esan, 's e a' suidhe air sèithear plastaig ann an oisean aig cùl na bùtha.

Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn cho coma co-dhiù 's a bha e a' coimhead, 's e gus mi fhìn 's e fhèin a mharbhadh is air na dusanan a mhurt bho chionn mhionaidean. Dh'aithnich e orm gun robh mi a' gabhail iongnadh is thòisich e ga dhùn fhèin gun mi fiù 's air ceist a chur air.

'Feumaidh tu mo chreidsinn, Khaleel,' thuirt e. 'Cha robh càil a ghnathach agamsa ri na thachair an siud. A' cur dhaoine eile ann an cunnart; chan e sin an stoidhle agamsa.'

Fhathast cha tuirt mise càil is lean esan air adhart.

'O, bha fhios agam gum feuchadh cuideigin air Rùnaire-Stàite Ameireaga, agus i aig baile, ach chan eil tìde air a bhith agamsa structar a stèidheachadh an seo bhon thàinig sinn far a' Valdez. Ach rinn cuideigin a' chùis air, ged nach eil mi fhìn a' meas gu bheil e leth cho mìorbhaileach togalach a spreadhadh seach trì tancairean a chur fodha, a bheil? Cha bhi togalaichean a' gluasad.'

'S ann a bha e gu math pròiseil às obair dhorchà fhèin agus am murt a bha sinn air fhaicinn air sràidean Karachi. 'S e taobh eile dhen duine a bha seo – an taobh mun do leugh mi air an eadar-lìon – 's cha robh mi ag iarraidh càil a ghnathach a ghabhail ris.

Nuair a thàinig fear an àite le dà chupa teatha, fhliuch mi mo shlugan mus tug

mi dha mo bheachd.

'Tha seo fada, fada ceàrr, Mamoon, 's chan e m' àite no m' obair-sa a th' ann. Chan eil annad ach murtair 's tha thu a' glòrachadh bàs airson d' adhbharan fhèin.'

Cha do chòrd sin ris idir. Rug e orm is shlaod e na b' fhaisge mi, a ghuth ìosal.

'Khaleel, a bhalaich, tha mi nad chomain leis mar a shàbhail thu mo bheatha. Dà thuras anns an aon oidhche sin. Ach cùm do chuid breith agad fhèin. Mise, mo dhòigh-beatha, m' adhbharan; chan eil tuigs' agad cò air a tha thu a-mach. Cha chuirinn-sa balach òg gu bhàs air cùl cuibheall làraidh nach b' urrainn dha fiù 's dràibheadh mus deach ionnsachadh dha. Tha mi ag innse dhut nach robh càil a ghnathach agam ris. Do toil fhèin a th' ann a bheil thu gam chreidsinn no nach eil.'

Thàinig e a-steach orm gun robh tòrr fiosrachaidh aige mun ghnathach airson fear nach robh an sàs ann. Ach ge bith dè na h-amharasan a bh' agamsa, bha an saoghal air inntinn a dhèanamh suas mur deidhinn. Air an telebhisean os cionn a' chunntair, bha iad a' sealltainn dhealbhan cugallach dhen t-sràid dìreach mionaidean às dèidh an spreadhadh. Bha luchd-obrach nan seirbhisean teasairginn a' ruith bho àite gu àite a' toirt cobhair dhaibhsan a bh' air an leòn agus a' sguabadh suas na bha air fhàgail dhiubhsan a bh' air coinneachadh ris a' bhàs.

Stad an camara air lòn fala airson mionaid mus do gheàrr iad air falbh gu film dubh is geal a bh' air a dhèanamh le camara gu h-àrd os cionn na sràide. Bha rudeigin mu dheidhinn na h-ìomhaigh a dh'aithnichinn ach 's ann nuair a phut Mamoon mi nam asnaichean a dh'aithnich mi gun robh mi a' coimhead orm fhìn, 's mi ag argamaid ris an dà phoileas mionaidean mus robh an spreadhadh ann. 'S e an ath ìomhaigh aodann Mamoon bho na deilbh a bha mi air fhaicinn na bu thràithe nam rannsachadh air ceannairc eadar-nàiseanta. Dh'fhairich mi mo stamag a' dol air ais gum chnàimh-droma 's fios agam, ge bith dè chanainn, gun robh mi air a bhith san àite cheàrr aig an àm cheàrr ann an cuideachd a' cheannaircich a b' ainmeile air an t-saoghal.

Caibideil 14

Taigh an Eagail

Bhiomaid na bu shàbhailte, thuirt Mamoon, air an t-sràid fhèin agus dh'fhàg sinn an t-àite ann an cabhaig, a-mach an doras-cùil. Ann an solas an latha, cha robh fhios agam dè an taobh a bu chòir dhomh tionndadh, ri mo chompanach ùr, no air ais a ghàirdeanan nam poileas. Mus b' urrainn dhomh cus ceasnachaidh a dhèanamh air, bha Mamoon air mo sguabadh a-steach a bhus 's bha sinn air ar slighe gu pàirt eile dhen a' bhaile mhòr.

Mus tàinig an oidhche, bha sinn am broinn na dachaigh aig aon de chàirdean Mamoon. Coltach ri tòrr dhachaighean beairteach eile ('s e daoine beairteach a bha seo), cha mhòr nach e seòrsa de chaisteal beag a bh' ann, le aon doras a' dol a-steach gu talla tron robh thu air do thoirt a-mach gu cùirt bheag fhosgailte. Bha diofar rumannan a' fosgladh on chùirt seo, le staidhre a' dol suas chun a' mhullaich, far am faodadh duine coimhead a-mach, air ais sìos air an t-sràid.

Cha toireadh co-ogha Mamoon, ris an canadh iad Jamil, cead dhòmhsa a dhol a-mach. Bha e gu math frionasach is nearbhasach gun robh sinn ann idir, ach bha na ceanglan-teaghlaich a' ciallachadh nach b' urrainn dha diùltadh ar toirt a-steach.

Bha bean Jamil 's a nigheanan ann am pàirt eile dhen taigh 's chan fhaca mi sealladh orra ach làmh an a' nochdadh le treidheachan de bhìadh is de dheoch uair sam bith a bhiomaid gann. Chuir Jamil agus Mamoon an latha seachad nan suidhe

air cuiseanan fada a' còmhradh eatarra fhèin 's chaith mise an ùine a' feuchainn ri obrachadh a-mach dè an ath cheum dhomh.

Air mo shlighe air ais bhon taigh bheag, thàinig mi tarsainn air seòmar nam balach aig Jamil. Bha dithis aca a-staigh an sin, a' cluich air na coimpiutairean, agus bho nach robh càil eile agam ri dhèanamh, ghabh mi an cothrom a dhol a-steach. Bha ceangal aca ris an eadar-lìon is cha tug e ach beagan mhionaidean gus an robh mi air ais air-loidhne a' bruthadh a' phutain airson bruidhinn ri BigDonnie96.

'Mise seo,' sgrìobh mi.

'****! Dè tha thu air a bhith ris?'

'Chan e mise a bh' ann.'

'Tha d' aodann air an t-bh mar *clean skin terrorist*. Seall.' Nochd html a thug mi gu làrach-naidheachd far an robh an dealbh-sgoile agam fon a' cheann-naidheachd *British Suicide Cell link to Karachi Consulate Bombing*.

Chuir e gaoir tromham. 'CHAN E MISE A BH' ANN,' sgrìobh mi a-rithist, 's gun mi cinnteach an robh mi a' bruidhinn ri Dòmhnall no rium fhìn.

'Droch shuidheachadh, a dhuine,' sgrìobh Dòmhnall.

'Air m' onair, chan eil gnothach agam ris.' Chaidh beagan dhiogan seachad. An uair sin, sgrìobh mi: 'S e thusa a chuir ann mi. Chun a' *Chonsulate*. Cuimhn' agad?'

'Tha.'

'Nach eil sin a' dearbhadh gur e dìreach turchairt a bh' ann?'

'Dhòmhsa, tha. Ach chan eil fhiosa'm mu dhaoine eile. Dè mu dheidhinn an fhir seo, Mamoon R?' Nochd an t-ainm mar *hypertext link* a thug mi gu ìomhaigh an fhir a bha an ath-dhoras.

'Chan eil gnothaich aige ris,' thaidhp mise.

Sa mhionaid sin, choisich Mamoon a-steach gam lorg 's ghabh e an t-uabhas nuair a chunnaic e mi air a' choimpiutair. Bha mi dìreach air sgrìobhadh: 'inns dhàibh gu bheil mi neoichiontach', nuair a thòisich e ag èigheachd rium.

'Dè tha thu ris?'

'A' dearbhadh nach eil mi ciontach,' thuirt mise.

'Cò ris?' Bha sgòthan dorcha air tighinn a-nuas air a shùilean.

'Cha robh ach caraid,' arsa mise, 's mi a' faireachdainn sa mhionaid gun robh mi fo amharas.

‘Seall dhomh,’ thuirt Mamoon. Thug e sùil. ‘Amadain, togaidh iad sin bhon ainm agad ann am mionaid. Loisgidh d’ ainm-sa is m’ ainm-sa còmhla solais dhearg fad a’ bhalla ann an Langley.’ Stiall e ceangal a’ choimpiutair às a’ bhalla, gun choimhead rium. ‘Tha thu air a h-uile duine an seo a chur ann an cunnart am beatha. Tha thide againn falbh.’

Lean mi e mar uan a-steach dhan t-seòmar far an do thòisich e a’ mìneachadh dha cho-ogha mar a bh’ air tachairt. Thuiginn gun robh iad a’ bruidhinn mu dheidhinn teaghlach Jamil agus mar a dh’fheumadh iad a-nis teicheadh. Thachair a h-uile càil às a dhèidh sin ann an cabhaig. Fhuair mi fhìn ’s Mamoon poca-droma an urra le aodach, biadh, flasgaichean deoch agus treallaich eile a dh’fheumamaid air an rathad. Bha gunna-làimhe agus peilearan ann do gach duine againn ach dhiùlt mise am fear agam a ghabhail.

‘Cuir dha do phoc’ e, ’s na nàraich mi nas motha na tha thu air a dhèanamh,’ thuirt Mamoon, ’s e a’ stobadh cliop de pheilearan dhan a’ ghunna aige fhèin ’s ga chur am mullach a phoca.

Thòisich Jamil agus an teaghlach a’ sgioblachadh na dachaigh airson a dùnadh. Thòisich mi ag iarraidh mathanas air Jamil ach chuir Mamoon stad orm le bhith a’ bruidhinn nam chluais.

‘Na dèan an suidheachadh nas miosa na tha e le bhith a’ coimhead cho lag. Tha ceadan-siubhail diplomach aig mo cho-ogha ach cha chuir sin stad air na h-Ameireaganaich ma chluinneas iad gu bheil mise air a bhith an seo. Feumaidh muinntir an taighe air fad teicheadh cho luath ’s a ghabhas.’

Cha do rinn e ach am fòn a thogail aon turas agus bha càr bho Ambasaid dùthaich Jamil a’ feitheamh rinn aig an doras. Leum sinn dhan deireadh air cùl uinneagan dubha ach cha robh sinn air a dhol ach beagan sìos an rathad nuair a chaidh *jeeps* an airm seachad oirnn an taobh eile, aig astar. Thug Mamoon òrdugh dhan dràibhear stad aig mullach an leathaid agus thug e ormsa leum às is a dhol air falach fo phocannan plastaig air chùl drumaichean mòra de sgudal aig taobh an rathaid.

Às a sin, chuala sinn an ùpraid fhad ’s a bhris na saighdearan a-steach a chaisteal beag Jamil ’s a thòisich iad a’ losgadh air na geardan a bha na bhroinn. Rinn Mamoon airson èirigh ’s thug e a ghunna mach às a’ phoca ach ’s e mi fhìn a chuir stad air, ’s mi a’ faicinn colbh de shaighdearan a’ dèanamh an slighe suas an rathad. Bha e follaiseach, nam biomaid air fuireach anns a’ chàr, nach biomaid air a dhol fada. Bha an sgìre a-nis air ghoil le feachdan arm Phagastan agus bha heileacoptair a’ sguabadh solas tro na sràidean gar sealg.

B’ fheudar dhuinn fuireach far an robh sinn am measg an t-salchair airson

uairean a thide fhad ’s a choisich na saighdearan air ais ’s air adhart. Thàinig an cadal deilgneach, acras is pathadh oirnn ach cha b’ urrainn dhuinn gluasad air eagal ’s gun lorgadh iad sinn. An ceann greis, chuala sinn iad a’ briseadh nan dorsan anns gach taigh san sgìre. Chaidh bhanaichean dubha is *jeeps* le coin ann an cèidsean seachad oirnn; bha brataichean Ameireaga air na taobhan aca. Thug sinn sùil air a chèile an uair sin, a’ gabhail iongnadh gun robh saighdearan Ameireaga mar-thà an sàs ann a bhith gar lorg.

Nuair a thòisich na saighdearan agus na coin a’ tighinn suas an leathad air an aon taobh rinn, smèid Mamoon rium mo ghunna a lodadh is a dheasachadh airson rud a bha a’ coimhead coltach ris an t-sabaid mu dheireadh. Bha rudeigin ri mholadh – rud car eagalach, ach ri mholadh a dh’aindeoin sin – san dòigh aig Mamoon. Ged a bha fada a bharrachd ghunnaichean is fheachdan aig ar nàimhdean, cha robh esan a’ dol a ghèilleadh gun a bheatha a chall, mas e sin a dh’fheumte.

Cha chanainn gun robh na saighdearan trì ceud meatair air falbh bhuainn nuair a chunnaic mi làraidh an sgudail a’ tighinn. Gun fhacal, ghabh mi an cothrom is leum mi an comhair mo chinn dhan a’ bhàrraile mhòr sgudail. Cha robh mo chasan air suathadh sa bhonn nuair a leum Mamoon a-steach às mo dhèidh, ’s cha mhòr nach do bhàth e mi fon todhar a bha am broinn na baraille. Bha sinn gus ar tachdadh leis an fhàileadh ach cha b’ urrainn dhuinn fuaim sam bith a dhèanamh. An uair sin, chuala sinn giall iarainn na làraidh a’ togail na baraille suas agus a’ slugadh na bha na broinn – sinne na mheasg.

Dh’fhairich sinn an làraidh a’ gluasad ach cha do tharraing sinn anail, ’s sinn fhathast an làn dùil gun cuireadh na saighdearan stad oirre, ach chan eil rian nach robh fàileadh an todhair cus dhaibhsan agus airson an cuid chon. Cha tuirt Mamoon facal taing, ach chuir e làmh air mo ghualainn turas no dhà. Bha fios agam gun robh mi air mathanas fhaighinn.

Caibideil 15

Gu na beanntan

Theab Mamoon sracadh nuair a choimhead e rium an-ath-mhadainn 's an dithis againn nar seasamh air mullach cnoc de sgudal air oir a' bhaile. Bha mi air mo thruailleadh bho mhullach mo chinn gu bonn mo choise le sgudal bidh, todhar is cò aig tha fhios dè eile. Cha robh e fhèin a' coimhead mòran na b' fheàrr, 's a chòta spaideil dathach làn salchair dubh, a' toirt coltas bodach-ròcais air, am meadhan achadh mòr de sgudal.

Timcheall oirnn, air gach taobh, bha clann is boireannaich a' sgròbadh timcheall air tùrran de sgudal nuair a thigeadh iad às an làraidh. Bha e follaiseach on aodach reubte a bha a' crochadh riutha gur e an dòigh-beatha aca a bhith a' lorg rud sam bith a ghabhadh reic, no a dhèanamh suas a-rithist, anns an òtrach.

Bha na daoine seo cho ìosal 's cho bochd 's a ghabhadh a bhith, ach cha tug e mionaid mus robh am Prionnsa Mamoon cho càirdeil riutha 's gun saoireadh tu gur e bràthair a bh' ann dhaibh. Thug iad dhachaigh sinn, uill, gu na bothain a bh' aca air oir an òtrach, agus fhad 's a ghlan iad ar n-aodach, rinn iad cinnteach gun d' fhuair an dithis againn uisge glan is siabann airson ar nighe fhèin. Thill còta Mamoon feasgar, cho spaideil 's cho deàlrach 's gun canadh tu gur ann às na speuran a thàinig e.

Bha sinn air biadh a dhiùltadh, ged a bha e air a thabhann dhuinn, oir bha

Mamoon air rabhadh a thoirt dhomh ann an cagar nach bu chòir a dhol faisg air, is gum bu chòir dhomh mo bheul a chumail dùinte fhad 's a bha iad gam fhrasadh cuideachd. Mar sin, bha sinn gus ar tolladh leis an acras. Cha toireadh Mamoon cead dhomh grèim dhen a' bhìadh a bh' anns a' phoca-droma ithe nas motha.

'Gabhaidh sinn sin nuair a tha sinn feumach air,' thuirt esan, mar gum biodh e ag aithneachadh nach robh an suidheachadh san robh sinn idir èiginneach an taca ris an rud a bha ri thighinn.

Cha robh math fuireach anns a' bhaile, no fiù 's ann am Pagastan fhèin, cho-dhùin Mamoon, ach cha robh e furasta obrachadh a-mach dè dhèanamaid. Bha e fhèin, dh'inns e dhomh, air a thighinn a-steach air an t-sruth dìreach mar a bha mi fhèin, ach ann an dòigh beagan na bu chofhurtaile, air bòrd bàta cargu a bha a' smaoineachadh gur e fear dhen sgioba air tè dhe na bàtaichean a chaidh fodha a bh' ann.

'Ciamar nach do dh'obraich iad a-mach gur e thusa bh' air cùl a' ghnothaich?' dh'fhaighnich mise.

'S mathaid gun do rinn iad sin,' fhreagair Mamoon, 'ach chan e dìreach crios-spreadhaidh a bhios mi a' cur orm anns a' mhadainn.' Thog e a lèine is sheall e dhomh crios dubh timcheall a' mheadhain, às an tug e bonn òir. 'Uaireannan, tha airgead nas fheumaile na armachd.'

'S e an rud a bha a dhìth oirnn,' thuirt Mamoon, 'cead-siubhail,' is 's e sin a bha e an dùil fhaighinn bho Jamil, mus do chuir mise a h-uile càil bun-os-cionn le bhith a' toirt arm Phagastan – agus, tha e coltach, an CIA – a-nuas air ar muin.

'Na gabh dragh – tha barrachd air aon chead-siubhail mì-laghail ri fhaighinn ann am port mar seo,' thuirt esan.

Bha beul an fheasgair ann mus do thòisich sinn a' dèanamh ar slighe air ais timcheall oir an òtrach mhòr. Ach 's e mearachd a bh' ann a bhith a' stad ann an aon àite ro fhada. Bha na bha a' coimhead às ar dèidh càirdeil gu lèor, ach bha sùilean anns gach ceàrnaidh air ar faicinn, is cha b' fhada gus an do ràinig naidheachd mu dheidhinn dithis air an taomadh a-mach à làraidh sgudail cluasan nam poileas.

Chitheamaid iad a' tighinn aig astar, mar gum biodh iad ag iarraidh cothrom a thoirt dhuinn, is na solais ghorm aca a' feuchainn ri rathad a lorg tro na staranan is na rathaidean a bha na làraidhean air a gheàrradh tro na tùrran sgudail. Ach chan ann leisg no slaodach a bha na poilis. Bhon àite san robh sinn nar seasamh, chitheamaid gun robh na striopan gorm a' dèanamh an slighe timcheall oirnn, mar lìon mòr, agus cha leigeadh Mamoon a leas innse dhomh gum biomaid air ar

glacadh mar dà bhradan ann an lion iasgair mura gluaiseamaid.

Rinn sinn air na taighean a b' fhaisge air an òtrach agus cha b' fhada gus an robh sinn air falach am measg an t-sluaigh a-rithist. Cha robh sin buileach fìor, ge-tà, air sgàth 's gun robh bileagan le ar n-ìomhaighean air a h-uile post is balla a chitheadh tu. Thug sin gàire air Mamoon.

'B' fheàrr leam gun cleachdadh iad dealbh na b' fheàrr na an t-seann dealbh a tha sin dhìom sa phrìosan,' thuirt esan. 'Is seall, deich mìle dolair. Tha mi airidh air tòrr a bharrachd air a sin.'

Caibideil 16

Teicheadh

Ged a bha e a' faireachdainn na b' fheàrr a bhith air ais ann an cùltean sràidean Karachi, bha e follaiseach, le na h-ìomhaighean air gach oisean, nach robh sinn gu bhith mòran nas fheàrr dheth ann.

Thug Mamoon orm coiseachd ann an dòigh àbhaisteach, gun cabhag a dhèanamh, fhad 's a rinn sinn ar slighe tro na càraichean is na làraidhean is na *rickshaws* air na sràidean. Bha Mamoon cho dorcha, cho meanbh 's cho aotrom air a chasan 's gun deigheadh e air chall ann am fàsach. 'S e an aon rud a bha a' ciallachadh gun robh e a' seasamh a-mach anns a' mhargaidh far an d' fhuair sinn sinn fhèin, an còta dathach a bh' air a bhith air riamh on a choinnich mi e. Bha mise, air an làimh eile, a dh'aindeoin na feusaig bhig dhuibh agus a' *shakwar kameez* a bh' orm, fhathast ro àrd agus ro thana, agus bha mi gam ghiùlan fhèin mar chuideigin on taobh an iar.

Chaidh sinn domhainn a-steach don t-sluagh a bha a' reic 's a' ceannach air bùird is baraichean a' mhargaidh. Bha feòil a' crochadh air slabhraidhean is dubhain agus ga gearradh air blocaichean mòra fiodha. Bha glasraich de gach dath – buidhe, orains, purpaidh, dearg – ann an tùrran san duslach agus bha fàileadh milis nam mangothan agus nam badan mòra le lus a' choire a' lìonadh an àite. Bha fuaim agus onghail gu leòr timcheall oirnn, ach thug sgread bho fhìdeag nam poileas stad

oirnn uile.

Bha an t-oifigear, nach robh ach dà stàile air falbh bhuainn, air leigeil le fhìdeag tuiteam bho bheul, agus bha e a' sgreuchail dhan rèidio aige fhad 's a bha e a' togail a' mhaide fhada aige agus gar comharrachadh leis.

Cha do stad Mamoon a dh'èisteachd ris na bh' aige ri ràdh. Bha e sìos caol-shràid mar radan, mise a' spàgail air a chùlaibh cho luath 's a b' urrainn dhomh. A-rithist, chluinneamaid na poilis a' tighinn às ar dèidh, fuaim nan clagan-rabhaidh 's an uair sin na h-einnseanan aca is iad a' feuchainn ri faighinn tro na bha de dhaoine air na sràidean.

Cha robh iad cho slaodach sin, ge-tà. Ràinig sinn an ath shràid mhòr agus bha iad air gach ceann dhi a dhùnadh le sreath *jeeps* agus bha oifigearan le maidean fada agus cuipean tiugha a' sguabadh an t-sluaigh a-steach gus nach fhaigheadh duine air falbh, mar gum biodh iad a' cur bheathaichean ann am faing.

Chòimhead mi ri Mamoon, 's m' anail nam uchd. 'Chan eil seo a' coimhead math.'

'Ach chan eil thusa ach a' coimhead sìos. Lean mise.'

Le sin, dh'fhosgail e doras taighe is chaidh sinn a-steach, tro thalla goirid gu cùirt bheag fhosgailte ann am meadhan an togalaich. A' coimhead timcheall, lorg e staidhre agus ghabh e suas gu mullach an taighe.

Nuair a thàinig sinn a-mach air mullach còmhnard an togalaich, bha an dorchadas air tighinn (bidh an oidhche a' tighinn a-nuas mar gum biodh cùirtair anns a' phàirt sin dhen t-saoghal). An toiseach, cha thuiginn dè bha fa-near dha Mamoon, ach an uair sin rinn mi a-mach gun robh seòrsa de staran a' dol tarsainn mullaichean nan taighean, mar gum b' e sràid eile a bh' ann, gu h-àrd os cionn an talaimh.

Bha aodach a' crochadh air sreangan, a' cur mo thide air na *dhow*s nam chuimhne. Bha boireannaich, cuid dhiubh air an còmhdach le *burkas*, a' dèanamh nigheadaireachd agus a' cumail sùil air a' chloinn, a bha a' cluich am measg nan sreangan aodaich. Bha e soilleir gun robh e a' cur iongnadh orra dithis fhìreannach neònach fhaicinn san t-saoghal dhùinte aca agus chòimhead iad oirnn is sinn nar ruith seachad.

Ach cha robh na boireannaich a' dol a chur stad air Mamoon, 's e mar-thà letheach tarsainn nam mullaichean. Thug fuaim brògan nam poileas a' tighinn suas an staidhre ormsa gluasad cuideachd, le eagal mo bheatha, agus ann an diog no dhà, bha an dithis againn air chall am measg na nigheadaireachd agus nam ballachan eadar na taighean.

Thàinig cuimhne eile air ais thugam nuair a chuala mi an èadhar ga reubadh faisg air mo chluais. Bha mi air an aon rud a chluinntinn air drochaid a' Valdez 's cha leigeadh Mamoon a leas innse dhomh gun robh iad a' losgadh oirnn.

Ruith sinn mar sin, anns an dorchadas, a-mach 's a-steach à siotaichean geala, a' tuiteam 's a' sporghail thairis air ballachan ìosal agus àrd, le fuaim nam poileas a' sìor fhàs na b' àirde air ar cùlaibh. Ge bith cò aca a bha a' losgadh oirnn, cha robh e gar faicinn cho tric sin, no bha e beagan amharasach gum buaileadh e cuideigin neoichiontach. Co-dhiù, cha robh a dhà no thrì pheilearan a' dol a chur stad orm a-nis. 'S e bacadh eile a bha san rathad oirnn.

Bhithinn-sa air ruith far oir an togalaich agus air tuiteam chun a' bhàis, mura b' e gun do chuir Mamoon a-mach a ghàirdean gus stad a chur orm. Bha sinn air ruith a-mach à mullaichean agus bha co-dhiù ceithir troighean deug eadar sinne agus mullach an ath thogalaich, a bha air taobh eile an rathaid, ach beagan na b' isle. Cha robh dòigh air ais no air adhart, no dòigh sìos, gun d' amhaich a bhriseadh.

'Chan e seo an t-àite dhuinne, a bhalaich,' thuirt Mamoon, 's e a' coiseachd air ais bhon oir, na b' fhaigse air fuaim nam poileas. Cha do chòimhead e taobh sam bith, no air a chùlaibh. An ath rud, ruith e seachad orm, 's lean mo shùilean e bho oir na h-àirde, 's e ga iomradh fhèin tron èadhar, gus an do thuit e air a làmhan 's a ghluinean air a' mhullach eile. Dh'èirich e na sheasamh is chòimhead e ris fhèin, mus do thionndaidh e agus thog e làmh rium.

Leum no bàs. Cha robh tìde agam an t-astar no an cunnart a bha romham a thomhas. Bha gunna-làimhe nam phoc 's chaidh an smuain trom cheann, airson diog, gum faodainn a thoirt a-mach, ach bha fhiosa'm nach cleachdainn gunna an aghaidh duine a chaoidh tuilleadh.

Chaidh mi air ais pìos, gu ruige na siotaichean mu dheireadh, is chithinn, bho ghluasad nan sreangan, gun robh na h-oifigearan an impis mo lorg. Chuala mi brag gunna aon turas eile 's bha sin gu leòr airson m' inntinn a dhèanamh suas. Thionndaidh mi, ruith mi, agus leum mi, mo làmhan is mo chasan a' dol mar mhuilnean-gaoithe.

Cha do rinn mi a' chùis air buileach, mo làmhan a' sgròbadh ri oir an togalaich 's mi tuiteam fhathast, ach rug e orm. Mamoon beag meanbh, na laighe air a' chliathaich le aon ghàirdean tarsainn air oir an togalaich. Ann am mionaid eile, shlaodadh cuideam mo chuirp dheth e, is thuiteadh an dithis againn.

'Sreap suas mo ghàirdean,' dh'èigh esan, 's chunnaic mi gun robh e a' cleachdadh a h-uile unnsa neirt a bha na chorp airson grèim a chumail orm, 's e fhèin a chumail bho bhith a' tuiteam.

Chan eil fhios agad, ann an suidheachadh mar sin, cò às a tha an neart a' tighinn. An e an t-eagal a tha ga thoirt dhut, no an fhearg? Ann an dòigh air choreigin, fhuair mi mo làmh eile suas air a ghualainn agus seachad air a sin, gu oir an togalaich. Ghluais mi mo chuideam bho Mhamoon agus, gun facal a ràdh, shlaod esan suas às an sin mi. Agus an uair sin bha sinn air falbh a-rithist san dorchadas.

Bha mi air mo phronnadh, bha mi air criothnachadh fhaighinn, ach bha mi beò, 's cha robh tìde ann taing a thoirt dhan fhear a shàbhail mi. Thionndaidh mi a bhruidhinn ris, agus chunnaic mi gun robh aodann air reothadh ann an solas làidir geal. B' ann nuair a thionndaidh mi 's a choimhead mi suas a chuala 's a chunnaic mi heileacoptair a' tighinn a-nuas air ar muin.

Caibideil 17

Fon a' bhurka

An toiseach, shaoil mi gur ann a' dannsa a bha Mamoon, ach 's ann nuair a chunnaic mi an dust ag èirigh tímcheall air a chasan a thuig mi gun robh iad a' losgadh oirnn le gunna. Airson an dàrna turais taobh a-staigh mionaid, thàinig air mo bheatha a shàbhaladh; chan ann le bhith gam shlaodadh an turas seo, ach le bhith gam phutadh.

Phut e mi 's thuit mi air ais. Dhùin mi mo shùilean, 's mi a' feitheamh ri brag air mo cheann no pian peileir nam bhroilleach, ach cha tàinig fear seach fear dhiubh. An àite sin, rinn mi car a' mhuiltein sìos staidhre, a' slaodadh Mamoon às mo dhèidh. Bha am poca-droma feumail, ach fhathast chan eil fhios agam ciamar nach do bhris mi asna no cas air an t-slighe. Stad sinn eadar dà dhoras air a' chiad làr. Thog Mamoon e fhèin suas is thòisich e a' ruith a-rithist, sìos staidhre. Cha robh mise ach ceum às a dhèidh. Mar sin, nuair a thuit e, 's e air an steap mu dheireadh a ruighinn, thuit mise air a mhuin mus fhaighinn air stad a chur orm fhìn.

Aig an ìre seo, bha aon dhen dithis againn a' dol a bhriseadh adhbrann no nas miosa agus, leis a h-uile diog a bha a' dol seachad, bha an cunnart a' fàs na bu mhotha. Ach a-mach às an leth-dhorchadas, rug cuideigin air cùl mo choileir 's thog iad mi far Mamoon. Thòisich mi ag èigheachd, ach chaidh làmh eile air mo bheul agus chaidh mo shlaodadh a-steach tro dhoras san trannsa.

Thilg cuideigin eile Mamoon a-steach air mo chùlaibh. Dhèanainn a-mach a-nis, ann an solas lampa-ola, gun robh sinn am meadhan cearcaill de dh'fhireannaich àrda, thapaidh. A' coimhead riutha, bha fhios a'm nach b' e poilis a bh' annta, ach dh'aithnicheadh tu gun robh ùghdarras air choreigin aca. Gun fhacal agamsa ri ràdh a thuigeadh iad, sheas mi druim ri druim ri Mamoon, fhad 's a bhruidhinn esan riutha gu luath. Nuair nach do leum iad oirnn, ghabh mi ris nach robh iad air taobh nam poileas 's dh'fhaighnich mi dha Mamoon, agus mo ghuth ìosal, dè bha iad ag ràdh.

'Tha gu bheil mise a' bruidhinn cus,' thuirt esan.

Fhad 's a bha sinn a' bruidhinn, thòisich fear dhe na fireannaich a' stialladh a' phoca-droma bho mo dhruim. Rinn mi airson sabaid an aghaidh na mèirle seo, ach an uair sin chunnaic mi gun robh e a' tabhann cleòca dubh nam boireannach dhomh na àite, thuig mi dè bha fa-near dha. Bha am *burka* gam fhalach gu tur, bho bhàrr mo chinn gu bonn mo choise, 's gun ach fosgladh beag timcheall air na sùilean trom faicinn a-mach. Tron uinneig ùir seo air an t-saoghal, chithinn Mamoon ag argamaid 's a' stampadh a chasan, 's e a' diùltadh aodach boireannaich a chur air.

Chan fhaca mi e a' tachairt ron a sin, 's cho fad 's a bha mi na chuideachd chan fhaca mi a-rithist e, ach bha am fear a bha os cionn an taighe na b' fhaide na cheann fhèin na fiù 's Mamoon agus fhuair e làmh-an-uachdair air. Aig a' mhionaid mu dheireadh, chaidh an còta dathach a chòmhdach leis an aodach dhubh agus bha sinn cha mhòr air ar tilgeil a-steach a rùm eile, far an robh grunn bhoireannach, cuideachd ann am *burkas*, nan suidhe timcheall a' còmhradh ri chèile. Ghabh sinn ris gum bu chòir don dithis againn suidhe nam measg 's gun leigeil oirnn gun robh càil às an àbhaist mun t-suidheachadh.

Cha robh mi ach air suidhe air an làr nuair a chuala mi an doras a-muigh a' fosgladh agus èigheachd agus solais nam poileas sa chiad rùm. Lean argamaid airson ùine agus an uair sin thàinig na h-oifigearan tron chùirtair is chuir iad am biùgain ann an sùilean nam boireannach san rùm. Chùm mise mo shùilean air an làr, ach à oisean mo shùla chithinn nach robh Mamoon a' dol a leigeil air gun robh eagal airsan airson mionaid. Gu fortanach, cha do mhothaich na h-oifigearan gun robh tè dhe na mnathan-taighe a' coimhead air ais orra gu geur 's thionndaidh iad air ais a-steach chun na h-onghail a bha a' dol an-ath-dhoras.

Chan eil fhios agam an robh iad deònach falbh, ach bha na h-oifigearan air an sguabadh a-mach an doras san aon dòigh san robh sinne air ar slaodadh a-steach. Thill beagan sàmhchair don taigh 's mhothaich mi, airson a' chiad uair, gun robh m' anaìl goirid agus fallas a' sruthadh dhìom.

Cha robh math fuireach ann an suidheachadh cunnartach mar siud, ge-tà, agus a-rithist, gun mise a' tuigsinn facal a bha air a ràdh, bha an dithis againn, agus dithis dhe na boireannaich, air ar toirt sìos tron an taigh gu làraidh bheag a bha a' feitheamh san t-sràid. Lean sinn eisimpleir nam boireannach agus dhìrich sinn suas dhan chùl fhosgailte fhad 's a chaidh trìùir fhireannach don chab air an toiseach. Fhad 's a bha sinn a' sreap suas, chaidh aig Mamoon air gunna-làimhe a thoirt dhomh. Mar sin, le gunna eadar mo ghluinean, rinn mi mo shlighe a-mach à Karachi fo sgàile a' *bhurka*.

Caibideil 18

A' dèanamh às

Mun àm a thàinig a' mhadainn, bha seòrsa de dhaoraich orm leis an sgìths is dìth a' bhìdh, ach bha sinn air astar mòr a chur eadar sinn fhèin is na poilis ann an Karachi.

Chùm sinn a' siubhal fad an latha sin, agus fad oidhche eile, ann an diofar làraidhean is bhanaichean, gus an do ràinig sinn drochaid iarainn tarsainn abhainn a bha a' comharrachadh crìochan sgìre an North West Frontier. 'S ann an seo, mar a mhìnich Mamoon, a bhiomaid a' dol am measg nan treubhan, far am biomaid na bu shàbhailte gus an socraicheadh cùisean air ais sna bailtean mòra.

Fhad 's a bha sinn a' dol tarsainn na drochaid, mhothaich mi cho falamh 's cho lom 's a bha an t-àite. Bha an duslach ag èirigh anns an teas agus mar sin, bha e duilich na beanntan a dhèanamh a-mach air faire. Air gach taobh dhinn, bha clachan is creagan agus a dhà no trì chraobhan tana a bha cho buidhe ri seann choinnlean. Bha gobhar salach ceangailte ri bacan faisg air cuid dhiubh seo. Bha na balaich òga a bha a' frithealadh nan gobhar a' smèideadh rinn san dol seachad, 's iad air an dòigh càr fhaicinn – sealladh nach robh idir bitheanta san àite sin.

Cha robh càil a ghnòthaich agamsa ris an sgrios a thachair aig an Ambasaid, ach bha e follaiseach a-nis, le bhith a' siubhal còmhla ri Mamoon (fear a bh' air a bhith an sàs, no co-dhiù faisg, air dà spreadhadh ceannairceach a-nis), gun robh mi air

mo shùghadh a-steach ann an rud a bha na bu mhotha 's na bu chunnartaiche na b' urrainn dhomh dèiligeadh ris no fiù 's a thuigsinn. Bha mi airson argamaid gum bu chòir dhuinn tilleadh, 's sinn fhèin a dhearbhadh, ach bha fhios agam nach seasadh m' fhaclan – no fiù 's teanga gheur Mamoon – ri peilearan nam poileas. 'S mar sin, le cho troimh-a-chèile 's cho sgìth 's a bha mi, cha tuirt mi guth.

Aig seann stèisean peatrail, chaidh ar cur ann an càr eile – seann chàr Ruiseanach a bha cho trom ri tanca ach a dhèanadh an gnothach air na rathaidean, a bha a' fàs na bu mhiosa mar a b' fhaide a dheidheamaid air adhart. Cheannaich sinn peatrail agus poca shiristean dearga agus, taobh a-staigh uair a thìde, bha sinn air an rathad a' dìreadh suas dha na beanntan.

Chan e peatrail an aon rud a b' fheudar dhuinn a cheannach air an turas sin. Air taobh a-muigh baile beag, bha cuid de na fir air geata a chur tarsainn an rathaid 's bha dithis no trìuir aca, le gunnaichean meirgeach, a' gabhail cùis bho dhuine sam bith a bha ag iarraidh seachad. Thairis air cupa teatha agus pìos arain, chunnt Mamoon a-mach a dhà no trì bhileagan salach airson clàrc a' bhaile.

Thachair an aon rud a-rithist a dhà no trì mhiltean suas an rathad. An turas seo, bha iad ag iarraidh barrachd airgid, 's cha robh iad a leth cho càirdeil. Phàigh sinn iad, is ghabh sinn air adhart, 's sinn a' dìreadh fad an t-siubhail, gus an do ràinig sinn an tritheamh bacadh-rathaid, dìreach seachad air baile cho bochd 's a chitheadh tu ann am beanntan sam bith. Chaidh na gunnaichean, *Kalashnikovs*, a chur a-steach air uinneagan a' chàir an turas seo. Rinn Mamoon, a bha na shuidhe ri taobh an dràibheir, a-mach nach robh e a' tuigsinn facal a bh' aca, ach thuigeadh duine sam bith an soidhne a bha iad a' cleachdadh airson 'airgead'.

Fhad 's a bha a' mhòr-chuid aca a' stialladh a-steach dhan phoca shiristean a thog iad bho dhais a' chàir, thug Mamoon tìurr airgid dhan fhear ris an robh e a' bruidhinn agus thug e òrdugh dhan dràibhear leantainn air adhart.

A' coimhead air ais tron uinneig-chùil, chithinn gun robh argamaid air tòiseachadh am measg nam fear, 's iad a' smaoinichadh gun robh am fear a ghabh an t-airgead air duais tòrr nas motha a leigeil seachad. Taobh a-staigh leth-mhionaid, bha còignear no sianar aca air leum ann an seann chàr eile 's bha iad a' tighinn suas an rathad às ar dèidh.

Bha an rathad cho cas 's cho briste 's nach robh sinne a' gluasad aig astar càil nas luaithe na fichead mìle san uair, ach a dh'aindeoin a' chuideim a bh' anns a' chàr acasan, bha iad a' tighinn na b' fhaisce is na b' fhaisce. Suas, suas, suas gun deach sinn, air ais 's air adhart air na lùban uabhasach san rathad, 's iadsan ag èigheachd 's a' smèideadh oirnn stad. Bha Mamoon ag èigheachd ris an dràibhear a dhol na bu luaithe, is bha esan ag argamaid air ais ris, a' cumail a-mach gun robh e a' dol

cho luath 's a b' urrainn dha.

Cha robh iad a-nis fad sam bith air ar cùlaibh, 's mathaid leth-cheud troigh, agus sinne a' dol timcheall a' chòrnair mu dheireadh mus ruigeamaid mullach a' ghlinne. Bha an seann chàr Ruiseanach againn a' casadaich 's a' brùchdail agus, fhad 's a bha Mamoon a' feuchainn ri toirt air a dhol nas luaithe le bhith a' bruthadh air an dais, bha mise a' coimhead a' chàir air ar cùlaibh 's mi a' feuchainn ri obrachadh a-mach an dèanamaid a' chùis air mus biodh iad air ar muin.

Ged a ruigeamaid am mullach, ge-tà, dh'fheumamaid an uair sin cromadh a-rithist 's bhiodh cothrom na b' fheàrr acasan losgadh oirnn. Choimhead mi timcheall aon turas eile mus deach sinn tarsainn a' mhullaich, is chunnaic mi gun robh an càr acasan air stad, is ceò dubh a' tighinn on bhonaid. Thòisich sinn uile a' lachanaich, 's an dràibhear is Mamoon a' toirt taing do dh'Allah fhad 's a rinn sinn ar slighe sìos na lùban air taobh eile a' bhealaich.

Bha iad a' seinn Allah Akbar a-mach à glaochaire a' mhosg nuair a ràinig sinn am baile beag a bha Mamoon a' lorg anns na beanntan. Bha faisg air leth dusan duine le turbain dhubha orra nan suidhe fon a' phòla air an robh an t-inneal agus bha fear òg a' seinn nam facal a-steach dha maidhc a bha a' faighinn dealan bho sheann bhataraidh càir.

Cha bhithinn-sa air mothachadh, ach bha sinn a-nis air a dhol thairis air crìochan Phagastan agus a-steach dha sgìre far an robh ùghdarras aig an Taleban – daoine a bha a' dèanamh ceangal gu math làidir eadar poilitigs agus an creideamh daingeann aca. Aig aon àm, bha an Taleban os cionn Afganastan air fad. 'S iad a thug taic is dachaigh dha na ceannaircich aig *Al Qaeda* agus dhan cheannard iomraiteach aca, Osama Bin Laden. Ach às dèidh sgrios 9/11 ann an New York is Washington, fhuair na h-Ameireaganaich cuidhteas an Taleban is bha iad a-nis air a thighinn air ais gu deas, dha na beanntan às an tàinig iad bho thùs. Seo na daoine a bha Mamoon a-nis an dòchas a bheireadh cuideachadh dhuinn.

Às dèidh dhuinn ùrnaigh a dhèanamh anns an togalach bheag am meadhan a' bhaile, bhruidhinn Mamoon ris an *imam* agus fhuair sinn stiùireadh a dhol gu fear dhe na taighean, far an d' fhuair sinn biadh – feòil-chaorach ann an seòrsa de shabhsa tana le apracotan ann. Acrach 's gun robh mi, cha b' urrainn dhomh mòran sam bith ithe 's chan eil fhios agam an e an cadal a dh'fhalbh leam, no an e fanntaigeadh a rinn mi, nam shìneadh air brat lom am broinn taigh beag crèadh.

Caibideil 19

Fiabhras

Uaireannan, chluinninn guthan fhireannach agus uaireannan eile, cha chluinninn ach mo ghuth fhèin, 's mi a' rànaid san dorchadas. Chan eil cuimhn' a'm idir dè na brudaran a bh' agam, ach gun robh a h-uile càil timcheall orm dorcha 's gun robh mi ann an suidheachadh eagalach dubh.

Cha robh for agam aig an àm gun robh iad air mo ghluasad, ged a tha cuimhn' agam a bhith a' cluinntinn fuaim abhainn a-rithist. Cha robh fios agam air mòran gus an do dh'fhosgail mi mo shùilean agus chunnaic mi lasairean teine pìos bhuan. Bha mi nam shineadh air craiceann caorach, no gobhair, is bha plaideachan air mo mhuin. Cha robh mi buileach cinnteach an robh mi fhathast ann an aisling, no marbh, 's mi a' faicinn dhaoine nach b' aithne dhomh a-mach 's a-steach le gunnaichean air an guailnean. 'S ann an uair sin a mhothaich mi gur ann an uaimh a bha mi, ann an creig air choreigin a rèir coltais, agus gun robh am pathadh orm cho mòr 's gum feumadh e bhith gun robh mi beò, agus nam dhùisg.

Dh'fheuch mi ri èirigh, ach thuit mi air ais a-rithist air na plaideachan leis cho lag 's a bha am fiabhras air m' fhàgail. Thàinig gille òg eile a-nall le bobhla uisge a rinn beagan cobhair orm, ged a bha m' amhaich na teine fhad 's a bha mi a' slugadh na deoch fhuar.

A dh'aindeoin 's gun robh teine mòr aca am meadhan an làir, bha mi

a' faireachdainn mar gum bithinn reòhte. Aig an aon àm, bha fallas a' sruthadh dhìom. Cha do chuir mi stad air a' bhalach nuair a dh'fhigh e na plaideachan air ais suas timcheall m' amhaich. Tha mi a' smaointinn gun robh e a' feuchainn ri toirt orm tuigsinn gum bu chòir dhomh leigeil dhan fhallas ruith gus am faighinn thairis air an tinneas.

An ath turas a dhùisg mi, 's e Mamoon a bha rim thaobh. Bha fireannach eile còmhla ris – fear na bu shine, Talib le feusag fhada liath agus turban dubh – agus bha esan gam sgrùdadh le sùilean cho gorm 's a chunnaic mi riamh, dath a bha neònach às dèidh na bha mi air fhaicinn de shùilean donna ann am Pagastan.

'Tha thu air ais,' thuirt Mamoon le gàire, 's e a' sineadh a-nall flag uisge. 'Seo agad,' thuirt e, 'Mullah Mera Ahmed, a bhios gar dìon 's gar biathadh. Feuch gum bi thu modhail ris.'

'Tuigidh mi gach facal, cuimhnich,' thuirt am bodach le gàire. 'Agus fàilte ort, chun a' phàileis ùir agam.' Dh'fhosgail e làmhan agus choimhead e timcheall na h-uamha. 'Tha mi duilich nach eil e cho spaideil 's a bu chòir ach tha e ann an staid nas fheàrr na dh'fhàg na h-itealain Ameireaganach an dachaigh mu dheireadh agam.' Thuirt e an uair sin facal no dhà ri Mamoon ann an cànan nach tuiginn agus a bha eadar-dhealaichte bhon Urdu a bha sinn a' cluinntinn ann am Pagastan. Fhreagair Mamoon (fhuair mi mach a-rithist gur e Pashtun a bh' aca) 's chuala mi e a' cantainn m' ainm: 'Khaleel Shakur'. A rèir coltais, dh'inns e dha gur e prionnsa a bh' annam, thall thairis.

'Tha sinn cleachdte gu leòr ri prionnsachan san uaimh seo,' thuirt Mullah Mera, 's e a' crathadh mo ghalainn mus do thionndaidh e air ais dhan rùm.

Cha leiginn a leas càil a ràdh ri Mamoon; bha m' aodann ag innse a h-uile càil a bha mi a' smaointinn.

'Cha bhiomaid air a bhith sàbhailte air taobh Phagastan dhen loidhne,' thuirt esan. 'S tha tòrr a bharrachd saorsa againn an seo am measg ar bràithrean, agus tòrr a bharrachd cothrom cuideachd ionnsaigh a thoirt air na h-ana-chreidmich. Tha còrr is fichead bliadhna bho thàinig mi seo an toiseach; 's e an Ruis a bh' againn mar nàmhaid an uair sin. Ameireaga a-nis. Ach 's e an aon chogadh a th' ann – cogadh onair.'

Cha do fhreagair mise, ach nam inntinn fhìn thòisich mi a' smaoinichadh gun robh mi air a dhol ro fhada air an t-slighe còmhla ri Mamoon Abu Ridyeh.

'Chan e saighdear a th' annamsa, 's chan e an cogadh agamsa a tha seo,' thuirt mi, an ceann mionaid. Bha na faclan na bu ghèire air mo bhilean na bha dùil agam.

Bha Mamoon a cheart cho geur. 'Chan eil mise buileach a' tuigsinn dè seòrsa

Muslamaich,' thuirt esan, 'nach dèanadh sabaid airson a chreideimh, no airson a bhràithrean fhèin, ge bith càit an lorgadh e iad.' Thuig mi gun robh mi air a ghoirteachadh le bhith a' cur ceist na chreideamh.

Cha do thog a' cheist ceann a-rithist airson latha no dhà, nuair a bha mi air beagan dhe mo neart fhaighinn air ais, 's mi air mo shlighe a dhèanamh timcheall na dachaigh ùir againn turas no dhà agus air èadhar nam beanntan a ghabhail aig beul na h-uamha.

Cha robh ri fhaicinn taobh sam bith ach sreath de bheanntan eile, ceithir-timcheall oirnn agus cho fada 's a chitheadh sùil. Ann an àiteigin shìos an sin, thuig mi gun robh saighdearan Ameireaga agus Afganastan a' sealg na bha air fhàgail dhe arm an Taleban agus luchd-leantainn Osama Bin Laden.

Bha na fir ag ùrnaigh còmhla, èildear nam measg a' toirt cruth air an adhradh aca. Shuidh mise aig cùl na h-uamha, faisg air lampa-ola, fhad 's a chuir iadsan na gunnaichean aca gu aon taobh agus a chaidh iad sìos air an glùinean, a' coimhead taobh Makkah, agus a chuir iad an cinn ris na bratan-ùrnaigh beaga air an làr.

Air an fheasgar sin, is sinn uile air ithe bho phrais de dh'fheòil-gobhair, thòisich Mullah Mera le na sgeulachdan aige, air beulaibh an teine. 'S e Pashtun a bhiodh e a' bruidhinn ri Mamoon, ged a bha gu leòr Beurla aige a bha e air ionnsachadh nan oilthigh agus bho bhith a' coimhead phrògraman telebhisein air an t-saideal aige. 'S e Dallas, siabann mu dheidhinn teaghlach beairteach Ameireaganach ann an gnìomhachas na h-ola, am prògram a b' fheàrr a chunnaic e na bheatha, dh'inns e dhomh. 'Tha iad cho coltach rinn fhìn,' thuirt e le gàire.

Ann am Beurla, dh'inns e dhomh gun robh mi air a bhith nam chadal air leabaidh anns an do chaidil prionnsa eile romham. Le sin, thuig mi gun robh Bin Laden fhèin air fasnadh fhaighinn anns an aon uaimh.

'Cuin a chunnaic sibh mu dheireadh e?' dh'fhaighnich mi.

Rinn e gàire beag agus cha do fhreagair e airson mionaid. 'Tha greis ann,' thuirt e mu dheireadh thall, 'bho chunnaic sinn an Sheikh.'

Bha na thuirt Mamoon mu dheidhinn cogadh creideimh air a bhith a' ruith air m' inntinn fad an latha, 's gun smaoinichadh, dh'fhaighnich mi dha an e Bin Laden a bh' air chùlaibh sgrios 9/11.

Cha do chuir a' cheist Mullah Mera suas no sìos. 'Chan eil e cudromach an robh an Sheikh Osama an sàs gus nach robh,' thuirt esan. 'Chan e mise am fear-lagha aige, no an *imam* aige, ach innsidh mi rud no dhà dhut.'

Agus 's e sin a rinn e, fad uair a thìde, ge bith an robh mise ag iarraidh

èisteachd gus nach robh. 'S e cogadh gus Islam a dh'ionnadh a bh' anns a' chogadh an aghaidh Ameireaga, da rèir-san, agus mar sin, bha cead aig a h-uile Muslamach a bhith an sàs ann an *ji-had*, a bha a' ciallachadh 'cogadh an aghaidh nàimhdean a' chreideimh'. Air sgàth 's gun robh Muslamaich air feadh an t-saoghail fo shàil Ameireaga, bha e mar uallach orra a bhith a' sabaid.

Cuideachd, ged a bha e ceàrr agus an aghaidh riaghailtean Islam daoine neoichiontach a mharbhadh, thuigeadh Mullah Mera carson a bha daoine mar Bin Laden cho daingeann an aghaidh Ameireaga agus cho feargach riutha 's gun toireadh e toileachas dhaibh nuair a thachair sgrios mar a thachair ann an New York agus Washington. 'Tha an Qu'ran a' toirt cead dhut dòighean marbhtach a chleachdadh nuair nach eil roghainn eile ann,' thuirt esan. 'Tha mi a' smaoinichadh gur e *collateral damage* a th' agaibhse air ann am Beurla.'

Cha robh mi ag aontachadh, no a' leantainn na dòigh-smaoinichaidh aige. 'Dè mur deidhinn-ne nach eil nar n-Ameireaganaich?' dh'fhaighnich mise.

'Tha a h-uile duine air an taobh an iar a' bhòtadh airson riaghaltasan agus a' pàigheadh chisean dha riaghaltasan a tha a' stampadh air Muslamaich, anns an ear-mheadhanach agus air feadh an t-saoghail. 'S mar sin, sibhse as coireach ris na nì na riaghaltasan agaibh. Tha sin gur fàgail nur targaidean.'

Thàinig e a-steach orm, 's e a' bòstadh mu dheidhinn a' chogaidh a bha e fhèin air a chur an aghaidh nan Ruiseanach is nan Ameireaganach, gum biodh a h-uile duine dhe mo charaidean gam fhaicinn-sa a-nis mar am Mullah fhèin – ceannairceach a bha ag iarraidh sgrios a dhèanamh air an t-saoghal. Cha b' e sin a bh' annam, ach 's e a' cheist, ciamar idir a bha mi a' dol ga dhearbhadh a-nis?

Caibideil 20

Geamaichean

Ged a bha am Mullah gu math daingeann na chreideamh, bha laigsean an duine ann, cuideachd. Bha e gu math dèidheil air a bhith a' cluich chairtean, agus air gill. Gu mì-fhortanach, b' e an laigse a bh' ann am Mamoon nach b' urrainn dha dùbhlán sam bith mar sin a leigeil seachad. Chuir iad seachad dà fheasgar a' cluich, 's an t-airgead a' falbh 's a' tighinn eatarra. An ath mhadainn, nuair a dh'èirich mi, 's e am Mullah Mera a bha air mo bheulaibh.

'Tha na beachdairean agam ag aithris gu bheil an t-slighe fosgailte sìos gu deas. 'S e a' cheist, a bheil neart annad teicheadh?'

Dh'aithnich mi air nach robh e cho càirdeil 's a bha e air a bhith ron a seo, agus 's ann nuair a chunnaic mi tìurr de bhuinn òir agus gealltanasan beaga pàipeir air an taobh dhen teine far an robh Mamoon na shuidhe a thuig mi gun robh am Mullah air a h-uile sgath airgid – agus barrachd – a chall.

Bhìd mise mo bhile agus choimhead mi ri Mamoon.

'Dh'inns mi dha gun robh mi math air cairtean,' thuirt esan, le pròis.

'Is dè am feum a nì an t-airgead dhuinne?' thuirt mise, is mi a' tuigsinn anns a' mhionaid an sgrios a bha e air a dhèanamh air inbhe a' Mhullah ann an sùilean nan daoine aige. Agus sinne – bha sinne a-nis na chomain airson ar slàinte, ar

sàbhailteachd agus ar cuid airgid.

Thàinig Mullah Mera eadarainn. ‘Gabhaidh air ur socair,’ ars’ esan. ‘Dè dhèanainn fhìn leis? ’S co-dhiù, ’s e breitheanas a th’ ann. Cha bu chòir dha fear cràbhaidh a bhith an sàs ann an geamaichean mar seo.’

‘S ann a bha sin, nam bheachd-sa, a’ dèanamh an t-suidheachaidh na bu mhiosa. Am Mullah air a nàrachadh nuair a bha sinn a’ cur feum air cuideachadh bhuaithe.

‘Chuala tu na thuirt am Mullah,’ thuirt Mamoon, ‘s e ag èirigh ’s a’ sguabadh an airgid on làr.

Chuir mi stad air lem làimh. ‘Nam bu mhise a bhiodh air buannachadh, ’s gum bu mhi do mhac,’ thuirt mi, ‘dè a’ chomhairle a bheireadh tu dhomh? An t-airgead a chumail, no a thilleadh?’

Sheas e is dh’fhàs a bhusan dearg, is choimhead e rium suas is sìos, ’s cha mhòr nach canadh tu gun robh e deiseil gus slaic a thoirt dhomh. Ach ’s mathaid gur e m’ òige a bh’ ann, no gun robh a h-uile duine san uaimh air bhioran gus an cluinneadh iad dè bhiodh aige ri ràdh, ach thuit a ghuaillnean agus ghabh e ris gun robh mi ceart.

‘Khaleel,’ thuirt e, ‘tha thu ro chothromach airson a bhith ri cairtean agus ro fhada anns an taobh an iar airson a bhith ri cogadh, ach tha thu onarach agus uasal, ged a tha thu beachdail leis. Seo mo cho-dhùnadh, a mhic: cha bu chòir dhut an t-airgead a ghabhail.’

‘Gabhaidh an t-airgead air ais, is gabhaidh mo làmh leis,’ thuirt e an uair sin ris a’ Mhullah agus thionndaidh e airson an stuth aige a sgioblachadh gun fhacal eile a ràdh.

Cha robh mòran againn ri ràdh ri chèile fhad ’s a rinn sinn ar slighe tarsainn nam beantann, air falbh bhon uaimh. B’ e am plana a dhol air ais taobh Phagastan, ach chuir na thachair na b’ fhaide air an latha stad air sin.

Bha sinn air ceum tro na beanntan còmhla ri dithis neach-treòrachaidh a bha am Mullah air a thoirt dhuinn nuair a thàinig a’ chiad rocaid gu talamh le sgread, dìreach troighean bhuainn. Chuir e iongnadh oirnn uile airson diog, ’s sheas sinn reòhte far an robh sinn. Cha robh *jet* ri chluinntinn, ’s cha robh sinn air plèana no heileacoptair fhaicinn bho dh’fhàg sinn an uaimh. Reub an dàrna rocaid a’ chreag ri ar taobh às a chèile agus gheàrr na clachan a thàinig aiste mo cheann, mo ghàirdean is mo shròn. Dh’fhairich mi blas na fala agus dust na creige san adhar fhad ’s a leum mi bhon rathad, is mi fhathast a’ feuchainn ri obrachadh a-mach dè bh’ air tachairt.

Bha fuaim an spreadhaidh air m’ fhàgail beagan bodhar, ach chuala mi fear de na saighdearan aig a’ Mhullah a’ cantainn an fhacail dròn ri Mamoon, mus do laigh an

tritheamh rocaid.

Thionndaidh Mamoon agus rug e orm gus mo thogail. Thòisich sinn air ruith aon taobh ’s a chaidh an dithis eile an taobh eile. Chuala mi an ath rocaid a’ tighinn a-steach ’s leum mi air an talamh mus buaileadh e mi. Thog Mamoon mi a-rithist agus ruith sinn dà fhichead troigh eile mus tàinig an còigeamh fear, a’ cur teine is ceò dubh às na clachan agus às na creagan.

Bha fàileadh an losgaidh nam chuinneanan ’s bha mo chluasan bodhar le dust agus fuaim nan spreadhaidhean. Cha robh mi ag iarraidh ach mi fhìn a chladhach a-steach dhan talamh gus am bithinn cho ìosal ’s a b’ urrainn dhomh, ach chùm Mamoon gam phutadh ’s gam ghluasad. Cha chanainn gun robh an t-eagal orm; bha cus iongnaidh orm airson sin. Ach bha mo chorp is mo chasan a’ faireachdainn trom is cho slaodach agus sinn a’ ruith bho chreig gu creig ’s na rocaidean a’ lasadh air an staran far an robh sinn air a bhith.

‘S mathaid nach do sheas an ionnsaigh ach mionaid, ach anns an ùine sin, bha sinn air ruith is tuiteam ceud troigh bhon an staran gus sinn fhìn fhalach ann an dìg bheag air cùl creige. A’ coimhead air ais air, bha sin a cheart cho cunnartach, air sgàth ’s gun robh sinn air rabhadh fhaighinn gun robh an gleann far an robh sinn làn de sheann mhèinnean bhon a’ chogadh an aghaidh na Ruis.

Bha m’ aodann làn fala agus dust ’s thug e greis mus tàinig mo chlaisneachd air ais thugam.

‘Cùm sìos,’ thuirt Mamoon. Bha e air a chòta a chur thairis air a cheann. ‘Na dèan gluasad idir, agus ’s mathaid nach fhaic iad sinn, no gun smaoinich iad gu bheil sinn marbh.’

‘Cò iad?’ dh’fhaighnich mise. ‘Càit a bheil iad?’

‘Fada os ar cionn,’ thuirt Mamoon, ‘s e a’ coimhead suas. ‘Inneal ùr a tha na h-Ameireaganaich a’ cleachdadh. Itealan gun phileat a chumas iad os ar cionn airson uairean a thìde. Tha camarathan agus rocaidean aca air bòrd ’s faodaidh iad losgadh oirnn bho dheasg coimpiutair, ceudan mhiltean air falbh.’

Às dèidh ùine, theirig ar foighidinn, ’s ged a bha fhios aig Mamoon gum faodadh an dròn a bhith fhathast os ar cionn, bha e dhen bheachd gun robh e air an cargu air fad aige a losgadh ann a bhith a’ feuchainn ri ar marbhadh air an rathad. Dh’èirich sinn às a’ chlais san robh sinn agus shreap sinn air ais suas chun an rathaid, far an d’ fhuair sinn a-mach nach robh an dithis eile air a bhith cho fortanach rinne. Bha fear aca air a reubadh às a chèile ’s cha robh ach pàirtean dheth ri lorg. Bha am fear eile, balach nach robh càil na bu shine na mi fhìn, air a losgadh dubh ri cliathaich creige.

Ged a bha mi air faighinn seachad air mo thinneas, chaill mo chasan an lùths agus

dhiobhair mi far an robh mi.

Thòisich Mamoon a' sporghail airson gunnaichean nan saighdearan ach thug mi dha mo bhròg, 's an fhearg ag èirigh annam a-rithist. Seo mise, 's gun mi fhathast ochd bliadhn' deug, ann am fàsach lom fo sgòthan cunnartach cogaidh, còmhla ri cuideigin cho cunnartach 's a choinnichinn air aghaidh na talmhainn.

'Dè tha ceàrr ort?' dh'fhaighnich mi. Bha mi ag èigheachd.

'Faodaidh tu bhith cinnteach gun dèan sinn feum dhe na gunnaichean seo,' thuirt esan. 'Ma tha iad fhathast ag obair.'

'Chan eil mise airson duine a mharbhadh, chan eil mi airson a bhith air mo mharbhadh, 's mar a thuirt mi, chan eil mi airson a bhith an sàs ann an cogadh sam bith.'

'Khaleel,' ars' esan, 'tha e mar dhleastanas oirnn a bhith a' sabaid airson ar beatha. Chan e ceist creideimh a tha sin.'

'Chan eil. Chan eil idir,' thuirt mise, 's mi air chrith. 'S ann à Alba a tha mise, chan ann às an Ear Mheadhanach. Chan e seo m' àite-sa. Chan e an cogadh agamsa a tha seo. 'S ma tha thu airson leantainn air adhart, lean air adhart nad aonar.'

Bha na facail sin air a bhith nam chridhe airson greis, ach cha b' urrainn dhomh an cantainn ron a sin. Dh'aithnich Mamoon sin agus an ceann mionaid thuirt e gu socharach:

'S ann à da shaoghal eadar-dhealaichte a tha sinn, Khaleel. Ach cha bhithinn beò mura b' e gun robh thusa ann còmhla rium air a' bhàta sin. Tha mi nad chomain airson mo bheatha agus, mar chompanach, tha rudan eadarainn nach urrainn dhomh a dhìochuimhneachadh, fiù 's mas urrainn dhutsa.'

Ghluais seo mi, 's chan ann a-mhàin air sgàth 's gun robh mi dìreach air tighinn faisg air mo bheatha a chall.

'S caomh leam thu, Mamoon,' arsa mise. 'Tha thusa air mo bheatha-sa a shàbhaladh cuideachd. 'S còmhla riut, tha mi air rudan fhaicinn nach fhaic mi a-chaoidh tuilleadh. Ach chan e cogadh an t-òran agamsa. Chan e an dòigh-beatha agadsa an dòigh-beatha agamsa. Tha mi ag iarraidh a dhol dhachaigh.'

Le sin, shuidh mi ri cliathaich an starain, faisg air corp a' bhalaich òig agus tuill nan rocaidean, agus thòisich mi ri caoidh.

Caibideil 21

Bargan

'Chan urrainn dhuinn fuireach an seo,' thuirt Mamoon, 's e a' tighinn air ais suas an staran bho oir a' ghlinne. Bha sinn air ar sgioblachadh fhèin beagan is air cuirp nam balach bochda a chur fo chlachan fhad 's a dh'obraich Mamoon a-mach dè an ath cheum a bh' ann dhuinn.

'Tha saighdearan anns a' ghleann,' lean e air. 'Afgànìs agus Ameireaganaich. Trobhad.' Chaidh e air cùl cloiche agus lean mise e. Shìn e thugam prosbaig. Ged a bha a' ghlainne air sgàineadh, chithinn, gu h-òsal agus 's mathaid leth-mhìle air falbh bhuainn, sreath de shaighdearan mar ghriogagan uaine a' tighinn suas an staran.

Gu fortanach, cha bhiodh ach uair a thìde eile ann mus tuiteadh an dorchadas, is bheireadh sin dhuinn cothrom ar slighe a dhèanamh air ais dhan uaimh gun na saighdearan gar leantainn. 'S e sin mura biodh na sùilean anns na speuran fhathast oirnn. Dh'fheumamaid dìreach gabhail ris nach bitheadh, is sin a rinn sinn, a' tionndadh 's a' tòiseachadh air ruith.

Anns an dorchadas, bha na beanntan na b' eagalaiche buileach. Chan e a-mhàin gun robh cunnart ann do chas a bhriseadh ann an toll no gun tigeadh peilear bho na saighdearan, ach cuideachd bha gach creag a' coimhead coltach ri duine, no taibhse, ann an leth-sholas na gealaich. Cha do dh'fhuirich sinn air an staran idir,

ach rinn sinn dìreadh cas airson leth-uair a thìde gus am biomaid fad os cionn duine sam bith a thigeadh tron bhealach. Bha i fuar shuas an siud às dèidh teas an latha.

Bha a' ghaoth a' dol trom chnàmhan, bha m' fhiaclan a' glagadaich, bha m' amhaich goirt is bha pian nam stamaig. Cha robh Mamoon airson stad, ge-tà. Gu h-ìosal, chitheamaid solais campa nan Ameireaganach 's bha fhios aige gum biodh na beachdairean aca a-muigh gar sealg.

Bha mise a-nis cho lag 's a bha mi riamh nuair a ràinig sinn an uamh. Bha mi airson sìneadh air an talamh far an robh mi is cadal, is 's e an fhirinn gum bithinn air fàilte a chur air an uaigh. Ach cha leigeadh a' phròis leam cuideachadh sam bith iarraidh air Mamoon, a bha air a bhith gu math sàmhach bho thòisich sinn ag argamaid ri cliathaich rathad nan rocaidean. Fhad 's a shreap sinn na b' àirde, thionndaidh e agus, le coibhneas na ghuth, thuirt e: 'Tha e cho math dhut am poca-droma sin a thoirt dhòmhsa.'

'Tapadh leat,' arsa mise. 'Nì mi fhìn a' chùis air.'

'Chan fhaighnich mi a-rithist,' thuirt esan, 's chuir e a-mach a làmh. Le sin, shìn mi dha e, 's fios agam gur e mi fhìn a bhiodh air a dhruim mura toirinn dha e.

Bha briseadh an latha ann mus tàinig sinn faisg air sgìre Mullah Mera a-rithist. Stad Mamoon air cùl creige 's leig e fead. Fhreagair cuideigin le dà fhead agus dh'èirich sianar shaighdearan Talib bho na creagan timcheall oirnn.

Bha a' chiad ùrnaigh dhen an latha seachad mus do ràinig sinn an uamh, agus thug Mamoon agus Mullah Mera ùine a' còmhradh fhad 's a bha mise a' dalladh air bàllaichean-feòla ann an sabhs fuar.

'Cò ris a bha thu a' còmhradh nuair a bha sinn ann an taigh Jamil?' dh'fhaighnich Mamoon, nuair a thàinig e a-nall.

'Mo charaid, Dòmhnall, ann an Glaschu,' thuirt mise, 'ach chan eil càil a' ghnòthaich aigesan ris a seo.' 'S e an fhirinn a bha sin, co-dhiù.

'Trohad ma-thà, 's gun cuir sinn fios thuige a-rithist,' thuirt Mamoon. 'Innsidh sinn dha gu bheil thu a' tighinn air ais a-steach.'

Ged is ann ann an uaimh a bha am Mullah a' fuireach, 's ged a bha e ag ithe biadh le làmh a-mach à prais, cha robh mòran ann a thaobh armachd aotrom no teicneòlas a bha a dhìth air. 'S fhada bho bha an Taleban air sgur a chleachdadh fònaichean-làimhe, air sgàth 's gun robh sin dìreach ag innse dha na h-Ameireaganaich càit an robh iad. Ach bha iad gu math èasgaidh ann a bhith a' ceangal seann teicneòlas – *cassette recorders* – ris an teicneòlas ùr air an eadar-lìon.

Mhìnich Mamoon dhomh mar a bhiodh Mullah Mera a' cur theachdaireachdan a-mach chun an luchd-leantainn aige air cèiseagan agus rud ris an canadh iad *starbursts* air an eadar-lìon. 'S e sin tiùrr de dh'fhiosrachadh a bha iad a' mar chraoladair tro na fònaichean-saideil ann an ùine cho goirid 's nach b' urrainn dha na h-Ameireaganaich obrachadh a-mach cò às a bha iad a' tighinn.

Shuidh am Mullah le chasan crùbte air an làr le maidhc na uchd agus dh'aithnichinn air gun robh e gu math cofhurtail mar chraobh-sgaoileadair. Thòisich e a' searmonachadh a-steach dhan teip. Cha do thuig mi facal, ach thog mi an t-ainm agam fhìn, agus ainm Mamoon, agus gun robh e a' bruidhinn mu dheidhinn spreadhadh Karachi.

'S math gu bheil mi math air na cairtean, a bhalaich,' thuirt Mamoon. 'Tha esan a-nis cho fada nar comain 's gu bheil e a' gabhail uallach airson spreadhadh na h-Ambasaid. Agus tha uimhir de chliù aige am measg nan daoine aige fhèin – agus na h-Ameireaganaich – 's gun creid iad a h-uile facal.'

'Nach tu bu chòir a bhith taingeil gun tug mise ort an t-airgead a bhuanach thu a thoirt air ais?' fhreagair mise.

Thug e a chreidsinn nach robh e air mo chluinntinn is lean e air. 'A-nis, suidh aig an inneal sin' – chomharraich e coimpiutair-uchd a bh' aig fear dhe na saighdearan – 'agus sgròbh post-dealain gu do charaid a' cantainn gu bheil thu air a bhith fo bhruid 's gu bheil thu airson coinneachadh ri feachdan Bhreatainn aig drochaid Amu Rada, air abhainn Haddah, an ceann dà latha.'

Caibideil 22

Aig an drochaid

Le teas an t-samhraidh, cha robh mòran uisge a' sruthadh fo dhrochaid Amu Radyah, a chitheamaid tron phrosbaig. Bha *Landrovers* nam Breatannach, air dath na gainmhich, air aon taobh, is chitheamaid na saighdearan a' coiseachd timcheall, a' smocadh 's a' bruidhinn dha na rèidiothan aca. Bha iad air a bhith an sin bho bhriseadh an latha, agus bha sinne air a bhith a' cumail sùil orra on uair sin. Bha an t-àm ann a-nis gluasad.

Fad latha gu leth a thug sinn mus do ràinig sinn an t-àite seo agus cha robh mi air cothrom fhaighinn còmhraidh ceart a dhèanamh ri Mamoon, 's bha an tìde a-nis a' ruith oirnn. Bha fios agam, ann an ùine ghoirid, gun robh sinn gu bhith ann an suidheachadh cunnartach a-rithist agus, às dèidh sin, gum biomaid air dealachadh, no marbh. Tha mi creidsinn gun robh e fhèin a' smaointinn an aon rud agus, mus do leum sinn air bòrd a' *pick-up* Toyota airson ar slighe a dhèanamh chun na drochaid, rug e air làimh orm is rinn e òraid ghoirid.

'Khaleel, a bhalaich, cha chan mi gu bheil cùisean air a bhith furasta dhut, ach tha thu air do dhearbhadh fhèin mar ghaisgeach, agus saighdear cho calma 's a tha ri lorg am measg nam Mujahdeen. Tha fios agam nach tèid sinn dhan bhàr a-rithist còmhla, ach fhad 's a bha thu seasamh ri mo thaobh, bha mi cinnteach às nach robh càil ann nach b' urrainn dhuinn a dhèanamh.'

Chuir mi stad air. 'Tha thu làn brosgail. Ach cha dhìochuimhnich mi thu.'

Rinn e lachan gàire agus thòisich na Talibs a bha còmhla rinn a' lachanaich cuideachd.

Cha robh gàire ri fhaicinn air aodann an oifigeir Bhreatannaich air ceann eile na drochaid. 'Khaleel Shakur?' dh'èigh esan. 'Khaleel Shakur? Dè an cò-là-breith a th' agad? Dè an sloinneadh a bh' air do mhàthair? Dè an seòladh a th' agad? Dè an t-ainm a th' air piuthar do charaid?'

Nuair a fhreagair mi leis an ainm sin, mar a bha mi air aontachadh anns a' phost-dealain gu Dòmhnall, bha fhios aca gun robh iad a' dèiligeadh ris an duine cheart. 'Thoir dhìot do lèine agus thig tarsainn na drochaid nad aonar, led làmhan os do chionn.'

Bha seo airson dèanamh cinnteach nach e bomair fèin-mharbhtach a bh' annam.

Chòimhead mi ri Mamoon airson dìog, ach cha robh mi airson aire nan saighdearan Breatannach a tharraing thuige, 's mar sin, ghabh mi tarsainn na drochaid gun ghuth a ràdh ris. Astar goirid eadar dà shaoghal. Bha seacaid aca a' feitheamh rium air an taobh eile, agus bha mi air mo chur ann an cùl an *Landrover* cho luath 's a ghabhadh. Cha do ghluais sinne, ach chluinninn fuaim an *Toyota* 's e a' tionndadh air taobh eile na drochaid agus a' falbh aig astar.

Lean am fuaim air ais suas an gleann airson leth-mhionaid. Ach an ath rud, chuala mi sgread rocaid, 's bha fhios agam dè bh' air tachairt. Leum mi seachad air a' ghèard, a-mach à cùl an *Landrover*, is chunnaic mi ceò dubh ag èirigh bhon an rathad far an robh am *pick-up* geal air a bhith diogan na bu thràithe.

Chan eil mòran cuimhn' agam dè thachair no dè thuir mi às dèidh sin, ach gun do shlaod dithis shaighdearan Sasannach mi air ais dhan *Landrover*. Bha mi a' feuchainn ri faighinn air falbh gus an dèanainn air an drochaid ach bha mi air mo cheangal sìos le ceangalan plastaig air làr an *Landrover*, agus dh'fhalbh sinn às an àite bhrònach sin aig astar.

'S ann gu seann dùn a bha aig na Breatannaich bho chionn còrr is ceud bliadhna, nuair a dh'fheuch iad ri Afganastan a chur fo smachd, a thug iad mi. Chan fhaca mi mòran dheth, ach rinn mi a-mach gur e seo prìomh àrainn an airm ann an Afganastan. Chluinninn fuaim nan heileacoptairean mòra a' falbh 's a' tighinn agus, cuideachd, gleadhraich prògraman telebhisein Breatannach a' tighinn sìos an talla 's dhan t-seòmar bheag far an robh mi air mo ghlasadh.

Bha ceathrar gam cheasnachadh, dithis oifigearan airm agus dithis eile ann an deiseachan anairt, a dh'inns dhomh gun robh iad ag obair airson 'an Riaghaltas'. Cho-dhùin mi, gun iad dad innse dhomh, gur e MI6 a bh' anna. Cha do chuir iad

càil a chuideam orm, ged a b' fheadar dhaibh uairean a thìde a chur seachad a' feuchainn ri mìneachadh dhomh gur e na h-Ameireaganaich a bha a' cleachdadh nan drònaichean a bh' air losgadh air a' *phick-up*, agus gun robh iadsan air am brathadh cuideachd.

Cha robh mi gan creidsinn, ach cha robh càil a' dol a ghluasad gun mi bruidhinn, agus 's e seòrsa de dh'fhaochadh a bh' ann innse dhaibh mar a thachair dhomh bho dh'fhàg mi an taigh ann an Carfin bho chionn beagan sheachdainean air ais. Chan eil fhios agam an robh iad fhèin buileach gam chreidsinn-sa nas motha, ach air an dàrna latha, thàinig aonan dhiubh, ris an canadh iad Frank Wood, a-steach le pàipearan fo achlais.

'Tha e coltach gur e an fhìrinn a bh' aig do charaid Abu Ridyeh,' thuirt esan. 'Tha sinn air fiosrachadh a thogail bho luchd-leantainn Mera Ahmed a tha a' dearbhadh gur e iadsan a bh' air cùlaibh an spreadhaidh ann an Karachi.'

Fiù 's ged a bha e marbh, bha Mamoon fhathast gam dhìon.

Às dèidh sin, dh'fhàs a h-uile duine aca na bu chàirdeile, 's thòisich iad a' dèanamh fealla-dhà nach bithinn a' fàgail Afganastan ann am *boilersuit* orains. Fhuair mi rùm is leabaidh dhomh fhìn, is ghabh mi mo bhiadh am measg nan oifigearan, ged a bha saighdear ri làimh fad na h-ùine gus sùil a chumail orm.

Chuir mi seachad latha no dhà mar sin, a' slànachadh nam chorp às dèidh na thachair. Bha mi fhathast ìosal, dubhach nam inntinn, ge-tà, a' sìor cheasnachadh carson a bha cùisean air obrachadh a-mach gus m' fhàgail-sa beò fhad 's a bha an duine eile marbh.

Bha an dithis shaighdearan a bha a' cumail sùil orm a' coimhead ri Top Gear air an TBh (a h-uile càil nach robh a' tighinn a-steach air na heileacoptairean, bha e a' tighinn a-steach air an t-saideal) aon fheasgar, agus bha mise nam shuidhe còmhla riutha san t-seòmar. Air an oidhche cha robh mòran a' tachairt anns an dùn, ach gun robh còcairean is luchd-glanaidh a' falbh 's a' tighinn, a' sgùradh an àite.

Bha aon dhe na fir-ghlanaidh – Afgàni beag le feusag is ad Pashtun air – a' sguabadh timcheall nam bòrd aig cùl an rùm. Bhuail e mo chas leis an sguab aige airson mo ghluasad às an rathad. Rinn mi mar a dh'iarr e, ach bhuail e mi leis an sguab a-rithist. Cha mhòr nach do dh'fhanntaig mi nuair a chunnaic mi aodann Mamoon fon aid, a chorrach ri bhilean.

Leis an iongnadh, cha b' urrainn dhomh càil a ràdh, geàrdan ann no às, is mar gum biodh fios aige air sin, chuir e pìos pàipeir paisgte nam làimh agus, le priobadh na sùla, bha e air an t-slighe a-mach an doras. Bha leth-dhùil agam gun cluinninn fuaim uabhasach spreadhaidh leis mar a bha sgrios ga leantainn ge bith càit an rachadh e ach,

às dèidh cairteal na h-uarach eile, nuair a bha am prògram aca deiseil, thug na geàrdan mi air ais dham sheòmar 's gun chàil air tachairt.

'Tha fhios agam nach caomh leat òraidean,' leugh mi, 'ach bha fhios agam cuideachd nach creideadh tu gun robh mi beò mura biodh tu air m' fhaicinn led shùilean fhèin. Bheir e barrachd na trioblaid bheag le feachdan Bhreatainn gus cur às dha Mamoon Abu Ridyeh. Do charaid gu bàs. Allah Akbar.'

Bha mo chridhe na b' aotruime ach cha robh na deòir air stad a thighinn às mo shùilean an ath latha nuair a fhuair mi mi fhèin air Hercules a-mach à Bagram air an t-slighe a Bhreatann.

Caibideil 23

Air ais nam rìoghachd fhìn

Lean an ceasnachadh ann an oifis ann an àiteigin ann am baile mòr Lunnainn. Chan aithnichinn càite air sgàth 's nach robh mi air a bhith san àite a-riamh roimhe, ged a bha mi air cuairt a chur air leth dhen t-saoghal anns na seachdainean a chaidh seachad.

Bha iad càirdeil gu leòr, 's iad a' dol thairis air an sgeulachd agam a-rithist 's a-rithist, is mise dèanamh mo dhichill gun chus a ràdh mu dheidhinn Mamoon no Mullah Mera is an fheadhainn eile ris an do choinnich mi.

Chan eil rian nach do dh'obraich iad a-mach nach robh mi buileach ag innse na firinn gu lèir, is thòisich iad a' maoidheadh orm gum feumainn a dhol air beulaibh cùirt ceannairceis, ged a bha iad cinnteach, chanadh iad air an làimh eile, gum bithinn neoichiontach.

Dh'fhaighnich fear aca an robh mi ag iarraidh neach-lagha a riochdaicheadh mi, is thàinig smuain a-steach orm. 'Tha,' thuirt mise. 'Lorg dhomh Maighstir Brendan Shine, fear-lagha ann am baile Liverpool.'

'A bheil mi eòlach ort?' thuirt an guth fireann air an loidhne nuair a thug iad am fòn a-steach.'

"S mise Khaleel Shakur,' fhreagair mise.

'Is cò às a tha thu?'
'Às a h-uile ceàrnaidh. Ach tha gnothach agam a dh'fhaodadh tu dèiligeadh ris.'

Taobh a-staigh a dhà no trì uairean a thìde, bha Maighstir Shine rim thaobh anns an t-seòmair-cheasnachaidh ann an Lunnainn agus coltas car draghail air.

'Chan eil eòlas agam air cùisean lagha ceangailte ri ceannairceas,' thuirt e rium.

'Ach,' thuirt mise, 's mi a' lùbadh tarsainn an deasg gum faighinn faisg air a chluais, 'tha mi cinnteach gu bheil sibh eòlach gu leòr air an lagh a thaobh luchd in-imrich. Agus air obair Akram Shakur.'

'S e duine seòlta a bh' ann am Maighstir Shine, 's cha tug e fada a' greimeachadh air dè dìreach a bha dhìth orm. Cha robh mi airson mo charaid Mamoon a thrèigsinn ach cha bhiodh leis sam bith orm an fhìrinn innse mun dol a-mach a bh' aig m' uncail.

Bha fiosrachadh mu dheidhinn malairt thràilleann m' uncail tòrr na b' fheumaile dha na h-oifigearan na am fiosrachadh aig deugaire a chitheadh iad fhèin nach robh na cheannairceach. Cha robh agam ach aon chùmhnannt a thaobh a' bhargain a rinn Maighstir Shine còmhla ri na seirbheisean dìomhair agus na poilis. 'S e sin gur e mise a ghnogadh air an doras aig taigh m' uncail.

Agus sin mar a thachair e. Tràth an ath mhadainn, le oifigearan poilis is bhanaichean is coin air ar cùlaibh, bhrùth sinn air an t-srannan agus thàinig m' uncail chun na h-uinneig gu h-àrd, mar a bha dùil agam a dhèanadh e. Cha do dh'fheuch e fiù 's teicheadh, ach sheas e far an robh e, 's choimhead e a-nuas ormsa far an robh mi nam sheasamh, a' coimhead le sùilean cruaidh.

Ruith na poilis a-steach agus bha m' uncail fo ghrèim ann am mionaid. Cha robh feum air coin no càil eile. Nuair a thionndaidh sinn air ais suas an rathad, chaidh heileacoptair nam poileas seachad, os ar cionn. Thug fuaim nan lannan dùn nam Breatannach ann an Afganastan nam chuimhne, is cuideachd an ìomhaigh aig Mamoon, le sguab ann an aon làimh agus e air breith air ghualainn orm leis an tèile.

'Beannachd leat,' thuirt esan rium nam inntinn, ann an guth ìosal.

'Is mar sin leat fhèin,' fhreagair mise.

Phriob e rium agus, nuair a choimhead mi a-rithist, bha e air falbh.

Thug Maighstir Shine mi a-mach às an aisling le ceist nach cuala mi. Dh'iarr mi iasad dhen fhòn-làimhe aige, is thòisich mi a' bruthadh nam putan 0141, àireamh mo charaid, Dòmhnall. Bha thìde agam a dhol dhachaigh.

Kidnapped Stevenson: geàrr-chunntas air an sgeulachd

'cuimhneachan air mar a thachair do Dhaibhidh Balfour sa bhliadhna 1751'

Tha Kidnapped air a shuidheachadh grunn bhliadhnaichean às dèidh do dhòchas nan Seumasach a bhith air a bhristeadh mu dheireadh aig Blàr fuilteach Chùil Lodair sa bhliadhna 1746.

Tha Daibhidh òg Balfour, fear à ceann a deas Alba, a' glasadh doras taigh a phàrantan às dèidh bàs athar agus a' fàgail baile Eas an t-Sithein, far an do rugadh is an do thogadh e, airson a dhol a shireadh fhortain. Tha ministear a' bhaile, Maighstir Caimbeul, a' toirt dha litir bho athair a tha ag innse dha gum feum e a dhol gu Taigh nan Craobh (the House of Shaws) a dh'fhaicinn fear Ebeneser Balfour, air nach cuala e iomradh roimhe.

Air an t-slighe chun an taighe mhòir, tha Daibhidh a' tachairt ri trìùir dhaoine a bheir rabhaidhean dha gur e fìor dhroch dhuine a th' ann an Ebeneser. A dh'aindeoin sin, tha e a' meas gu bheil e air tighinn ro fhada a-nis airson tionndadh air ais agus tha e a' nochdadh aig an doras leis an litir.

'S e fàilte gu math fuar a chuireas Ebeneser air Daibhidh, ga ghlasadh ann an seòmar salach agus a' diùltadh teas is deoch dha. Tha Daibhidh fo fhìor iongantais nuair a dh'innseas Ebeneser dha gur e bràthair athar a th' ann; cha robh for aige roimhe gun robh càirdean sam bith aig athair, gun luaidh air buinteanas ri taigh mòr is oighreachd. Nuair a thòisicheas e a' coimhead air leabhraichean san leabharlann, ge-tà, tha e a' faighinn a-mach gur e Ebeneser am bràthair as òige agus mar sin tha e a' tuigsinn gur dòcha gur e Daibhidh an t-oighre dligheach agus gur e tha fa-near do dh'Ebeneser a dh'leab a chumail bhuaithe.

Tha cùisean a' tighinn gu ceann nuair a dh'fheuchas Ebeneser ri sùim bheag airgid a thoirt do Dhaibhidh agus an uair sin ri mharbhadh le bhith ag iarraidh air staidhre a dh'eadh san dorchadas, 's làn fhios aige nach deach crìoch a chur oirre riamh. Tha boillsgeadh dealanaich a' sàbhaladh Dhaibhidh bho bhith tuiteam don t-siorraidheachd nuair a ruigeas e am mullach, ge-tà, agus tha e a' glasadh uncail na sheòmar fhèin fhad 's a dh'fheuchas e ri obrachadh a-mach dè bu chòir dha dhèanamh.

An ath latha, mus eil cothrom aig Daibhidh bruidhinn ri Ebeneser tuilleadh, tha gille òg a' nochdadh aig an doras le teachdaireachd bho Chaiptein Hoseason bhon bhàta 'The Covenant', 's e ag iarraidh Ebeneser fhaicinn sa bhad. Tha Ebeneser a' gealltainn, ma thig

Daibhidh còmhla ris gu Queensferry, gun toir e a dh'fhaicinn fear-lagha e agus gun rèitich iad cùisean eatarra mar sin. Tha Daibhidh ag aontachadh, oir tha e a' smaointinn nach bi cothrom aig uncail sion a dhèanamh air ann am port trang a tha làn dhaoine a latha 's a dh'oidhche.

Ann an Queensferry, ge-tà, tha iad a' dol air bòrd a' 'Chovenant' agus tha an sgioba a' bualadh Dhaibhidh mun cheann fhad 's a theicheas uncail air ais gu tìr ann am bàta beag eile. Tha Daibhidh gun mhothachadh agus nuair a dhùisgeas e a-rithist, tha iad air muir. Tha e meadhanach airson greis gus an dèan an Dàrna Meit, Maighstir Riach, cobhair air.

Tha a' Chiad Mheit, Maighstir Shuan, na dhuine fòirneartach nuair a tha e leis an deoch, agus aon oidhche tha e a' marbhadh Ransome, an gille a thàinig a dh'iarraidh Dhaibhidh aig taigh Ebeneser. Feumaidh Daibhidh an uair sin an t-àite aig Ransome a ghabhail, a' frithealadh a' Chaiptein agus nam Meitichean. Tha fhios a-nis aig Daibhidh gu bheil sgioba a' bhàta an dùil a reic mar thràill ann an Ameireaga agus gur e uncail a th' air seo a chur air dòigh.

Aon oidhche, 's am bàta a' tighinn a-steach dhan a' Chuan Sgìth, thathar a' bualadh ann am bàta-ràimh ann an ceò tiugh. Chan eil ach aon duine on bhàta eile a' tighinn às beò – Ailean Breac Stiùbhart, Gàidheal ann an aodach daor Frangach le crios làn òir agus cainnt Sheumasach. Tha an Caiptein agus na Meitichean a' cur romhpa a mharbhadh gus an goid iad an t-airgead aige. Tha Daibhidh a' toirt rabhadh dha, ge-tà, agus tha an dithis aca a' dèanamh a' chùis air sgioba a' bhàta bhon drochaid. Anns a' bhàla, tha Daibhidh a' marbhadh Maighstir Shuan.

Ged a tha uallach air Daibhidh gu bheil e air cuideigin a mharbhadh, tha Ailean glan air a dhòigh leis mar a ghiùlain an dithis aca iad fhèin sa bhàla agus, airson taing a thoirt do Dhaibhidh airson a bheatha fhèin a shàbhaladh, tha e a' toirt dha putan airgid a nì cinnteach, mar a tha e ag innse dha, gum faigh e cuideachadh ann an àite sam bith far a bheil caraidean do dh'Ailean no dhan Phrionnsa Teàrlach. Chan fhada gus a bheil feum aige air, nas motha. Tha an Caiptein Hoseason, a tha a-nis na phrìosanach aig Ailean, ag aontachadh Ailean agus Daibhidh a chur air tìr air cost an iar Alba, ach tha a' mhuir cunnartach agus às aonais sgilean-stiùiridh Mhaighstir Shuan, tha am bàta a' briseadh air creagan faisg air eilean Mhuile. Cha mhòr nach eil Daibhidh ga bhàthadh; mu dheireadh, tha pìos den chrann ga thoirt air tìr.

Tha Daibhidh a' cur seachad ùine agus e acrach agus fuar air eilean Earraid, far an Rois Mhuilich, far a bheil iasgairan an àite ga fhaighinn gu math èibhinn leis mar a tha fhios aca – ged nach eil aigesan – gun gabh grunnachadh a-null gu Muile nuair a tha an làn a-muigh. Mun àm a dh'obraicheas esan sin a-mach, ge-tà, tha Daibhidh an ìre mhath tinn. Gu fortanach dhàsan, tha am putan aig Ailean a' ceannach cuid-oidhche dha aig duine a th' air sgioba a' bhàta fhaicinn 's iad air faighinn gu tìr – a' mhòr-chuid aca, co-dhiù – gu sàbhailte. Tha e ag innse do Dhaibhidh gu bheil Ailean airson 's gun dèan e a shlighe tarsainn Eilean Mhuile gu ruige Torosaigh agus às an sin gum faigh e tarsainn na Morbhairne a Bhaile a' Chaolais agus, mu dheireadh, don Apainn, far an coinnich Ailean ris.

Tha Daibhidh a' tachairt ri daoine olc is daoine matha air a thuras. Tha cuid ga chuideachadh

agus tha cuid eile gu math deònach brath a ghabhail air. Tha miseanaraidh, Maighstir Henderland, ag innse dha eachdraidh an àite às dèidh Chùil Lodair agus mu dhroch ghniomhan nan Caimbeulach, gu sònraichte fear Cailean Caimbeul, ris an canar 'An Sionnach Ruadh'. 'S e maor a th' ann an Cailean Caimbeul a tha a' cur nan daoine far an fhearainn aca gus nach bi cothrom aca air airgead a chur a-null thairis a dh'ionnsaigh a' Chinn-chinnidh aca, a th' air fhògradh anns an Fhraing. Gu dearbha, tha Daibhidh a' faicinn long làn eilthreach a' fàgail Alba 's i a' dèanamh air Ameireaga.

Nuair a ruigeas Ailean an Apainn mu dheireadh thall, 's ann a tha e a' tachairt ri Cailean Caimbeul, a dh'fhaighnicheas dha càit a bheil dùil ris. Tha Daibhidh dìreach air innse dha gu bheil e a' dèanamh air taigh Sheumais a' Ghlinne (fear a tha càirdeach do dh'Ailean) nuair a loisgear peilear às a' choille air Cailean Caimbeul, a thuiteas marbh gu talamh. Tha fear le gunna ann an aodach dubh air taobh thall a' ghlinne a' dèanamh às aig peilear a bheatha agus tha Daibhidh e fhèin a' teicheadh. Chan eil e air a dhol fichead slat nuair a thachras e ri Ailean, le slat-iasgaich na làimh, anns a' choille. Tha an dithis aca a' dèanamh às.

Tha Seumas a' Ghlinne gu math amharasach mun ghnothach agus làn fhios aige gun cleachd na Caimbeulaich am murt mar dhòigh gus Stiùbhartach na h-Apainne a cheannsachadh. Tha Seumas fhèin air tòrr dragh adhbharachadh dhaibh mar-thà le cùisean lagha an aghaidh an cuid foill agus tha e a' smaointinn – le ceartas – gur dòcha gur ann air fhèin a thig a' choire. Tha e a' moladh do dh'Ailean is do Dhaibhidh an casan a thoirt leotha agus tha iad a' dèanamh sin, tarsainn Ghleanna Comhann, tron Mhonadh Liath agus sìos Gleann Liobhainn. Tha na saighdearan dearga air an tòir fad na slighe agus, a bharrachd air greis còmhla ris a' cheann-chinnidh Cluainidh MacMhuirich, tha iad a' cadal san fhraoch. Tha Daibhidh a' fàs gu math tinn. Tha Cluainidh a' sealltainn dhaibh pàipearan-duaise a tha a' cur na coire orrasan airson murt an t-Sionnaich Ruaidh agus tha Ailean a' call an airgid gu lèir aig Daibhidh ann an gèam chairtean. Tha an dithis fhìreannach a' tighinn gu bhith mar bhràithrean san droch àm seo, ged a tha cleas nan cairtean a' cur sin gu deuchainn!

Le beagan cuideachaidh air a' phàirt mu dheireadh den turas aca bho nighean òstair a chuireas bàta air dòigh dhaibh airson an giùlan thairis air Linne Fhoirthe, tha Daibhidh agus Ailean a' tighinn air ais chun na Ghalltachd. Tha Ailean a' dèanamh air taigh Rankeillor, am fear-lagha a dh'ainmich uncail aig Taigh nan Craobh. Tha Rankeillor a' mìneachadh eachdraidh an teaghlach aige dha: tha e coltach gun deach Alasdair, athair Dhaibhidh, agus Ebeneser a-mach air a chèile bhon a bha gaol aig an dithis aca air màthair Dhaibhidh. Phòs ise Alasdair agus fhuair Ebeneser an taigh. Ann am beachd Rankeillor, ge-tà, 's ann le Daibhidh a tha Taigh nan Craobh a dh'aindeoin sin agus tha e a' dealbh plana airson toirt air Ebeneser an t-olc a rinn e aideachadh.

Feumaidh iad cuideachadh Ailein airson sin, ged a tha Rankeillor a' cleachdadh an ainm 'Maighstir MacThòmais' uair sam bith a bhruidhneas e air, gus nach bi aige (mar fhear-lagha) ri leigeil air gur aithne dha sion mu fhear a tha fon choill.

Tha an triùir aca a' togail orra air ais a Thaigh nan Craobh far a bheil Ailean a' cur an ìre gu bheil Daibhidh aige agus gu bheil e deònach an dàrna cuid a mharbhadh no a chumail na phrìosanach, a rèir miann Ebeneser. Tha Ebeneser ag aideachadh gun do phàigh e Hoseason mar-thà airson Daibhidh a chur fo bhrùid agus, aig a sin, tha Rankeillor a' nochdadh agus ag innse dha gu bheil a-nis fianais aca air na droch ghniomhan aige. Tha Ebeneser mar sin ag aontachadh cuid den oighreachd a thoirt do Dhaibhidh.

Tha Daibhidh a' gealltainn gun dèan e nas urrainn dha do Sheumas a' Ghlinne, a tha a-nis air a dhìtheadh airson murt an t-Sionnaich Ruaidh, ach chan eil mòran dòchais aig Rankeillor, bhon a tha na Caimbeulaich os cionn na cùirte. Tha Daibhidh agus Ailean a' fàgail soraidh le chèile agus tha Ailean a' togail air le tiodhlac fialaidh bho Dhaibhidh. Tha e a' cur iongnadh air Daibhidh, ge-tà, 's e air tighinn air ais dhachaigh gu sàbhailte agus air a chuid a lorg san t-saoghal, gu bheil e ag ionndrainn a charaid gu mòr agus gur e nàdar de dh'aithreachas a th' air an àite toileachais.

Ged is e ficsean a th' ann, tha cuid de na tachartasan agus de na daoine ann an Kidnapped stèidhichte air tachartasan agus daoine ann an eachdraidh. Bha Cailean Caimbeul air a mhurt ann an Dùror na h-Apennin mar a tha an leabhar ag aithris agus, ged a bha Seumas a' Ghlinne air a chrochadh air a shon, cha robh mòran a' creidsinn gur e bu choireach, agus bha deagh chuid ann a dheidheadh air mhionnan gur e Ailean Breac a rinn an gnìomh. Chun an latha an-diugh, ge-tà, tha e air aithris nach e duine seach duine acasan a bh' ann ach, ged a tha fios aig sliochd a' mhurtair air firinn na cùise, (ge b' e cò e agus iad), nach leig iad orra gu bràth.

Robert Louis Stevenson



Rugadh Robert Louis Stevenson ann an Dùn Èideann air 13 Samhain 1850, do theaghlach a bha ainmeil airson nan taighean-solais a bhiodh iad a' dealbh is a' togail. An àite athair a leantainn dhan obair sin, thug Robert a-mach ceum ann an lagh ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Bha e a' fulang le tinneas-sgamhain bho òige, ge-tà (tha sinn an-diugh a' smaointinn gur e a' chaitheamh a bh' ann) agus mar sin, chuir e seachad mòran dhe bheatha a' siubhal gu ruige àiteachan le gnàth-shìde a bha e an dòchas a bheireadh piseach air a shlàinte.

Bha buaidh mhòr aig na h-àiteachan a chunnaic Robert fhad 's a bha e a' siubhal air an sgrìobhadh aige. 'S ann mu thuras eadar a' Bheilg agus ceann a tuath na Frainge ann an canù a bha a' chiad leabhar aige, agus sgrìobh e leabhar eile nuair a bha e na bu shine mu bhith a' siubhal tro cheann a deas na Frainge air aiseal. Nuair a phòs e, chuir e fhèin is a bhean seachad an ùine eadar an t-Suain, an Fhraing, agus Sasann.

'S ann leis an leabhar chloinne Treasure Island (1883) a dh'fhàs Robert ainmeil mar sgrìobhadair an toiseach. 'S ann do mhac na mnà aige, a bha dusan bliadhna a dh'aois aig an àm, a sgrìobh e e. Às dèidh sin, sgrìobh e The Strange Case of Dr Jekyll and Mr Hyde (1886) agus, anns an aon bhliadhna, Kidnapped (1886).

Tha cuid a' smaointinn gu bheil Stevenson a' toirt dhuinn sealladh air dà thaobh na nàdar fhèin tro Dhaibhidh agus Ailean: Daibhidh air a riaghladh le cheann agus Ailean le chridhe; Daibhidh beò na cheann fhèin agus Ailean a' tighinn beò ri cunnart is teiche.

Sgrìobh Stevenson grunn nobhailean eile rè a bheatha, nam measg The Master of Ballantrae (1889), Catriona (1893) agus Weir of Hermiston (1896), air nach do chuir e crìoch. Dh'fhoillsich e cuideachd bàrdachd, sgeulachdan goirid, aistean, neo-fhicsean agus cunntasan air tursan eile. Ann an 1888 thog e fhèin agus a bhean orra do cheann a deas a' Chuain Shèimh far an do chaochail e ann an 1894. Bha cinn-chinnidh Samoa a' toirt urram mòr do 'Tusitala' ('neach-innse nan sgeulachd'), mar a bh' aca air, agus thiodhlaic iad e air mullach Beinn Vaea. Sgrìobh e fhèin a' bhàrdachd a th' air a chlach-uaigh:

These be the words you grave for me:

Here he lies where he longed to be;

Home is the sailor, home from sea,

And the hunter home from the hill.

Agallamh còmhla ris an sgrìobhadair

Cuin a leugh thu fhèin Kidnapped an toiseach?

Nuair a bha mi òg. Tha mi air a leughadh on uair sin gu math tric; cha mhòr a h-uile bliadhna.

Bha fear anns a' bhaile againne, Seòras MacLeòid, a bhiodh a' tighinn dhachaigh a h-uile bliadhna le preusantan do na balaich. Thug e dhachaigh 'cat-a-bat' aon turas – seann ghèam Gàidhealach a bh' air a thoirt beò a-rithist anns an Rubha ann an Eilean Leòdhais. Bha e làn dibhearsain. Bha e fhèin agus m' athair càirdeil agus aon turas, thug e dhachaigh grunn chlassics dhòmhsa – Ivanhoe le Sir Walter Scott agus Kidnapped. Thug e dhomh diotar cuideachd agus bha e fhèin air loidhnichean a chur ann agus an cumainn clàr air ainm an leabhair, cuin a leugh mi e agus dè mo bheachd air.

Ciamar a thàinig e thugad sa chiad dol a-mach Kidnapped ath-innse san dòigh seo?

Tha mi a' creidsinn gun tàinig air sgàth 's gum faca mi an sgeulachd air an àrd-ùrlar mar dhealbh-chluich le Mull Little Theatre ann an 2002 no 2003.

'S e dealbh-chluich fada a bh' ann – 's mathaid gun robh e ro fhada – ach bha a h-uile sion a tha a' tachairt san leabhar air a thoirt beò air an stèidse. Chan e dìreach gur e sgeulachd mhath a th' ann, mu fhèar òg a' tighinn gu aois, ach bha uimhir ann mu na Seumasaich, cuid d'heath air a sgrìobhadh ann an dòigh cho romansach – na fir a' teicheadh bho na saighdearan dearga, am Prionnsa fo choill, a' cadal ann an àite eadar-dhealaichte a h-uile oidhche agus mar sin air adhart. Thàinig e staigh orm gun robh e mar sgàthan air mar a bha a' tachairt ann an Afganastan. 'S mar sin, leugh mi an leabhar a-rithist, le sùilean ùra, agus bha e follaiseach gun robh a h-uile càil a bh' ann – a' bhrùidealachd, na spùinneadairean, cogadh creideimh, neart feachdan airm a' cumail dhaoine sìos san dùthaich aca fhèin, agus cuideigin a' teiche airson sgrìos nach do rinn e (ceannairceas mar a chitheadh na h-ùghdarrasan e) - gum faodadh e thighinn beò san linn againn fhìn. Thug mi an uair sin bliadhnaichean a' bruidhinn mu dheidhinn agus grunn mhiosan ga sgrìobhadh.

Dh'fheuch mi mach ann an diofar dhòighean e – mar dhealbh-chluich airson rèidio an toiseach agus an uair sin mar rud son teilidh agus mu dheireadh thall, thuig mi gur e am fòrmat as fheàrr air a shon fòrmat nobhail, mar a bh' ann bho thùs.

An robh duilgheadasan sònraichte agad ann a bhith ga ùrachadh airson an latha an-diugh?

Cha robh air sgàth 's gu bheil mi, nam obair mar fhear-naidheachd, air a bhith an sàs ann

an sgrìobhadh mu dheidhinn a' chogaidh an aghaidh ceannairceis on latha a chaidh an dà itealan dha na tùir ann an New York. Chaidh mi timcheall an t-saoghail, cha mhòr, mar neach-naidheachd poilitigeach a' leantainn Tony Blair 's e a' cur ri chèile a' cho-cheangail an aghaidh ceannairc eadar na h-Innseachan, Ameireaga, Afraga is Afganastan fhèin. Cuideachd, bha mi a' fuireach ann an coimhearsnachd còmhla ri Muslamaich òga ann an Lunainn ris an canadh iad am 'British Taliban'. Tha cuid de mo charaidean air a bhith an sàs ann an sgrìobhadh mu dheidhinn nan cogaidhean Afganach agus am Mujahadeen airson bhliadhnaichean, gu sònraichte Daibhidh Pratt, fear-deasachaidh nan naidheachdan cèin aig a' Sunday Herald, a ghabh teatha còmhla ri Osama bin Laden aon turas, mus robh an dithis aca ainmeil.

Chan e Gàidhlig a bhiodh aig a' mhòr-chuid de na caractaran san leabhar. An do smaoinich thu air sin nuair a bha thu a' sgrìobhadh? An robh e gu diofar dhut?

Cha do sgrìobh iad Planet of the Apes ann am Beurla agus chan eil e a' cur dragh oirnn filmichean mu dheidhinn an dàrna cogaidh fhaicinn le na caractaran Eòrpach a' bruidhinn Beurla 's mar sin bha e na bu shìmplidhe, agus na bu chothromaiche tha mi a' creidsinn, cumail a' dol san aon chànan, ged a thuigeas an leughadair gu bheil measgachadh de chultaran is de chànanan na Roinn Eòrpa, an Ear Mheadhanaich, nan Innseachan is Àisia ann an sgeulachd.

Tha mi a' smaointinn gur e an aon duilgheadas nach b' urrainn dhuinn an sgàthan a bha Stevenson a' togail ri na ceangalan eadar na Gàidheil agus na Goill a thoirt seachad san tionndadh seo ach tha mi air sin fheuchainn le bhith a' feuchainn ri bhith a' toirt sùil air saoghal Muslamach agus dàimhan creideimh nan Islamists (no na fundamentalists) tro shùilean balaich aig nach eil mòran eòlais no creidsinn air cultar a shinnsearan.

Cò an caractar– ann an Kidnapped sean no ùr – as fheàrr a tha a' còrdadh riut?

Feumaidh do chridhe bhith còmhla ri Daibhidh Balfour, no Khaleel mar a tha e againne, balach òg gun phàrantan, leis fhèin san t-saoghal, a tha a' tighinn gu aois ann an saoghal uabhasach is cunnartach 's e a' dèanamh a' chùis air. Sin a tha do cheann ag innse dhut. Ach tha pàirt ded chridhe cuideachd còmhla ri Ailean Breac, no Mamoon mar a th' againne an seo, 's e beò sa mhionaid is cho làn toileachais is misneachd – no dìreach làn d'heath fhèin – is nach eil càil ann nach urrainn dha dhèanamh. 'S toigh leam cuideachd gu bheil dà thaobh air; an duine dileas gaisgeil air an dàrna làimh, ach saighdear an dorchadais air an taobh eile. Tha sin fhèin inntinneach, is a' togail cheistean mu dheidhinn, chan e a-mhàin ar n-eachdraidh, mar Albannaich, ach cuideachd an saoghal sa bheil sinn beò san latha an-diugh.

Bheil thu a' smaointinn gum biodh an leabhar ùr seo air còrdadh ri Robert Louis Stevenson?

Cha d' fhuair sinn cead, gu mì-fhortanach, bho Mhaighstir Stevenson, is cha b' urrainn dhut

càil nas fheàrr a sgrìobhadh na Kidnapped. Bha an leabhar còmhla rium air gach duilleig a sgrìobh mi, gam stiùireadh is gam cheartachadh is gam chumail ris an rathad. Tha plot ann nach gabh a leasachadh ('s e amadan a dh'fheuchadh) is feumaidh tu onair is spèis a thoirt dha. Ma choimheadas tu ris a h-uile leabhar, no film, ris an can iad 'thriller', tha freumhan aca uile ann an Kidnapped. Bhon 39 Steps gu ruige am Bourne Identity, tha iad uile stèidhichte air duine a' ruith airson a bheatha agus a' feuchainn ri dhearbhadh fhèin an aghaidh chasaidean nach eil fìor. Mar sin, cha bu mhise an aon duine a ghabh iasad de sgeulachd Stevenson. Tha sinn uile na chomain. Ach 's mathaid gu bheil mise gu h-àraid.

